





H.M. 304.





Cogadh mòr na h-Eòrpá

TEAGASG NAN AITHRICHEAN



Agus gabhaibh
clogad
na slàinte.

Iadsan a théid sios
do'n fhairge air longan;
Chi iadsan gniomharan
Iehobhah.

Dhia beannaich ar Righ

Cò sgaras sinn o ghràdh Chriosd? *an dean* trioblaid, no àmhghar, no geur-leanmhuinn, no gorta, no lomhnochduidh, no cunnart, no claidheamh?

Ni h-eadh, ach anns na nithibh sin uile tha sinn a' toirt tuilleadh agus buaidh, trìdsan a ghràdhaich sinn.

Oir tha dearbh-bheachd agam, nach bi bàs, no beatha, no aingil, no uachdarananachda, no cumhachda, no nithe a tha làthair, no nithe a tha ri teachd,

No àirde, no doimhne, no creutar sam bith eile, comasach air sinne a sgaradh o ghràdh Dhé a tha ann an Iosa Criosd ar Tighearna.

Rom. viii. 35, 37-39.

Agus chi iad 'aghaidh; agus bithidh 'ainm-san air clàr an eudain.

Talsb. xxii. 4.

a


Cogadh mòr na h-Eòrpa

TEAGASG NAN AITHRICHEAN



Printed by OLIVER AND BOYD, Edinburgh, for
The Church of Scotland,
The United Free Church of Scotland, and
The Free Church of Scotland

The authors of what is given in this booklet were held in the highest esteem as preachers and writers by Gaelic-speaking people of their own and succeeding generations. These sermons and "sayings" have been taken from their published writings and unpublished manuscripts; and they are arranged chronologically so as to provide a consecutive record of Highland Evangelicalism. The booklet is edited and published by a Joint Committee of the Churches, with the fervent hope that God, who acknowledged these sermons as instruments in an abiding religious revival, and in comforting His children on many great and solemn occasions, may bless them to our brave Sailors and Soldiers, for whose use they are now sent forth.



IV

Lauriston Castle
LIBRARY IN SESSION

THE MOTHER-TONGUE OLD AND DEAR.

By Dr NORMAN MACLEAN.

(Reprinted from the *Scotsman*.)

THE Russian in the East and the Highlander in the West are at one in their impassioned sense of God. They feel, but they do not seek to rationalise, the Unseen. That is how the Celt feels that the Russian is his brother. In the darkest hour of its history, when the enemy was pouring in like a flood, the President of the Duma visualised the Russian Army as "the living sword of our native land, menacing the foe, but humble before God"; and that is exactly the phrase you may hear from the lips of any devout Highlander. The Russian and the Celt have not yet discarded God. In the depths of their humiliation, when they had no weapons but the living breasts of their soldiers, the Russians proclaimed a national

The Mother-Tongue Old and Dear

fast, and for days that great Empire sought after the Lord God. And that prayer was heard. “One of these mysterious waves of confidence, which men feel but will not express, surged through the anxious souls of the Russian High Command,” writes Mr John Buchan, and the Russians turned at bay with “firm faith in the clemency of God”—and stood fast. In this country our Government has proclaimed neither fast nor prayer! But away in the Highlands, here and there, in lonely glens and by the sea, the people have assembled for days of humiliation and prayer. Wiser, these humble folk, than their rulers! And it was their sons, the kilted Highland regiments, that broke through the lines of the enemy at Loos, sweeping the waverers before them—“the green tartans of the Gordons and the red of the Camerons mingled in one irresistible wave.” For the Russians storming Erzerum, and the Highlanders surging through the streets of Loos, the ancient guiding fires still burn and shine. And because of that they conquer or die.

Last year there came from these Highland soldiers many requests for religious literature in their own language. For English may be the language of the mart, but Gaelic is for them

The Mother-Tongue Old and Dear

the language of the soul. A small committee, representing the Church of Scotland, the United Free Church, and the Free Church, set to work, and reprinted some of the Gaelic sermons which in other days set the hearts of the people aflame. And these have been distributed far and wide where Gaelic-speaking sailors and soldiers are watching and fighting. Each booklet was prefaced by a letter signed by the three Moderators. Many have been the letters which have been received from grateful sailors and soldiers. For sometimes the lot of a Gaelic-speaking man is lonely. If he is on a warship, with none of his own to speak to, and with little fluency in English, he is indeed cut off from his fellows. To such a man these books of the soul, in his own language, come as an angel's visit. "Let anyone imagine himself away for sixteen months from the public worship of God," writes a sailor from *H.M.S. Otway*, "separated from those he loved—those who were near and dear to him—his family and relatives, and the people of God, who were as hard at times to part with as the nearest relatives. This is the position in which some of us are."

From all parts of the world the letters have

The Mother-Tongue Old and Dear

come. One from Holland tells how "the poor lad Macleod, when he left for home, took with him the Gaelic sermons, and left the other books and literature that he had." At Hong-Kong, a Highlander on *H.M.S.* — received one of the little books with that joy which the loved and unlooked-for brings. "I am over a year now," he writes, "in Hong-Kong, and I am sure I would not hear much of Gaelic in this part of the world." From that redoubtable fighter *H.M.S. Queen Elizabeth*, a seaman writes: "We feel more at home when we are reading them than at any other time." Somewhere in Belgium the Gaelic booklets found their way to Gaelic-speaking Canadians from Prince Edward or Glengarry. "It may interest you to know," wrote a Canadian, "that they fell into the hands of the first battalion recruited in Alberta, Canada. In the soldiers' cemetery near by lie the remains of representatives of over forty different battalions." The Colonel of the 4th Cameron Highlanders, with four Captains and twenty-six non-commissioned officers and men, sent a joint letter assuring the Committee how its efforts to supply Gaelic books "are warmly appreciated by us all." But the letter which gives the best insight into the hearts

The Mother-Tongue Old and Dear

of the Highland soldiers is one signed by twenty-five privates and non-commissioned officers of the Seaforths. It is as follows :—

“ Even as reminding us that our home folk are a people with a language, these Gaelic booklets are dear to us. The voice seems to come to us from the direction of the rugged hills—though to us their appeal, merely as Gaelic reading, will not be so intense, seeing we are still so many together who can daily speak and listen to our mother tongue.

“ Oftener than not our reading is roughly interrupted, but quiet moments come round for us, even on the fire-step. These times, it is good to be able to pull our Gaelic booklet out of our haversacks—as well kept there as possible, though many things make it difficult. Many thanks to the good people who have been remembering us, sending us these. May God enable them yet to send, and may He bless the words to us and to all who read them. We know that the good people follow us with their prayers, that their hearts are with us to do us all the good they can ; and we are the stronger for the knowledge.”

That makes us see the soldier in front of the enemy. A lull comes in the rain of death, and he pulls out his Gaelic booklet and remembers

The Mother-Tongue Old and Dear

the Lord his God. With one hand he grips his rifle, with the other he grasps the sword of the Spirit. He knows that his people, far away at home, are praying; for there, in the quiet glens, God is yet a reality and people pray. He is conscious of the waves of spiritual power which prayer unlooses, and when a sense of God possesses him, and his heart is garrisoned with the assurance that God being with him nothing can stand against him, he knows that the prayers which rise beyond the sea are as invisible armour around him, and thus he is invincible. "I do not mind what may happen to myself," he says. "I am only sorry when I think of the mourning there will be at home." The power of his arm in the fight is the power of his faith. The Celt and the Russian see the mystic cloud abiding over the hosts by day and the pillar of fire burning constant by night, guiding the leading files of their Israel. Therefore, they march with unfaltering step.

It is to keep glowing the ardour of his faith that these books of the soul have been distributed far and wide. The last of these books is a selection of Gaelic hymns and sacred songs—"Mil Nan Dan." It has reaped in every field of Gaelic

The Mother-Tongue Old and Dear

devotion, beginning with Bishop Carswell of the Isles, who died in 1572, and ending with a Gaelic translation of the national anthem, by the minister of Free St Columba's, Edinburgh. The soldiers will find here the cry of their souls in many forms. Dugald Buchanan will sing them of the true hero :—

“ Cha bu ghaisgeach Alasdair mòr,
No Caesar thug an Ròimh gu géill ;
Oir ged a thug iad buaidh air cùch,
Dh' fhan iad 'nan traill' d'a miannaibh féin.”

Dr MacDonald of Ferintosh will fire their hearts with the rapture of Him who conquered death ; and Dr John Macleod of Morven will quiet the soul with the assurance of the triumph of faith :—

“ Agus seallaidh mi romham, is gabhaidh mi beachd.
Air gach deuchainn is ànradh tha fhathast ri teachd ;
Ach m' anan fo gheilt no fo imcheist cha bhi,
Oir an Dia nach do dhiobair cha diobair e mi.”

This book, as all the others, has but one message : “Be strong, fear not.” Those who would like to help the cause can do so through Rev. Dr MacLennan, United Free Church Offices, Edinburgh, or Rev. Donald Maclean, Free Church

The Mother-Tongue Old and Dear

Offices, Edinburgh, who are the treasurers of this good work. It is the first work in which the three Churches have as yet co-operated in behalf of the Highlanders. It certainly will not be the last.

A sheòldairean agus a shaighdeirean Gàidhealach !

ANN an ainm an Tighearna Iosa Criod, Prionnsa na sithe, tha sinn a' cur failte oirbh.

Mar chinn-suidhe thri eaglaisean a tha searm-onachadh an t-soisgeil anns a' Ghàidhlig, dh-iarradh sinn a dheanamh dearbhta dhuibh gu bheil ùrnuighean ar coimhthionalan a ghnàth a' dol suas as bhur leth. Gu 'n robh Dia 'n a sgiath dhuibh ann an là a' chunnairt, a' tabhairt duibh foighidinn agus neart an làithean feithimh agus faire, buaidh ann an là a' chatha, agus gu 'n gabhadh e thuige féin sibh an uair a' bhàis! An lorg bhur fulangais agus bhur féin-iobradh gu 'n robh sìth le ceartas air a stéidheachadh air an talamh, an ùin gun a bhi fada!

Cha 'n 'eil ceàrna de 'n t-saoghal air nach do dhrùidh fuil uasal nan saighdeirean Gàidhealach, anns na làithean a dh'fhalbh, 's iad a' cathachadh as leth rìgh agus dùthcha. Thug sibh dearbhadh mu thràth, anns a' chogadh so, gur mic sibh a tha airidh air cliù bhur sinnsireachd. Tha sinn a' toirt buidheachas do Dhia air bhur son. Ma

thig a' ghairm oirbh gu triall as a so, cuiribh bhur n-aghaidh air a' bhàs mar dheagh shaighdeirean Iosa Criod ; ach ma 's e rùn an Tighearna, sibh a thiginn dachaidh fa-dheòidh gu bhur tir agus bhur dàimhean caithibh aimsir bhur beatha mar dheagh shaighdeirean Iosa Criod.

Mar dhuinne is amhluidh dhuibhse, cha 'n 'eil ann ach aon tearmunn, eadhon Dia. A mhàin cuireamaid so 'n 'ur cuimhne :

'S fearr na bhi 'g earbs' á duine beò
Ar dòchas chur an Dia ;
'S fearr na bhi 'g earbs' á prionnsaibh mòr
Ar dòchas chur 's an Triath.

Is sinn,

bhur seirbhisich anns an Tighearna Iosa Criod.

David Paul, D.D., LL.D

Ceann-suidhe Eaglais na h-Alba.

Alex. R. MacLennan, D.D.

Ceann-suidhe na h-Eaglais Shaoir Aonaichte.

I. MacDonald.

Ceann-suidhe na h-Eaglais Shaoir.

Clar-innsidh.

AUTHOR.	TITLE.	PAGE
Aird, Dr	Caithar Dhé 108
Balfour, Urr I. . . .	An So Tha Gràdh 8
Bàn, Dr R. . . .	Glòir Dhé 34
Caimbeul, Urr D. . . .	Smuaintean Cudthromach 1
Ceanaideach, Dr	Mar Chuimhneachan Ormsa 87
Cook, Urr G. . . .	An Tiodhlac Do-labhairt 64
Domhnullach, Dr	Na Dean Cron Ort Féin 47
Galbraith, Urr A. . . .	Fulangas Agus Glòir 122
MacAoidh, Dr M. . . .	Nithe Nuadha Agus Sean 73
M'Asgaill, Urr M. . . .	Mo Sheudan 116
Macleòid, Dr T. . . .	Sgriobhaidhean Taghta 56
MacCoinnich, Urr L. . . .	Criosan-Ceangail A' Gheallaidh .	25
MacCoinnich, Urr M. . . .	Gabhail Pheacach Thuige 131
M'Colla, Urr A. . . .	An T-Ard-Shagart Mòr 96
MacFhionghain, Urr E. . . .	Dia M'Athar 137

Clar-Innsidh

MacMhaolain, Urr A.	Feuch Uan Dé	39
MacRath, Urr I.	Buadhan Fuil Chriosd	80
Porteous, Urr Iain	Cosamhlachdan	20
Ughdairean, Caochla	Biadh Briste	144

SMUAINTEAN CUD- THROMACH

Leis an Urr. DOMHNULL CAIMBEUL, a bha ann an Cille-mhìcheil (Glasaraidh) an Earra-ghaidheal, agus a chaochail 'sa' bhliadhna 1722.

Mu fhulangais Chriosd ré àm a bhàis. Shaoileadh duine gu'n robh a nis gamhlas nàimhdean tulchuiseach Chriosd air fuarachadh, agus am boile air tràghadh. Ach tha an earrann as mò d'a fhulangais fathast romhainn, eadhon, fulangas anama, tréigsinn spioradail, agus ceusadh. Cha toilicheadh nì air bith iad, ach a bhàs. Gabhamaid sealladh gu riaghailteach de fhulangais Chriosd, ré àm a bhàis.

Air a' ghnùis sin, air an do laigh bròn, bha foighidinn, gràdh, seirc agus treubhantas anama, a' dealradh. Ged bha a nàimhdean a' deanamh gàirdeachais, le àrd iolaich, an uair thogadh ar Slànuighear suas eadar nèamh agus talamh, bha

Smuaintean Cudthromach

Mac Dhé ri saothair, mar eadar-mheadhonair cumbachdach, tròcaireach, chum ar deanamh réidh ris an Athair, agus a' sineadh a mach glaic a ghràidh gu ar gabhail d'a ionnsuidh. Cha robh agus cha bhi sagart as taitniche do'n Ti as Àirde. Cha chualas, agus cha chluinnear iomradh air iobairt as iomlaine agus as naomha.

Bha na h-Iudhaich leagta nis ri dioghaltas a dheanamh air, le sgeig. Chrath an dream a bha dol seachad an cinn le fochaid, 'ga chàineadh le fuar-sgallais, bearradaireach dhiobhluidh, tharcuiseach, ghabannach, a' tilgeadh air gu'm bu fhear-goid nithe naomha e, neach a dh' oidh-irpitch teampull Dé a sgrios, agus uine sin, ag ràdh, gur ann gu ceart-bhreitheach bha e a' fulang. Ma 's tu Mac Dhé, thig a nuas o'n chrann. Nach 'eil an saoghal uile nise a' faicinn gu soilleir gu'n d' thug thu masladh do Dhia, le a ràdh gur tu féin Mac Dhé? Cha do thuig na h-amadaidh thruagha so, diomhaireachd an t-saoraidh, no gu'n do leig Criod a bheatha sios, le làn-thoil, airson a chaorach féin, agus gu'n robh cumhachd aige a togail an àird a ris.

An uair a tharruing Dia a cho-fhurtachd bhuaithe, thòisich anam Chriosd ri fulang roimh

Smuaintean Cudthromach

a chorp anns a' ghàrradh, far an robh e 'n cruaidh-ghleac anama, agus an geur-àmhghar. Cha'n fhiù fulangas a chuirp a chur an coimeas ri fulangais anama. Tha gach nì as urrainn dhuinn ainmeachadh, no smuaineachadh, air an stéidh dhomhain so, a' tighinn anabarrach goirid air an fhìrinn. Cha'n urrainn ainglean no daoine a thuigsinn, no a chur an cèill. Oir tha Dia an t-Athair, a tha leagail an fhublangais air mac a ghràidh, neo-chriochnach. Tha Dia am Mac, a tha fulang, neo-chriochnach mar an ceudna. Agus co mata, ach an Dia neo-chriochnach féin, is urrainn an geur-àmhghar, agus an trom fhublangas, a leig an dara h-aon agus a dh' fhuiling an t-aon eile, a thuigsinn, no a chur an cèill.

Thug e nis buaidh a mach, choisinn e dhuinne sonas. Fhuair e dhaibh gràs na slàinte agus na naomhachd. Bha gach ni air a chriochnachadh. Mar so bhàsaich an t-uam gun lochd, gu toileach, sunntach, togarrach, airson sliochd Adhaimh. Mar so bhàsaich ùghdair na beatha, fear-saoraidh a' chinne-dhaonna, Mac an Dè bheò, prionnsa na sithe, ar co-fhurtair, ar caraid, ar n-aodhaire, ar n-eisimpleir, ar muinighin agus ar dòchas. Thuit an iobairt, tha ar réite ar a deanamh suas.

Smuaintean Cudthromach

Theich an sagart ana-creidmheach bho'n àltair.
Thuit iodhalan nan dee bréige sìos gu làr. Tha
sìth air a gairm air thalamh agus deagh-ghean do
chloinn nan daoine.

O cia mòr an teas-ghràidh a bha aig Criod air
anamaibh a shluagh! Cia anabarrach tòm agus
do-thuigsinn fulangas ar Slànuighir beannaichte, a
ghiùlain an fhearg chumhachdach, do-sheachanta,
neo-chriochnach, do-ghiulan, an lasan garg, an
dìomb, a' chorruich loisgeach, a' bhorb-fhearg,
an dian-ghairge, a thoill sinne fhulang o cheartas
fior-ghlan Dhé airson ar peacaidh.

An do shrac brat-roinn an teampuill a bha cur
eadar-dhealachadh eadar Iudhaich agus Geintilich,
agus a bha nochdadhbh nach robh ann an lagh
Mhaois ach samhla air Criod? An do thuit
an lobairt, a bheil sinn air ar n-ath-réiteachadh
ris an Athair? Glòir do Dhia anns na h-
ionadaibh as àirde gu bheil sìth air a gairm air
thalamh agus deagh-ghean do chloinn nan
daoine. Tha lagh an eagail air dol as an t-
sealladh air an dara làimh, agus lagh a' ghràidh
air tighinn 'san t-sealladh air an làimh eile.
Cha'n'eil sinn ni's faide 'nar tràillibh, ach 'nar
cloinn shaor.

O làmhan naomha, a chruthaich nèamh agus

Smuaintean Cudthromach

talamh, agus a chruthaich mise air do shon féin, na leig dhomh dol am mearachd o do stiùradh. Is ann annad-sa tha mi faotainn spioraid mo Shlànuighir, mo shuamhnais, mo shonais, mo bheatha, agus mo ghlòire. Mar is ann leis na làmhan sin a fhuair mi mo bhith, mo bheatha agus comas gluasaid, gach nì tha agam, no gach nì tha mi r'a fhaotainn air talamh nam beò. O cuir coron glòire air mo cheann ann an rioghachd na glòire! O cliù dhuit gu bheil am bàs, rìgh an uamhais, air fàs 'na charaid dhomh, trid fola mo Shlànuighir! Dh' imich Righ na sithe troimh ghleann nan deur. Tha e trid-san air fàs ni's luachmhoire na uile shaoibhreas na talmhainn, ni's dealraiche na uile reultan nan nèamh. Is e crioch gach saoithreach agus fògraiddh, toiseach na glòire, an àr-fhaich 'san do chuir Righ na glòire an cath, agus anns an d' thug e buaidh air a nàimhdean. O Thighearna, gléidh suas mo laigse, cuir ruaig air mo nàimhdean, bi ad stéidh aig mo dhòchas! Tha na nèamhan 'gad aithneachadh, tha an saoghal a' toirt urraim dhuit, tha uamhann air ifrinn romhad, dh' aidich an deamhan gu'm b'e mo Thriath Mac Dhé. Is tu mo choron, mo ghlòir, m' aoibhneas agus m' ionmhas. Tha trioblaidean na beatha a' fàs milis trìd mo

Smuaintean Cudthromach

Shlànuighir. Is e Dia féin as buachaillé dhomh, cha bhi mi an dìth; na'n laighean sios air cluainibh glasa, tha a shùil a' dearcadh orm. An uair thig crìoch mo chuaирte, gabhaidh e mi an glacaibh a ghràidh trid Iosa Criod. AMEN.

An d'fhuling ar Triath gràdhach a leithid so de bhàs maslach, cràiteach, mallaichte air arson, agus nach tig sinne gu bòrd an Tighearna le anamaibh cràbhach 'ga chumail ann an cuimhne? A thoirt an tuillidh maslaidh dha an do chrochadh e suas air a' chrann, a chosnadhl truscain na fireantachd dhuinne? Nach tig sinn gu bòrd an Tighearna air ar sgeadachadh le truscan na bainse, a chumail cuimhne air a ghràdh? An d'fhuling e a leithid so de chràdh 'na anam agus 'na chorp air arson 's nach tig sinn gu bòrd an Tighearna, a dheanamh aidmheil air so, agus a dh' fhaotainn co-roinn de na sòlasaibh agus suaimhneasaibh sin, a choisinn e dhuinn le cràdh agus claoidh cho mòr? An robh e air a mhallachadh chum gu'm biodh sinne air ar beannachadh, agus nach tig sinn gu bòrd an Tighearna, a thoirt buidheachais dhasan a ghràdhaich sinn cho mòr, agus a shealbhachadh a' bheannachaidh a choisinn agus a naisg e dhuinn?

Smuaintean Cudthromach

A nis dhàsan a ghràdhaich sinn agus a nigh sinn o ar peachdannaibh 'na fhuil, agus a rinn dhinn righrean agus sagairtean do Dhia is do an Athair, dhàsan gu robh glòir agus uachdranachd gu suthainn, sìorruidh.—AMEN.

AN SO THA GRÀDH

Leis an **Urr.** IAIN BALFOUR, air *Sàbaid Comunnachaidh, an Eig, an Ros, an 17 là de October, 1742. Chaochaile 'sa' bhliadhna 1752.*

An so a ta gràdh, cha'n e gu'n do ghràdhaich sinne Dia, ach gu'n do ghràdhaich esan sinne, agus gu'n do chuir e a Mhac féin gu bhi 'na iobairt-réitich air son ar peacaidhean.—I EOIN iv. 10.

Is e gnothuich miorbhuileach mu bheil sinn cruinn an so an diugh. Is e an cuimhneachan as sòlaimte agus as mothachaile, agus compairteachaidh ann an gràdh teàrnaidh bàis agus fulangais Mhic Dhé, an aon iobairt-réitich airson ar peacaidhean. So an gràdh as iongantas mòr agus as cuirm mhòr, nèimh, agus a mhaireas mar sin air feadh na sìorruidheachd. Tha na h-ainglean a' cromadh agus a' geur-rannsachadh fhuinn buadhach, 'gan clúich air an clàrsaichean a ghnàth, agus a' seinn gun sgur 's gun sgios Alleluia binn ann an cuimhne air. Is e araon mòr iongantas agus

An So Tha Gràdh

dòruinn na h-ifrinn. Agus air an talamh so, is e iongantas mòr agus aimlisg na muinntir a théid a dhìth, agus iongantas mòr agus comhfhurtachd ro mhòr iadsan a theàrnar, do'n dara dream tha e 'na bholtrach bàis chum bàis, agus do'n dream eile 'na bholtrach beatha chum beatha. Ris a' cheud chuid tha e ag ràdh, "feuchaibh, a luchd-tarcuis," agus ris a' mhuinntir eile, "feuchaibh, ciod a' ghnè ghraidih a thug an t-Athair dhuinne (no dhuibh-se) gu'n goirteadh clann Dhé dhinn (dhibh)!" Gun amharus is e an aon "feuchaibh," a tha againn 'sa' cheann-teagaisg air a leudachadh agus air a dheanamh soilleir an seadh sònruichte. "An so tha gràdh." Am b'aill leibh fios a bhi agaibh ciod e ghnè ghràidh tha so, agus c'ait tha a mhiorbhualeachd air a thaisbeanadh thar gach uile thomhas agus thar gach uile chomas cainnt, agus smuaintean. "An so."

I. Teagasg agus mineachadh.

II. Leasachadh agus co-chur.

I. *Teagasg agus mineachadh.* I. "An so tha gràdh." Tha mòran ni's mò an so, gu bhi air a thuigsinn, 'se sin, air fhaireachduinn, agus air a mheòrachadh, fo mhothachadh spioradail, na tha air a chuir sìos, no, as urrainn a bhi air a chur

An So Tha Gràdh

an céill ann am briathraibh. Seadh, ceadaichibh dhomh a ràdh gur e tha so stéidh-theagaisg as farsuinge agus as teannaire anns an urrainn ar beachd 's ar n-inntinn a bhi cnuasach, no air an cleachdad. "An so tha gràdh." Ach, ciod an gràdh? Seadh, is e gràdh Dhé. Agus cia mòr an gràdh sin! Is gràdh e cho mòr ri Dia, cho saoibhir, cho toirbheartach, cho brioghmhor, cho neo-atharrachail, agus cho siorruidh, ri Dia. Agus, O! a' smuain bhrùiteach a tha so! Cia mòr a' chomhfhurtachd, cha sguir Dia a bhi gràdhachadh, a bhi 'ga do ghradhachadh-sa gus an sguir e a bhi 'na Dhia; agus cha sguir e a dheanamh maith dhuit gus an sguir e a bhi 'ga do ghràdhachadh! (Ier. xxii. 40). *Ceist:* Ach ma tha chuis mar so, mar Ghideon, c'ar son a thachair a leithid so dhuinn? C'arson a tha e air a cheadachadh do na Midianaich a bhi 'gar sàruchadh? *Freagradh:* C'arson! A mhàin, do bhrigh gu bheil an Tighearn 'ga do ghradhachadh (Eabh xii. 6). Nach iongantach an dòigh nochdaidh gràidh so!—thug e, agus chuir e a mhac féin gu bhi air a sgiùrsadh 'na d' àite. 2. Thoir fainear, na h-uile a tha ann an Dia gu bhi taghadh pheacach, is gràdh e, air neadh so; cha'n' eil nì sam bith an Dia do chreidmhich, ach gràdh. B'aill leam a bhi

An So Tha Gràdh

labhairt ann an eagal Dhé, briathran na firinn agus na céille, agus tha mi dearbhta nach'eil nì as barrantaiche na so: "an so tha gràdh," 'se sin, is gràdh na h-uile, no, cha nì sam bith e ach gràdh. Guidheam ort, ma's nì eile e, innseadh dhomh, c'arson a thug, agus a chuir e a mhac chum na crìche so, gu sònraichte. An uair tha e toirt seachad a mhic, nach 'eil e 'ga thoirt féin gu h-iomlan seachad. A nis, ciod is e fhéin gu h-iomlan, ach gràdh, oir "is gràdh Dia"? Far an d' thug e seachad e féin gu h-iomlan, a ghràdh gu h-iomlan, a bheil e a' cur an céill ach a ghràdh!

Ceist: So agad prìomh chul-taic an as-creidimh, agus daingneach an reusain fheòlmhor. Mar is uile-ghràdh Dia do pheacaich thaghta, cionnus a bhios sin a co-fhreagradh ri gloine a nàduir, ri gràs 'àrd-uachdararanachd, ri cheartas, ri fhìrinn, agus ri dhillseachd? Ann an aon fhocal, an gabh e a bhith, gu'm bi fuath agus gràin aig an Dia naomh do pheacaich mi-naomha? *Freagradh:* Ach ciod tha an ceann-teagaisg ag ràdh: "An so tha gràdh" . . . "ach gu'n do ghràdhhaich Dia," agus is e sin an dearbhadh. C'arson! "agus gu'n do chuir e a Mhac," mar anns na Romanaich v. 6. Agus ceadaichibh dhomh a nochdadhbh dhuibh, gur ann an so tha diomhaireachd mhòr gràidh teàrnaidh,

An So Tha Gràdh

eadhon an so, gu'n do ghràdhaich Dia iad 'nuair bha iad fhathast 'nam peacaich ; agus gun amharus sam bith, cha'n'eil idir diomhaireachd ann gu'n gràdhaicheadh Dia creutair neo-chiontach a bha ag giùlain 'iomhaigh féin, oir bhiodh sin cofhreagarach ri glaine neo-chriochnach a nàduir. Gu'n gràdhaicheadh e peacaich mi-naomha, is ann an sin tha diomhaireachd gràidh teàrnaidh a' soillseachadh gu soilleir, agus mur biodh sin mar sin, mur robh peacadh idir ann, ni mo bha gràdh teàrnaidh ann idir. Is e so suim a' ghnothuich so. Tha fuath neo-chriochnach aig Dia do pheacadh, agus aig a' cheart àm tha gràdh neo-chriochnach aige do'n pheàcach, agus air son an dà aobhar sin, chuir e a Mhac gu bhi 'na iobairt-réitich. No ann am focail eile ; ghràdhaich e am peacach air leithid a dhòigh, agus gu'n do chuir e a Mhac gu bhi 'na iobairt-réitich chum a theàrnadh, agus dh' fhuathaich e peacadh air leithid a dhòigh 's gu'n do chuir e a Mhac gu bhi 'na iobairt-réitich a thoirt riarachaiddh air son peacaiddh, ionnan 's gu bheil againn aig an aon àm, ann am bàs Chriosd foillseachadh gun tomhas araon air gràdh Dhé do'n pheacach agus 'fhuath do pheacadh. 3. Cha'n e gu'n do ghràdhaich sinne Dia, ach. . . ."

An So Tha Gràdh

Thoir fainear gu bheil gràdh Dhé àrd-uachdranach, agus saor gun chumha, agus anns na h-uile seadh làn-fhuasgailte o uile fhàth leis an iarradh daoine 'nan neo-eisimeileachd a ghluasad (Deut. vii. 7, 8). Cha do shuidhich Dia a ghràdh ort, 's cha do thagh e thu, airson so na sud, ach a chionn gu'n do ghràdhaich e thu. Ni bheil so air aon seadh, an aghaidh na firinnean luachmhor, gur ann 'san aon ghràdhach, gur ann an Criod a mhàin, a rinneadh sinn taitneach; gu bheil uile thoraidh agus uile fheartan gràidh tearnaidh a' teachd thugainn tre Chriosd, agus air a sgàth-san, agus nach faigh sinn 's nach compairtich sinn diubh ach mar thoradh agus an lorg ar n-aonaidh ri Criod, ar comh-roinn ann, agus ar gabhail ris tre chreidimh. 4. Is e, thugaibh fainear a' cheud toradh de ghràdh teàrnaidh an Athar do chuspairean a ghraidh, a bhi tabhairt agus a' cur Chriosd gu bhi 'na iobairt-réitich. Is e so a' bhann air a bheil gach taisbeanadh eile de 'ghràdh an crochadh, eadhon, a h-uile gràs agus gràdh a thiodh-laiceadh orra, an so 'san déidh so. Uime sin, is e Criod mar iobairt-réitich an aon chladhan tre bheil uile bhuil gràidh tearnaidh a' siubhal thuca (2 Cor. v. 19-21). Agus is e so tha 'n sgriobtuir a' cur an ceil gu minic, agus is brigh

An So Tha Gràdh

agus seadh uile mheadhon agus òrduighean, agus gu h-àraidh an t-òrdugh mòr a tha againn 'san amharc. Is e chainnt, cainnt gràidh (Esec. xvi.) agus is e an t-àm, àm gràidh. A nis tha a' bheatha so air a buileachadh tre Chriosd agus le bhàs. Trid-san tha sinn beò, agus trid-san, tha an gràdh a tha buileachadh agus a' gleidheadh beatha, air a thaisbeanadh. A réir òrdugh na h-as-eirigh (I Cor. xv. 22; Ephes. i. 3). An toiseach gach uile bheannachd spioradail an Criosd, an déidh sin tha e deanamh iomradh air priomh bheannachdan mòra gràidh teàrnaidh, agus gach aon diubh air a bhualeachadh, air a sheulachadh, agus air a dhaingneachadh 'san t-sacramaid shòlaimte romhainn le cùmhnant cinnteach. "Gabhaibh," 'se sin, gabhaidh Criosd air a cheusadh mar an ceud thoradh, agus tiodhlac shaor gràidh teàrnaidh an Athar, agus maille ris tha gach uile bheannachd agus thiodhlac gràidh teàrnaidh air a chosnadhl le bhàs agus air a dheònachadh d'a eadar-ghuidhe. Cuireamaid an céill ar gràdh do Dhia agus cumaidh co-chomunn ris an gràdh le barail agus meas ro-mhòr air Criosd mar saor-thabhartas do-labhairt luachmhòr gràidh an Athar dhuinne. Innis dhomh, seadh, innis do Chriosd féin mar

An So Tha Gràdh

a rinn Peadar; "tha f hios agad gur toigh leam thu." Cha'n'eil nì a riaraicheas mi ach thu; gidheadh ma dheiligeas tu rium, ma cheileas tu orm do ghnùis, ma smachdaicheas tu mi, cha'n urrainn dhomh ach do mheas mar neamh-nuid ro luachmhor.

II. *Leasachadh agus co-chur.* Tha an dòigh leasachaидh againn anns na h-Ephes. v. 1, 2. Ciod e a bhi agimeachd an gràdh, ach a bhi beò ann am beatha gràidh agus ciode sin ach beatha nèimh. O! am blàths agus a' mhilseachd leis a bheil so air a theagasg 'sna roimh earrainnean. Co-chur: 'Se cheist mhòr agus sgruideach cionnus a nochdas sinn ar gràdh do Dhia. Ghràdhaich e sinne gun aobhar air ar taobh. Tha sinne 'ga ghràdhachadh "do bhrigh gu'n . . . do ghradhaich esan an toiseach." O! an t-aobhar iongantach, air a bheil geall cho ion-mholta againn an corp agus am ful a Mhic; agus feumaidh sinn ar gràdh a nochdadhl le bhi gabhail ris ann am beò-chleachdadhl a' chreidimh a dh' oibricheas tre ghràdh. Air an aobhar sin feumaidh sinn oidheirp a dheanamh ann an neart agus fo bhuaidh a spioraid. O! sùil a bhi ri leithid a' bhuaidh: "éirich, a ghaoth á tuath, agus thig a ghaoth á deas," "dùisg, dùisg, O, ghàirdein an Tighearna." Cò, nise, chreideas

An So Tha Gràdh

ar teachdaireachd? agus cò d'a bheil gàirdean an Tighearna air fhoillseachadh? 1. Feumamaid ar gràdh a nochdadh agus co-chomunn a bhi againn, *le buidheachas teò-chridheach* o eòlas agus aithne air gràdh Dhé dhuinne ann an Criod ar n-iobairt-réitich. Abair a nis, anaim, an gabh no nach gabh, an gabh no an diùlt. A nis an gabh neach air, le chiall aige, an tiodhlac a dhiùltadh, agus a thilgeadh uaithe, fa chomhair fhianuisean! Agus so tha luchd-dearmaid Chriosd 'nar measg a' deanamh! Ach, O! an dean thu a dhiùltadh 's tu a' bàsachadh! Cuimhnich air Dives. *Ceist*: Ach cha'n urrainn dhuinn 'nar neart féin ghabhail ri Criod. *Freagràdh*: Deanadh e gréim air mo neart. Ach a bheil thu toileach? "Gidheadh cha 'n àill leibh teachd." "Agus ge b'e neach leis an àill, thigeadh e." *Ceist*. Ach cha'n urrainn dhuinn, dhinn fhéin, eadhon, àill teachd. Oir is e Dia a mhain a dh'oibricheas so annainn. *Freagràdh*: Am miann leat a bhi air do dheanamh toileach? An cleachd thu neart Dhé chum do dheanamh toileach? Thugaibh fainear gu bheil sibh an dràsda fo mheadhon cumhachd Dhé (Rom. i. 16). Is e so meadhon Dhé chum a chumhachd a thais-beanadh. Abair, uime sin, as mo dhéidh. "O! biodh là an diugh an t-soisgeil 'na là cumhachd do

An So Tha Gràdh

m'anam." An cuir thu d'amen ris a' ghuidhe so? O! a pheacaich nach urrainn duit miannachadh gu biodh e, eadhon, mar so! "Gabhaidh." Ach a bheil sibh treibhidhireach, cridheil, taingeil?

Ceist: So an dearbh nì a tha 'gar cur ann an ioma-chomhairle. Cha'n urrainn dhuinn gun gabhail ris, gidheadh, tha sinn tric agus minic an teagamh do bhrigh mealltachd ar cridheachan.

Freagradh: Beachdaich air Romanaich v. 5. An d' fhuair no bheil thu 'ga fhaighinn 'na do chridhe? Beachd-smuainich a ris air Salm iv. 7. 2. *Gràdh anama.* So a' cheud toradh agus buaidh a thig an lorg striochdaidh ionlan do Chriosd. Beachdaich air meud mòr a' chumhachd a tha annadsa a tha creidsinn. A nis ciod e an cumhachd a tha so, ach cumhachd gràidh. "Oir làidir mar am bàs tha'n gràdh. . . . (Dàn Sholaimh viii. 6, 7.) Ma tha gràdh a' chreutair mar so, co ris a choimeasar gràdh Dhé! Cha dean tuiltean de pheacaidhean agus de bhrosnaichidhean a bhàthadh.

3. *Gràdh teth agus leaghaidh.* Tha so ni's fhasa fhaireachduinn na innseadh. Tha an cridhe cruaidh cloiche air a thoirt air falbh, agus cridhe nuadh air a dhealbh agus air ullachadh le gnè a ghabhas tlachd is toil-inntinn ann an Dia.

4. *Gràdh co-choslachaidh.* Is e so buaidh nàdurr-

An So Tha Gràdh

ach a' ghràidh. Fàsaidh an ti a ghradhaicheas coltach ris a' chuspair a tha e a' gràdhachadh. Tha gràdh Dhé coltach ri Dia, a' gràdhachadh an nì a tha Dia a' gràdhachadh. Agus, ciod e an nì? A nàimhdean, mar aon nì! *Ceist*: Cha'n urrainn dhuinn diùltadh ach air uaireannan. Ach, ochoin! an uair tha sinn a' faireachduinn gràdh a bhi air chall oirnn agus mòran nithean mi-ionchuidh a bhi maille ruinn uairean eile. *Freagradh*: Chum a bhi a' cur do threibhdhireas gu fior dhearbhadh, faic, ann an eagal Dhé, ciod am freagradh a bheir thu do Dhia agus do do chogais, dha na ceistean so.

(1) A bheil aon anamiann 'na do chridhe nach àill leat, 's nach 'eil thu toileach iobradh agus a cheusadh?

(2) A bheil peacadh sam bith nach àill leat a bhi air fhoillseachadh dhuit mar chuspair d' fhuath agus do ghràin?

(3) A bheil aon chron 'na t'anam, nach 'eil thu nise deònach a ghéilleadh agus a striochdadadh do riaghlaadh rioghail Chriosd, agus gu ro-àiridh do thoil?

(4) A bheil aon phlàigh anama agad nach àill leat a thoirt gu Chriosd chum a leigheas agus a thoirt air falbh?

(5) A bheil fulangas, no masladh, no call agad air sgàth Chriosd, nach 'eil thu toileach agus deònach a ghiùlain ann an neart an Tighearna?

(6) Dleasanás sam bith nach 'eil thu toileach, ann an

An So Tha Gràdh

neart an Tighearna, a choimhlionadh, agus nach seachuinn thu? (7) Buaireadh sam bith nach 'eil thu ullamh cur 'na aghaidh, agus dùbhlann a thoirt dha? (8) A bheil eallach ort nach 'eil thu ullamh a thilgeil air Criod?

COSAMHLACHDAN

Leis an Urr. IAIN PORTEOUS, a bha ann an Cill-mhoir,
an Ros, agus a chaochail 'sa' bhliadhna 1775.

Buairidhean. Bha duine àraidh air turus troimh thîr udlaidh agus mhi-thlorail. Rug stòirm gaoithe is uisge cho garbh air is gu'n do chaill e dòchas a bhi bed. Aig a' cheart àm so chunnaic e solus a' boillsgeadh ann an àite leth-oireach fada uaithe. Chuir e aghaidh air an rionnag so le cabhaig. An uair a ràinig e an t-àite, bha ann an so tigh le dhorus fosgailte. A steach chaidh e gu toileach, agus shuidh e sios aig bun an teine gu comhfhurtail. Dh' amhairc e mu thîmchioll ach bha an tigh mar gu'm biodh e falamh, fàs. Mu mheadhon na h-oidhche ghailionnach agus iargalta so, dh' amhairc e ceithir thîmchioll air a rithisd, agus ann an cùil faisg air chunnaic e corp marbh air a shìneadh. Chuir an sealladh so eagal mòr air. Thoisich an corp marbh air gluasad, agus mar a b'fhaide a dh'aimhirceadh e air is ann a bu diriche a bha an corp ag éirigh air a chosan, lion

Cosamhlachdan

beag is beag. Ghlac uamhunn mòr an duine bochd agus leum e a dh' aon bheum dh' ionnsuidh an doruis. Ach a mach cha robh a chridhe aige dhol, oir bha an oidhche eagalach; agus cha robh ann da ach tilleadh gus a chagailte rìthisd. Cha do għluais an corp marbh fhad 'sa chum e shùil deth. Cha robh sin furasda dha 'n duine bhochd a dheanamh. Chuir e shùil a rìthisd ris a' chūil, agus a rìthisd thoisich an corp air éirigh. A nis chaidh an duine bochd air a għluinibh, agus cha luaithe a rinn e sin na laigh an corp sios. Bha cor an duine bhochd ro thruagh, agus bha iom-aguin a chridhe sàraichte, eadar a chunnairt am muigh agus an t-seallaidd oillteil a stigh, ach fhuair e mach gur ann air a għluinibh bha a theàruinteachd, agus air a għluinibh mhair e gus an do bhris an là, agus gu'n deach a' għaoθ fodha, agus na sgàilean seachad. Is e so cor a' chreidmhich eadar buairidh an t-saoghail agus Shatain o'n leth am muigh, agus corp a' pheacaidh agus a' bhàis o'n leth a stigh. Caillidh iad an cumhachd le chéile anns an tomhas anns am buainich an creidmheach 'san ùrnuigh.

An fhirinn thaisgte. Bha aig duine àraidh a dhol astar fada bho dhachaidh. Mu'n d'fhàg e a

Cosamhlachdan

thigh, chuir a bhean-phòsda impidh air e aran thoirt a chum ùrachaiddh air an t-slighe. Bha e dhe 'n bheachd gu robh e làidir gun a leithid sin a chuideachadh air son an turuis, agus dhiùlt e an tairgse. Gidheadh, gun fhios da chuir i an t-aran 'na phòcaid. An déidh dha iomadh mile dhe an t-slighe choiseachd, thainig fannachadh air, agus rinn e suidhe. Gun amharus sam bith, chuir e a làmh 'na phòcaid, agus tharruing e aisde, le aoibhneas agus iongantas, an t-aran a bha a bhean-phòsda spàrradh air, ach a dhiult e cho tarchuis-each. Bha e ro fhreagarach ri staid lag agus fhànn. Dh'ith e dheth, agus gus a so cha 'n fhac e riamh roimhe caomhalachd, gràdh, agus gliocas a mhna-phosda ann an tomhas cho soilleir. Air a mhodh cheudna feudaiddh an Tighearna bhi labhairt r'a shluagh le sgriobtuirean nach tuig iad aig an àm. Gidheadh, thaisg an Tighearna suas iad anns an inntinn, agus an uair thàinig àm feuma, bha iad air an co-chur le cumhachd ri'n inntinn. An sin neartaich iad, dh'ùraich iad, threòraich iad, agus chomhfhurtaich iad an anaman. Chunnaic e nise mar nach fhac e riamh roimhe aimideachd mhòr ann a bhi a' diùltadh tairgse an t-soisgeil, agus gràdh is gràs an Tighearna 'na thairgse.

Cosamhlachdan

An crann ubhal. Thàinig boirionnach a bha fo chùram thaobh staid a h-anama, aon là, dh'ionnsuidh Mhr. Porteous. Bha e spaisdeir-eachd 'na lios an uair a nochd si i féin. An déidh dhi a cùis chuir an òrdugh ris cho maith 's a b'urrainn di threòraich e i gu craobh-ubhal mhòr, agus air dha a mheur a chur ris a' mheanglan a b'àirde a bha oirre, agus ris an ubhal a bha air bàrr a' mheanglain so, thubhairt e rithe: "Glac thugam an t-ubhal ud." "Cha'n urrainn sin domh," ars' ise, "c'arson?" ars' esan. "Tha e fada, fada, thar mo réis," thubhairt i. "Is fior," ars' esan; "gu b'urrainn do Phol a ràdh: 'a ta fhios agam co ann a chreid mi, agus is dearbh leam gu bheil esan comasach air an nì sin a dh'earb mi ris a choimhead fa chomhair an là sin'" (2 Tim. i. 12). "B'urrainn do Phol a làmh a chur air a leithid sud a dh'ubhal, ach tha e fada thar do réis-se, chreutair bhochd." Thàinig iad a nis gu craobh eile aig an robh a meanglain a lùbadh ris a' làr le meud na bha mheas oirre. "An urrainn duit ubhal a ghlacadh thugam de na chraoibh so." "Is urrainn," ars' ise. "Seadh, is urrainn d'an leanabh as òige 'sa' sgìre, ubhal a thoirt dhi so." Is amhul sin mu Chriosd, faodaidh thu do làmh a shìneadh, agus greim-

Cosamhlachdan

eachadh air dh'aindeoin cho neoghan 'sa tha thu 'na do shealladh féin. "Agus esan a thig d'am ionnsuidh-se cha tilg mi air chor sam a mach e." Faodaidh an leanabh as lugha ruigsinn air a' mheanglan so, agus gabhail de thoradh milis.

An iolair. Tha e air a ràdh gu'n ath-nuadhaich an iolair a h-òige. Thig an t-seann aois oirre, agus tha crioch a beatha fagus, ach an àite dhi dhol a dhìth, 'sann tha i air a h-aiseag gu òige rithisd. Tha e air a chreidsinn gu coitchionn 'sa' Ghàidhealtachd gu bheil i a' caitheamh as le a gob bhi fàs ro fhada, agus ro chròm, ionnus nach urrainn dhi biadh a thogail, agus air an aobhar sin gu bheil i a' caitheamh as a chion beoshlainte. Is e an dòigh anns a bheil i'g ath-nuadhachadh a h-òige, tha e air aithris, le i bhi a bualadh a' guib ri carraig, agus 'ga phronnadh mar so gu mheud nàdurrach. A nis tha comas aice rithisd biadh a thogail, agus tha i mar bha i 'na h-òige. Is faoin-sgeulachd sin, ach is firinn so, eadhon, nach bi neart t-anama, O! chreidmhich, air aiseag thugad-sa, ach le thusa thu féin a thilgeil air Criod, carraig nan àl.

CRIOSAN - CEANGAIL A' GHEALLAIDH

Leis an Urr. LACHLANN MACCOINNICH, a bha ann an
Lochcarrann agus a chaochail 'sa' bhliadhna 1819.

AN uair bha an Rìgh air a bhreth thàinig fios chum nan daoine beaga agus nan daoine mòra, chum nan daoine bochda agus nan daoine beartach, chum nan daoine amaideach agus nan daoine glice. Thàinig fios chum nan daoine glice a bha 'san àird-an-ear; ghabh iad ris an sgeul, agus lean iad an reul. Bha iad 'nan daoine tuigseach, agus reusanaich iad mar so eatorra féin: "C'àite am biodh an Rìgh air a bhreth ach anns a' bhaile mhòr?" Dh' fhàg iad an reul, agus chaidh iad do'n bhaile mhòr, agus dh'iarr iad e gu dìchiollach. Ged dh'iarr cha d'fhuair. Chosd e iomadh ceum aonaranach dhaibh mu'n d' fhuair iad an reul a ris. Ach an uair a fhuair iad an Rìgh a réir seòlaidh na réil, c'àite an d'fhuair iad e? Ann

Criosan-Ceangail A' Gheallaidh

an criosan-ceangail a' gheallaidh, far am faigh thusa e, anam, ma gheibh thu e gu bràth.

Ach tha thusa ag ràdh, anam bhochd : "ged bha e dhaibh-san ann cha'n'eil e dhomh-sa ann." Tha e dhuit-sa ann ; iarr thusa, agus gheibh thu e. Ciod e do chor-sa ? "Is e tha agam-sa peacadh uaigneach eadar Dia agus m'anam, nach d'fhuaire an saoghal a mach riamh." Tha do chor duilich ; is e tha agad-sa peacadh scàrlaid, ach iarr thusa e, oir tha e dhuit-se ann (Is. i. 18).

Tha mi a' cluinntinn neach eile ag ràdh : "Fhuair thu mach cor an fhir ud, ach cha'n fhaigh thu a mach mo chor-sa." Ciod e an cor a tha agad-sa ? "Is e tha agam-sa cruas cridhe, a ghnàth ag àicheadh Mhic Dhé." Tha do pheacadh-sa an-tromaichte. Is e tha agad-sa peacadh corcuir ; ach iarr thusa e, oir tha e dhuit-se ann an criosan-ceangail a' gheallaidh.

Tha mi cluinntinn neach eile ag ràdh : "f huair thu mach cor an dithis ud, ach cha d'fhuaire thu mach mo chor-sa." Ciod e an cor a tha agad-sa ? "Is ann a tha mise air mo shàrachadh le droch mhnaoi." A nis, a chuideachd, na smuainichibh gur h-aithne dhomh-sa sibh. Tha sibh uile 'nur coigrich dhomh-sa, agus mise dhuibh-se ; cha robh mise riamh 'nur measg. Ach cha do labhair mi

Criosan-Ceangail A' Gheallaidh

focal de'n fhìrinn riamh mur 'eil an duine aig a' bhòrd. A dhuine bhochd bi thusa ag ùrnuigh air a son. "Och is fad o'n la sin, ach cha'n'eil ise fàs ni's feàrr airson sin." Gidheadh lean thusa air an ùrnuigh, agus lean mar so: "Thighearna mur beannaich thu dhìse e, naomhaich dhomh-sa e."

Tha mi cluinntinn neach eile ag ràdh: "Cha'n fhaigh thu mach mo chor-sa." Ciod e do chor-sa? "Och is ann a tha mise air mo shàrachadh le m'aon leanabh a bhi marbh." "A dhuine bhochd, bi ag ùrnuigh air a shon; agus lean an urnuigh mar so: 'Thighearna, tha fhios agad féin nach d'iarr mise leanabh marbh ort, agus tha fhios agad mur toir thu féin beò e nach toir mise beò e.'" Tha mi cluinntinn neach eile ag ràdh: "Fhuair thu mach cor an fhir ud, ach cha'n fhaigh thu mach mo chor-sa." Ciod e do chor-sa? "Och, is ann tha mise air mo shàrachadh le seann phàranta liath air nach do shaothraich gràs riamh." Anam bhochd, tha do chor-sa ro-dhuilich, ach bi thusa ag ùrnuigh air a shon. "Och!" tha thu ag ràdh, "na h-ùrnuighean tha ann; ciod am feum a tha annta!" Ciod tha deanamh nan ùrnuighean rapach? Tha na smuaintean diomhain a bhios air an ais agus air an adhart an so (agus am fear-

Criosan-Ceangail A' Gheallaidh

teagaisg a' cur a làimh air a bhroilleach). Ach, anam bhochd, lean thusa air ùrnuigh, oir b' aithne dhuinn iad, an lorg na h-ùrnuigh, a thug Criod air ais o bhruaich an t-slavic air dhosan liath! Bha duine anns an taobh deas a lean a mach ann am peacadh na neòghlaine gus an robh e 'na sheann duine, agus thoilich an Tighearna gu'n do dhéilig gràs ris. Bha muinntir, an sin, a dh' fheòraich dheth cionnus a mhothaich e o'n àm 'san do dhéilig gràs ris. Ars' esan: "Bho 'n àm 'san do dhéilig gràs rium thug e air ais mo chridhe mar chridhe leinibh bhig." Lean thusa air ùrnuigh, agus cuiridh an ùrnuigh thu a steach air geata nam flaitheanais. "Ghràdhaich na h-òighean thu." "An i so an gheimhleag a thug thu nise dhomh an déidh dhuit a bhi o'n uair ud 'gam chur a steach air geata nam flaitheanais leis an ùrnuigh? N'am b'aithne dhuit mo chridhe is mi-chosmhuiil mo chridhe-sa ri cridhe nan òighean." Ach, anam bhochd, dean thusa air t-athais. N'am biodh tusa an sud an cùlaobh na h-eaglais, gun neach ann ach thu féin agus mi fhéin, agus gu'n innseadh tusa dhomh-sa do chor agus t' fhaireachdain féin, agus gu'n innsinn-sa mo chor agus m' fhaireachd-éain shin duit-se, ciod a theireadh tu an uair a dhealaicheadh tu rium? Theireadh: "Tha iong-

Criosan-Ceangail A' Gheallaidh

antas orm gu'n do ghabh iad an neach ud riamh
gu bhi 'na bhall de eaglais Dhé.

Ag iarraidh an Leanaibh ann am Betlehem.

Ann an searmon àraidh a rinn drùdhadh neo-chumanta air an t-sluagh chuir Mr Lachlann roimhe dhol a dh' iarraidh Iosa ann am Betlehem. Thainig fear-treòrachaидh comhla ris a thairig cuideachadh dha anns an t-sireadh. Cha deach an dithis fad air an turus mu'n do leig am fear-treòrachaидh a shùil air tigh robhrèagh nach robh fad as. "Is cinnteach," ars' esan, "gur e so an t-àite anns am faigh sinn e." "Thig, agus chi sinn," fhreagair am fear-treòrachaидh. Chaidh iad dh' ionnsuidh an aite-còmhnuidh bhreagh so, agus a' dideagaich tre'n uinneig, chunnaic iad buidheann 'nan suidh timchioll air bòrd-cluiche. O! tiugainn as, tiugainn as; cha bhi Iosa ann an so," ars' am fear-feòrachaидh. "Bha fhios agam air sin," fhreagair am fear-treòrachaидh, "ach, am feadh 'sa tha sinn air an t-slighe dh' àite eile leig leam innseadh dhuit ciod a thachras d'an chomunn a chunnaic sinn." Agus mar a thubhairt e, mar sin thachair dhaibh uile. "O! ma dh' fhaodta gu bheil e an so" ars' am fear-feòrachaидh 'se a' putadh a mheòir ri tigh

Criosan-Ceangail A' Gheallaidh

eile. "Thig, agus chì sinn," thubhairt am fear-treòrachaïdh a rithisd. Ràinig iad an tigh, ach bu ghann a rinn iad sin an uair a chual iad gàire tùchanach a' mhisgeir." "Cha'n fhaighear an so e," ars' am fear-feorachaïdh, a nis a' càll a mhisneachd. Bho thigh gu tigh chaïdh iad 'nan oidhirp, ach Iosa cha d' fhuair iad an aon diabh. Mu dheireadh thall, an déidh a mhisneachd a bhi uile air chùl, dh' fhag am fear-feòrachaïdh e féin gu h-iomlan gu stiùradh an fhir-threòrachaïdh, a thug e direach gu cùirt-chùil an tigh-òsda, agus a' sineadh a mheòir ri dorus an stàbuil thubhairt e ris : "Is ann an sin a gheibhear Iosa." "An sin !" ars' am fear-feòrachaïdh le sgàl an iongantais, "an sin, air cul a leithid sin de dhùn inneir ! 'se putadh ris an òtrach aig dòrus a' stàbuil. Thoisich am fear-treòrachaïdh air a bhi co-chur na bha e faicinn ri a staid pheacach agus a chionta mhòr, agus an sin thàinig crith-eagail air nach faigheadh neach cho peacach ris fhéin Iosa gu bràth. Ach reusanaich am fear-treòrachaïdh ris gus an d' thug e a chuis-eagail as an rathad. An déidh so thug e gu stairseach an stàbuil e, ach chuir an sealladh gràineil a choinnich a shùil 'san t-salachair a bha stigh stad air, agus dh'éigh e le uamhunn. "O ! is cinnteach nach bi Iosa ann a leithid so a

Criosan-Ceangail A' Gheallaidh

dh'aite." A' co-chur an t-seallaidh ri truaillidh-eachd a chridhe, bha eagal mòr air thaobh a chor, ach reusanaich am fear-treòrachaидh ris a rìthisd, agus thug e an cnap-starradh as an rathad. Ach air dha aínmhidhean a bha a stigh fhaicinn, agus an sitrich a chluinntinn bha eagal air imeachd a null chum na prasaich. An so chunnaic e mac-samhail cuilbheartan an nàmhaid na chridhe féin. "Na biodh eagal ort," ars' am fear-treòrachaидh. Rach a null gus a' phrasaich. Rinn e sin agus fadheóidh fhuair e an Leanabh Iosa paisgte am brat speilidh 'na laigh anns a' phrasaich. "Ann ad thoil ath-nuadhaicte féin," ars' am fear-treòrachaидh, "agus thu ag iarraidh Chriosd a tha air fhoillseachadh, agus air a thairgse 'san t-soisgeul, agus ma's aill leat dlùth ghabhail ris an dànochd threibhdhireach, gun amharus, gheibhear leat Iosa, fadheóidh, dh' aindeoin do chionta mhòr, truaillidh-eachd do bhith gu léir, agus do bhuiridhean ro theinteach."

Blas an t-salainn. Aig ceann Loch-carrainn tha tràigh mhòr, fhada, agus an uair théid am muir a mach bidh gaineamh na tràghad cho tioram agus gur gann a chreideas tu gu'n robh am muir riamh oirre, no gu'm bi e tuilleadh oirre. Gidheadh

Criosan-Ceangail A' Gheallaidh

coslas, dh' fhàg am muir a shaillteachd as a dhéidh. Blais thusa a' ghaineamh agus gheibh thu blas an t-salainn oirre. Is amhail sin dh'an anam bhochd air an d' fhiosraich Criosd. Bidh tu a' saoilsinn gu'n do thréig Criosd thu gu bràth agus nach d' fhàg e nì sam bith agad. Gidheadh cha d' fhàg an t-saillteachd t' anam. Cuir dearbhadh air a' chreidmheach agus gheibh thu a bhlas; agus a cheart cho cinnteach 's a bha muir làn ann roimhe, bidh muir làn ann fhathasd, agus cho cinnteach sin pillidh Criosd ris an anam bheò.

Creideamh beag. Bha duine còir bho faisg air Inbhirnis a b' àbhaist a bhi dol do'n òrdugh ann an Loch-Carrann. Aig ath-philleadh àm a' choman-achaidh bha e cho anfhann 'na chorp 's 'na chréideamh, agus lionn-dubh air a spiorad, 's nach robh ann na chuireadh aghaidh air na meadhonan. Chuir e a nighean a dh' aona-ghnothuich gu Loch-Carrann dh' innseadh a chor do Mhr. Lachlann. Rinn an nighean so, agus an uair a bha i fàgail a'bhaile aig crioch an òrduigh, cheangail a' ministear suas dà bhonn ann an oisinn neapaicin agus thug e so dhi, 'ga cur aig a' cheart àm fo chumha nach sealladh i ris na bha aice, gus an d' thug e an toiseach d'a h-athair. Choimhlion i a

Criosan-Ceangail A' Gheallaidh

cumha ann a bhi cur an neapaicin ann an làimh a h-athar mar fhuair i i. Dh'fhuasgail an duine còir an snaim, agus ciod a fhuair e ach bonn leth-chrùin, agus bonn-a-sìa. "Tha mi tuigsinn," ars' an duine brùite agus airsnealach : "tha iomhaigh an Righ air a' bhonn-a-sìa mar air a' leth-chrùn, agus bochd, truagh, mar tha mi faodaidh gu bheil copar gràis agam le seula Chriosd air. Tha mi an dòchas, uime sin, nach bi mi am measg an airgid nach fhiù." Bha an t-eallach air a thogail de inntinn air ball, agus fhuair e mòr chomhfhurtachd dha anam.

GLÒIR DHÉ

Leis an Urr. Dr RAONULL BÀN, a bha ann an Cill-tarlagan
aig Bòrd an Tighearna 'sa' bhliadhna 1816. Chaochail e
'sa' bhliadhna 1821.

THA sinn a' cluinntinn so air a ràdh, maille ri nithibh eile, mu Chriosd, le Spiorad na faidheadaireachd: "An nì nach d' thug mi leam, an sin is éiginn domh aiseag." Is e so glòir Dhé—an nì nach thug e air falbh, agus a thug e air ais. Is e so an cinne-daonna—an nì nach d' thug e air falbh, agus a thug e air ais. B'e an cinne-daonna na meirlich a rinn a' ghadachd air Dia—a spùill Dia d'a ghlòir, a spùill an saoghal d'a shonas, agus a lion e de dhoilghios, de anshocair, agus de thrioblaid. Sheas an diabhul suas mar tharbh fiadhaich, agus chleachd e gach uile dhìchioll chum Dia a spùilleadh d'a ghlòir, agus chleachd an cinne-daonna, mar an ceudna, gach uile dhìchioll chum Dia a spùilleadh d'a ghlòir. Is i a' chrìoch a bha aig Dia anns an cheud chruth-

Glòir Dhé

achadh, agus a' chrioch a bha aige, mar an ceudna, anns a' chruthachadh nuadh, a ghlòir. Is e an nì ris nach dealaich Dia gu bràth, a ghlòir. Gu a ràdh le urram naomh, cho fada 's is Dia e cha dhealaich e ri ghlòir. Tha fhios agam gu bheil ann an so iomadh de phobull Dhé, agus ma tha iad air bhi a bheag sam bith a dh' ùine ann an sgoil Chriosd, na'n cuirinn-sa a' cheist orra, cò aca as faisge dhaibh glòir Dhé no teàrnadh an anama, dh' éigheadh iad a mach: "Och glòir Dhé!" Ach, feuch! ciod an mhisneachd ata ann an so dhuit-se, anam bhochd, thruaigh, uair air bith a théid thu a ghearan ann ad ùrnuigh air do chor bochd, truaillidh, gràineil, salach—gu bheil teàrnadh t'anama air fhillleadh a steach ann an glòir Dhé. Is e so an nì a bha aig ceud għluasad agus ceud shuidheachadh a' chùmhaint a bha eadar an Trionaid o shiorruidheachd—gu'm biodh teàrnadh t'anama-sa air fhillleadh a steach ann an glòir Dhé. Tha Pol ag ràdh: "Co aca dh' itheas no dh'òlas sibh, no ge b'e nì a ni sibh, deanaibh na h-uile nithean chum glòire Dhé." An uair bhios tu ag itheadh pronraig arain, no ag òl deoch de'n uisge, biodh e chum glòire Dhé. An uair bhios tu a' caitheamh do theachd-an-tir—nì ata glè dhoilich labhairt air, agus glè dhoilich inns-

Gloir Dhé

eadh do chach a chéile—bi a' gabhail Chriosd gu saor o'n Athair, agus a' tabhairt air ais do'n Athair. Bi a' gabhail a thròcair mar thiodhlac saor uaithe, agus bi a' tabhairt na glòire rìs dha. (An so thug am ministeir seachad an cupan.) Ach feuch nach dean thu an gnothach le bloigh de Chriosd. Feuch nach 'eil thu ag ràdh: "na tha mise an éis anns a *bhanc* ni Criosd suas; a' chuid nach ruith mise de'n réis, ruithidh Criosd air mo shon; cuidichidh Criosd mi, nach bi a bheag sam bith agam féin r'a dheanamh?" Tha dleasnais agad féin r'an deanamh. Ach ma's maith leat-sa beatha, no beothalachd, a bhi agad chum nì maith spioradail sam bith a dheanamh, cum thusa do shùil air Criosd a' deanamh na h-oibre gu h-iomlan. Is e so a bheir an ceud għluasad dhuitse gu ni maith a dheanamh. Feuch nach bi thusa cosmhail ris a' mhuinntir a bhios ag ràdh nach 'eil feum air Criosd ach aig meadhon-aibh, agus aig òrduighibh, agus aig bòrd an Tighearna—a' deanamh air Criosd mar nithear air cota Sàbaid. Is coma leam co dhiubh an diadhachd ata mar chòta Sàbaid. Is iomadh dleasnas ata agad-sa ri dheanamh aig a' bhaile, mu'n teine, agus mu'n chlobha, airson am feum thu tuilleadh neirt o Chriosd na dh' fheumas tu

Gloir Dhé

aig bòrd an Tighearna. Chuala mise *nòt* o sheann Chriosdaidh àraidh, an uair a bha mi a' m' leanabh, agus bu mhòr an t-iongantas a chuir i orm an uair sin. Is iomadh là o sin a bha i feumail dhomh, agus cha dealaich mi gu bràth rithe: "Is iomadh dleasnas ata agad-sa r'a dheanamh aig a' bhaile mu'n teine, agus mu'n chlobha, airson am feum thu tuilleadh neirt o Chriosd na dh' fheumas tu aig bòrd an Tighearna. Ach feuch thusa do thaobh an fhreasdail dhoilich a bhios ad aghaidh, gu'n dean thu sacramaid deth an sin, agus gu'n dean thu bòrd an Tighearna deth an sin, agus gu'n toir thu glòir do'n Tighearna deth an sin."

Ceann-feadhna nam peacach. "Is fior an ràdh so, agus is airidh e air gach aon chor air gabhail ris, gu'n d' thàinig Iosa Criosd do'n t-saoghal a theàrnadh pheacach; d'am mise an ceud-fhear" (I Tim. i. 15). A Phoil, arsa Raonal Bàn, ciod a tha thu a' ciallachadh le a' bhi ag ràdh gur tusa ceann-feadhna nam peacach? A bheil thu a' ciallachadh, de na h-uile pheacach anns na h-uile linn, gur tusa an ceud-fhear? Ma tha, cha'n urrainn domh aontachadh leat, oir is peacach ni's mò na bha thusa riamh, Raonal

Glòir Dhé

Bàn. Ach a bheil thu a' ciallachadh, de na peacaich uile a bhios air an teàrnadh, gur tua an ceud-fhear? Ma 'se sin a tha thu ag ràdh, och! cha'n'eil dòchas ann do Raonal Bàn, oir is peacach e as mò fhathast. Ach ma tha thu a' ciallachadh, mar tha mi an dùil a tha, gu'n saoil gach peacach teàruinte e fhéin de na h-uile pheacach, an ceud-fhear, a nis tha dòchas ann do Raonal Bàn, agus tha thusa agus esan a dh' aon inntinn.

FEUCH UAN DÉ

Leis an Urr. AONGHAS McMHAOLAIN, a bha ann an
Arain, agus a chaochail 'sa' bhliadhna 1843

Feuch Uan Dé, a ta toirt air falbh peacaidh an t-saoghal!
—EÒIN i. 29.

ANN am fàidhdeireachd an fhàidh Esaias, bha e air a roimh-innseadh mu Eòin, gu biodh e 'na Roimh-ruithfhear aig Criod, 'na theachdaire dol roimh a ghnùis, a dh' ullachadh a shlighe; agus tha e soilleir, gu robh triall Eòin air thalamh co-fhreagarrach ris an fhàidhdeireachd a rinn Esaias mu thimhchioll. Bha ministreileachd Eòin de nàdur geur agus dùsgaidh, a bha treòrachadh a luchd-éisdeachd gu mothachadh air an cionta 's air an truaighe mar pheacaich, agus air an fheum a bha aca air Criod mar Shlànughear. Bha Eòin toileach e féin isleachadh, chum 's gu biodh Criod air àrdachadh, agus inntinn an t-sluaigh a tharruing o gach stéidh mhearrachdach, a dh' ionnsuidh an “aon bhunait a shuidhich

Feuch Uan Dé

Dia ann an Sion." 'S ann chum na crìche so a ghairm e air an t-sluagh a dh' ionnsuidh Chriosd, mar Uan Dé. Ann an labhairt o na briathraibh so, bheir mi fainear :

- I. Cuid de na h-aobharan, air sgàth a bheil Chriosd air a ghairm "Uan Dé."
- II. An dòigh anns a bheil e toirt air falbh peacaidh an t-saoghal.
- III. An dòigh anns a bheil e iomchuidh do pheacaich a bhi sealltuinn ris an Uan so.

I. *Cuid de na h-aobharan.* 1. Anns a' cheud àite, tha e air a ghairm "Uan Dé," do bhrìgh gu robh e air ullachadh, agus air àrach le Dia, air dòigh nach robh aon uan eile a bha riamh air thalamh. Bha an Tighearn Iosa Chriosd, cha'n e mhàin, maille ris an Athair o bhithbhuantachd, ach 'na Uan a bha ro-mheasal, ro-mhùirneach aig Dia—"a Mhac gràdhach." Ach bha an t-Uan so air òrdachadh 's air ullachadh gu bhi 'na iobairt réite, agus air iobradh, air costas Iehobhah an t-Athair. 2. Bha Chriosd air a choimeas ri uan, air sgàth co fior-ghlan, agus naomha, 's a bha e 'na ghuth, 'sna ghniomh, 'na chridhe, 'sna chaithe-beatha. Ged a bha e a' gabhail comhnuidh am measg pheacach, ag

Feuch Uan Dé

itheadh agus ag òl maille ri peacaich, agus air a chuáirteachadh le truaillidheachd an t-saoghal so o là gu là, gidheadh ann am buillsgean na truaillidheachd so, bhuanach e naomha 'na ghuth, 'sna ghniomh; choimhead se e féin gun smal o'n t-saoghal. 3. Bha Criod air a choimeas ri uan, air sgàth a chiùineas, a mhacantachd, agus fhoighidin fo gach masladh is àmhghar a dh' fhuiling e. Ach ciod mar a ghiùlain an Tighearn Iosa Criod e féin fo gach masladh agus àmhghar a dh' fhuiling e o a nàimhdean! 4. Bha Criod air a choimeas ri uan, do bhrìgh gu robh e air a roimh-chiallachadh, agus air a shamhlachadh leis na h-uain a bha air an toirt suas mar iobairtean fo'n lagh. Bha an t-uan càisg 'na shamhladh ro-fhreagarrach air Uan Dé, a thug e féin mar iobairt airson a phobuill, agus a rinn cuirm dhaibh de "nithibh blasda, agus làn de smior," air an iobairt a thug e suas; agus a tha cur an céill, gu bheil a' bheatha mhaireannach aig gach neach a dh' itheas de'n chuirm so.

II. *An dòigh anns a bheil e toirt air falbh.*

1. Tha gach seòrsa dhaoine, eadar Iudhaich agus Chinnich, air an deanamh nan luchd-compairt de thoradh na h-iobairt a thug Criod suas air a' chrann-cheusaидh. Is e Criod Slànuighear coit-

Feuch Uan Dé

chionn an t-saoghail, agus mar shlànuighear tha e leòir fhoghainteach a leasachadh gach uireasbhuidh, agus a leigheas gach truaighe a thug am peacadh air a chinne-daonna; agus tha gach seòrsa dhaoine, tha Iudhaich agus Cinnich, saor agus daor, fàilteach gu teachd d'a ionnsuidh, agus gu bhi gabhail de uisge na beatha gu saor.

2. Bha peacaidhean pobuill thaghta Dhé gu h-iomlan air am meas do Chriosd mar an urras, agus air an leagail air le Dia an t-Athair, chum 's gu'n d' thugadh e air falbh iad. Agus rinn e sin, mar rinn am boc-gaibhre a chaidh as le lochdan chloinn Israel gu léir air a cheann, an giùlan air falbh do'n fhàsach, gu ionad neo-àitichte, far nach cualas guth no sgeul am feasd tuilleadh mu'n timchioll—mar sin thug Criosd air falbh peacaidhean a phobuill gu tir na di-chuimhne, gu ionad anns nach cuimhnichear iad ni's mò. 3. Thug Criosd peacaidhean a phobuill air falbh, le peanas toillteanach a' pheacaidh fhublang 'na chorp, agus 'na anam féin, air a' chrann-cheusaiddh. Thug Dia air falbh peacaidh an t-saoghail, le buille thròm an smachdachaidd a thoill e, a leagail air aon ghin Mhic féin. Is ann tre'n dioladh a thug Criosd do cheartas Dhé, le fhublangasaibh agus le bhàs, a thug e air falbh

Feuch Uan Dé

peacaidh an t-saoghail. 4. Tha peacaidhean deisciobuil Chriosd air an toirt air falbh an uair a tha iad air am maitheadh dhaibh agus air an dubhadh a mach á leabhar cuimhne Dhé. Tha còir dhligheach aig gach fior iompachan air buanachd na saorsa a cheannaich Criosd air a shon. Tha Criosd fhathast a' toirt air falbh peacaidh an t-saoghail, a' giùlan air aghaidh obair na saorsa o linn gu linn, anns an eaglais. Tha e saoradh a phobuill o'm peacaidhean, an uair a tha iad air an ionnlaid, air am fireanachadh, air an naomhachadh, agus air an toirt gu sealbh air beatha mhaireannach. Ach is ann tre'n Spioraid Naomh a tha e a' giùlan air aghaidh na cuid so de obair na saorsa.

III. *An dòigh anns a bheil e iomchuidh.* Tha sinn air ar gairm gu bhi sealltuinn ris, tre chreidimh; oir cha'n'eil cothrom againn, anns an t-saoghal ata làthair, air fhaicinn air dòigh sam bith eile. Ma bha do chogais air a dùsgadh, O! a pheacaich gu mothachadh air do chionta, ma bha t-inntinn air a soillseachadh leis an Spiorad Naomha, ma bha sùil a' chreidimh air a fosgladh ann ad anam, thoir oidheirp air an t-sùil so a thionndadh a dh' ionnsuidh Chriosd.

I. Feuch Uan Dé air a lot, air a chur gu bàs,

Feuch Uan Dé

agus air iobradh suas air a' chrann-cheusaidh chum peacaidh an t-saoghal a thoirt air falbh.

2. Tha e iomchuidh dhuinn a bhi sealltuin ri Uan Dé le mòr iongantas O, faiceamaid, le mòr iongantas, Uan Dé air irioslachadh, agus air iobradh chum réite a dheanamh airson peacaidhean a shluagh! Dh' fhuiling e 'na anam 'sna chorp, 'na bhuill 'sna bhuaidhibh, 'na ainm agus 'na oifigibh, dh' fhuiling e o cheartas Dé, o naimhdeas dhaoine, agus o shaighidibh teinnteach ifrinn; dh' fhuiling e bàs maslach a' chroinn-cheusaidh,—seadh, chriochnaich e a thurus air talamh ann am fùrneis an àmhghair.

3. Tha e iomchuidh dhuinn a bhi sealltuinn ri Uan Dé le irioslachd agus bròn diadhaidh. Bha e, cha'n e mhàin eòlach air bròn, ach bha a bhròn romhòr, thug a bhròn barrachd air bròn gach neach eile bha riamh air thalamh (*Tuir.* i. 12). Ach is e dleasan as deisciobuil Chriosd comh-fhulangas a bhi aca r'am Maighstir ann a àmhgharaibh, a bhi bròn maille ris-san a bha ri bròn, a bhi sealltuinn ris-san a bha air a lot air an son, le irioslachd agus bròn diadhaidh. Is ann le bhi sealltuinn ri Criosd, le creideamh agus irioslachd, a tha co-chomunn aca maille ris ann a fhulangas, agus air an cur an coslas cruth r'a bhàs.

4. Tha

Feuch Uan Dé

e iomchuidh gu bitheamaid a sealltuinn ri Uan Dé, le mòr thaingealachd cridhe.

Is ann o fhior ghean-maith féin a dh' ullaich Dia an t-Uan a bha gu peacaidh an t-saoghal a thoirt air falbh. Tha fuil na h-iobairt a thug an Tighearn Iosa Criod suas, leòir-fhoghainteach chum am peacadh as truime dath a glanadh as, agus am peacach as mò a dheanamh réidh ri Dia. Ach cha'n'eil buannachd spioradail, no saorsa a cheannaich Criod, aig neach sam bith, co fhad 'sa tha e beò ann an gràdh, agus ann an cleachdad a' pheacaidh. Uime sin is e dleasanas an dream a fhuair eòlas spioradail air Criod, a bhi gu tric a' sealltuinn ris tre chreidimh. Thoir oidheirp, O, chreidmhich, air a bhi a' dlùthachadh gu tric ri crann-ceusaidh Chriod, agus a' sealltuinn ris an Uan a bha air iobradh, chum do pheacaidh a thoirt air falbh. A bheil thu fo mhothachadh geur air olc a' pheacaidh? Seall ri fuil Chriod, a tha glanadh o gach peacadh. A bheil thu fo agartas cogais, agus fo eagal feirg? Seall ris-san a dhoirt fhuil chum fearg Dhé a chosg, agus chum a chogais chiontach a glanadh o oibribh marbh. A bheil thu caoidh thar cruadhas do chridhe, thar truaillidheachd do nàduir? Seall ri lotaibh Chriod, o bheil ioc-shlaint a' sruthadh, chum

Feuch Uan Dé

an cridhe cruaidh a leaghadh, agus an t-anam
leòinte a leigheas. A bheil thu fo dhiobhail
misenich tre iomadh buaireadh? Seall ris-san a
tha a' guidhe nach diobradh do chreideamh thu,
agus gheibh thu spionnadh nuadh.

NA DEAN CRON ORT FÉIN

Leis an Dr IAIN DOMHNULLACH NA TÒISEACHD,
a chaochail 'sa' bhliadhna 1849.

*Agus ghlaodh Pol le guth àrd, ag ràdh.: Na dean cron sam
bith ort féin.—GNIOMH xvi. 28.*

BHA na briathran so air an labhairt le Pòl ri
fear-coimhead a' phriosain ann am Philipi.

Thaobh nam briathran o an do chuir mi
romham a bhi labhairt, tha sinn a' faicinn ciamar
bha iad a' laigh ri fear-coimhead a' phriosain, agus
ciod an nì àraidh a bha iad a' labhairt ris.
Faodaidh nach 'eil neach 'gam éisdeachd anns an
dearbh staid 'san robh esan aig an àm, no tha
air ti an dearbh ghniomh sin a dheanamh bha
esan gu a chiontachadh. Tha mi a' dùrachd a
bhi creidsinn nach 'eil; agus na'm biodh, tha na
briathran a' labhairt ris an neach sin, anns an t-
seadh as cudthromaiche. Gidheadh 'se m'eagal gu
bheil iomadh 'gam éisdeachd a tha deanamh croin
orra féin air iomadh dòigh eile; seadh, araon

Na Dean Cron Ort Féin

a thaobh an anama agus an cuirp, mar bheir sinn fainear an déidh so.

Na dean cron sam bith air do chorp, no do bheatha nàdurrach 'san t-saoghal so. Tha fhios aig na h-uile neach cho feumail 's a tha an t-anam d'an chorp, agus an corp, mar an ceudna, d'an anam. Ach ged tha an corp gu tric anfhann agus 'na eallach air an spiorad, ciod, gidheadh, dheanadh e 'san t-saoghal so d'a easbhuidh? Tha e an comain a shùilean, a chluasan, a làmhan, a chosan, seadh (agus cha'n iad bu chòir a bhi air dheireadh) a ghlùinean, anns a' bheatha spioradail. Maille ri so, thigeadh air pobull an Tighearna a chumail an cuimhne gu bheil an cuirp, cho maith r'an anamaibh air an ceannach le Criod. Seadh, is iad an cuirp earrann de chorp diomhair Chriod, agus teampuill an Spioraid Naoimh. Dh' ainmichinn a nis cuid de na dòighean anns a bheil daoine an cunnart a bhi a' deanamh croin orra féin, 'se sin, air an cuirp, no am beatha nàdurrach.

i. Tha iadsan 'ga dheanamh a tha cumail o'n chorp *sin a tha feumail air a shon*. Tha cuid aig a bheil meadhonan gu leòir gu an cumail suas, ach aig nach 'eil cridhe a bhulicheas iad orra féin, no air an co-chreutairibh. Tha an cridheachan

Na Dean Cron Ort Féin

ceangailt ri an cuid òir is airgid. Na daoine truagha! Ciod a ni an cuid airgid is òir dhaibh aig uair a bhàis? Tha iadsan, gun teagamh, a' deanamh cron mòr orra féin. Tha cuid eile tre leisg is lunndaireachd, agus anacail gu oibir, nach saoraich mar bhuineadh dhaibh airson an arain lathail, agus an lòin, 'san éididh a dh'fheumas an cuirp. Is ma ghabhas iad obair aig àm air bith os làimh, ciod tha annta ach snàig-eirean, no seilcheigean 'na ceann. Tha iad féin 'san clann gun bhiadh, gun eudach. Cha'n'eil na meadhonan aca; ach is e an coire fhéin a tha ann, agus coire chuireas Dia ri an cunntas luath no mall. Na biodh anam a tha air ainm-eachadh air Criod ciontach as a' mхи-chliù so.

Tha cuid eile, agus tha iad a' cosnadh, ach a' caitheamh na choisneas iad air an òl. Cha luaithe a gheibh iad am pàigheadh latha no seachduin, no sud do'n tigh òsd iad leis, gus an òl iad a' pheighinn dheireanach dheth, biodh iad féin 'san teaghlaichean a' trasgadh an sud fad na seachduin. Na daoine truagha! Tha iad a' deanamh croin orra féin, agus air na creutairibh a dh'earb Dia riu air iomadh dòigh. Tha iad so a' deanamh croin dubailte dhaibh féin—cron ann a bhi cumail o'n chorpa na nithean a tha feumail air a shon, agus

Na Dean Cron Ort Féin

cron ann bhi milleadh am maoin air mhodh a tha calldach araon d'an anam 's d'an chorp. O! smuainicheadh iad so ciod tha iad a' deanamh. Cuimhnicheadh iad ciod an cron tha iad a' deanamh orra féin, agus nach 'eil oidhche Shathuirn no Shabaid, no oidhche no là eile, a bhuilich iad air an òl, nach labhair fathast 'nan aghaidh, agus nach bi searbh dhaibh. O nach gabhadh luchd na misg rabhadh o so. Agus a thuilleadh air so, agus air na h-uile truaighe eile tha leantainn a' pheacaidh so air thalamh, nach cuimhnicheadh iad gu bheil coinneachadh aca ri thabhairt do Dhia anns a' bhreitheanas, far—an àit a' chupain leis an robh iad a' riarrachadh am miann shalaich 'san t-saoghal so—an cuir e cupan de fhion dearg neomheasgaichte a chorruich 'nan làmhaibh, nach òl iad a mach tre shaoghal nan saoghal! Ach mo thruaighe, gu bheil cuid an déidh sin uile, agus gur fearr leo an cunnart a ghabhail de na h-uile nì tha rompa, no an deoch a thoirt thairis! Cosmhuil ri duine air a bheil iomradh againn ann an eachdraidh bha call a radharc leis an deoch, agus a chuir a chomhairle ri leighich ainmeil a bha 'san àit; agus air do'n leighich a ràdh ris, "Ma's àill leat an solus a mhealtuinn thoir thairis an deoch," 'se thubhaint e: "Slàn leat, ma seadh,

Na Dean Cron Ort Féin

a sholuis aoibhnich." Mar sin tha iomadh ag ràdh le an gniomhairibh, ged nach abair iad ann am briathraibh e: "Slàn leat a Chriosd! Slàn leat, a Spioraid Naoimh! Slàn leat, a sholuis agus a shonais shiorruidh! Thugar dhuinne an deoch. Itheamaid, òlamaid, bitheamaid subhach, oir am maireach gheibh sinn bàs!" O! a dhaoine truagh, cluinnibh aon uair fathast guth an Tighearna leis nach àill 'ur dol am mugha, agus a tha ag ràdh ris gach anam air leth agaibh, *na dean cron ort féin.*

Tha an Tighearn anns na briathraibh so, gun teagamh, a labhairt ruinn a thaobh ar *n-anaman* neo-bhàsmhoir, agus a' toirm easg dhuinn cron air bith a dheanamh orra-san. Ach gidheadh sin tha daoine a' deanamh crqn air an anamaibh, agus mar sin a' dol an aghaidh àithne is ughdarrais Dhé anns na briathraibh so. Tha daoine a' deanamh sin ann an trì dòighean agus 'ga dheanamh (mur bi iad air am bacadh tràth), gu milleadh siorruidh féin.

1. *Anns a' cheud àit.* Tha daoine a' deanamh cron air an anamaibh le a' bhi dol air an adhart agus a' buanachadh anns am pheacadh. Tha an t-anam ann an staid chaillte. Is e claidheamh darireadh tha 'sam pheacadh, a tha an duine a'

Na Dean Cron Ort Féin

sàthadh ni 's faide agus ni's faide a steach gu anam leis a h-uile ceum a tha e dol air adhart 'san staid sin, no peacadh tha e a' cur an gniomh. Mar so tha e dol air adhart ann an obair uamhasach an *fhéin-mhoirt*. O, nach creideadh peacach so, a tha dol air adhart gu dàna anns a' pheacadh! Creid e, fhir na misge; creid e, fhir nam mionnan; creid e, fhir na neo-ghlainne, creid e, fhir brisidh na sàbaid; creid e, thusa, cia b'e air bith thu, a tha beò ann am peacadh air bith, 's a' gabhail tlachd no toil-inntinn ann.

2. '*San dara àit*. Tha iad a' deanamh cron air an anamaibh féin, a tha beò ann am *mì-chùram* mu'n timchioll. Duisgibh; biodh eagal oirbh roimh 'ur *mì-chùram* is bhur fois. Is iad so cunnart as mò no na h-uile cunnart eile tha co-cheangailte ri 'ur staid. Ma sguabas a' phlàigh leatha sibh, anns an staid a bheil sibh, cha chuir siorruidheachd an céill bhur truaighe. Is truagh iad a choidleas fuidhpe! Is truagh iad a choidleas a mach i! Uime sin deir an Tighearna, Mosgail thusa tha ad chodal, agus éirich o na mairbh, agus bheir Criod solus duit (*Ephes.* v. 14).

3. '*San treas àit*. Tha daoine a' deanamh croin, agus mòr chron, air an anamaibh le bhi *diùltadh na slàinte*, agus *an rathaid leigheis* a dh'

Na Dean Cron Ort Féin

ullaich Dia air an son. Is i so an t-slàinte a dh' ullaich Dia airson nam peacach : slàinte tre fhuil a Mhic féin ! Slàinte iomlan ; slàinte shìorruidh ! O, nach gabhamaid iongantas, nach biomaid bàithte ann an iongantas ris a' ghràdh sin ann an Dia a dh' ullaich a leithid so a Shlànuighear, is o'n d'éirich a leithid so a shlàinte—gràdh air nach 'eil tomhas, ach glòir Pearsa Chriosd, agus toillteanas neo-chriochnach na fola a dhoirt e ! "Oir is ann mar so a ghràdhaich Dia an saoghal—gu'n d' thug e aon-ghin Mhic féin" (*Eoin*, iii. 16).

Agus tha an t-slàinte so air a taigse dhuinn le Dia anns an t-soisgeil—air a taigse gu saor, gun airgiod, gun luach—air a taigse do na h-uile gun eadar-dhealachadh sam bith air a bhi air a dheanamh—air a taigse do na h-uile mar pheacaich ; seadh, do na peacaich as mò a tha mach á ifrinn (Faic *Is.* i. 18, agus lv. 1-3)—cha 'n e sin a mhàin ach tha Dia 'gar gairm gu gabhail rithe, agus gabhail rithe tre chreideamh ; 'se sin, tre bhi creidsinn teisteis Dhé 'na fhocal d'a taobh ; a' creidsinn gur esan a tha labhairt, gu bheil e labhairt ruinne, agus a' nochdadhbh Chriosd a mach dhuinn, agus uile bheannachdan na slàinte annsan ; seadh, gu bheil e ag àithne dhuinn creidsinn 'na Mhac, air chor as nach urrainn duinn esan a

Na Dean Cron Ort Féin

dhiùltadh gun a bhi deanamh tarcuis air tiodhlac do-labhairt Dhé, agus a bhi ciontach a eas-ùmhachd dha. Tha na nithean so air an cumail a mach dhuinn cho soilleir air feadh na firinn, is gur gann gu bheil feum air mi a dh' ainmeachadh earrannan fa leth a chum a bhi 'gan daingneachadh dhuibh. Ach feudaidh sibh seall-tainn ri *Eoin* iii. 14-18, 36; i *Tes.* ii. 13; i *Eoin* iii. 23.

Ach nach lionmhor iad a tha a' diùltadh CHRIOSD; a' diùltadh an Leighiche 'san leighis le chéile? Nach 'eil a' chuid mhòr de luchd-eisdeachd an t-soisgeil ann ar là ciontach as a' pheacadh uamhasach so, am peacadh damnaidh os cionn gach uile pheacadh eile! Tha cuid 'ga dhiùltadh le bhi saoilsinn nach 'eil an galar cho domhain, no cho cunnartach 'sa tha cuid a' cumail a mach, agus uime sin nach 'eil mòr fheum aca air an Leighich—cuid eile, le an ceangal ri peacadh—cuid eile, le an cridhe a bhi 'san t-saoghal—cuid eile, le spiorad na féin-fhireantachd—agus cuid eile, le a bhi fantuinn gus am faigh siad iad féin ni's iomchuidh airson Chriosd. Tha a bhreitheanais am muigh. Tha an t-slat air a leagail oirnn. Agus mur bi an tuilleadh meas air a chur leinne air an tiodhlac do-labhairt, tha aobhar a bhi

Na Dean Cron Ort Féin

creidsinn gu'n sgiùrs e ni's gèire agus ni's gèire sinn. O, tuigeamaid, uime sin, ar ciont is ar dleasanas, fo fhreasdal ghruamach so leis a bheil Dia 'gar fiosrachadh.

Tha tràcair Dhé ann an Criod, a ghràdh siorruidh do shaoghal cailte; tha fuil a' chrathaidh, tha an Spiorad Naomh, tha uile mheadhonan nan gràs, mar gu'm b'ann le aon ghuth, ag ràdh riut-sa a tha diùltadh Chriosd: "Tha sinn uile an so." "Tha sinn an so," mar gu'n abradh iad, "a' feitheamh chum a bhi gràsmhor dhuit, a' feitheamh gu do shaoradh, gu do naomhachadh is gu do bheannachadh le sonas siorruidh." O, smuainich ciod iad na h-aoidhean glòirmhor tha mar so aig do dhorus! Gabh riu! Na cuir air falbh iad!

SGRIOBHAIDHEAN TAGHTA

Leis an Dr TORMOID MACLEòID ("Caraid Nan Gaidheal"),
a chaochail 'sa' bhliadhna 1862.

Uile làthaireachd Dhé. Tha an Dia uile-chumhachdach lathaireach anns gach àite. Tha e aig mo dheas-làimh ; tha e fada air falbh ; tha e a' lionadh an t-saoghal mu'n iadh a' ghrian. Ann an so tha neòinein na machrach a' fàs, agus tha esan ann an so maraon ; shuas os mo cheann tha a' ghrian a' dealradh, agus tha esan ann an sin mar an ceudna. Tha e 'san oiteig chiùin, tha e 'san doininn ghairbh ; anns an t-solus agus anns an dorchadas ; anns an neon i as faoine, agus anns an t-saoghal mhòr. Tha e 'sa' ghleann iosal so ; tha a làthaireachd air mullach nam beann ; 'san uaigneas as sàmhlaiche 'san eilean fhàs, agus anns a' bhaile mhòr. Eisdidh e mo ghuth fann-sa, mar a dh' éisdeas e ri co-sheirm nan aingeal a tha le'n clàrsaichibh òir mu'n cuairt d'a chathair rioghail.

Sgriobhaidhean Taghta

'Se Dia nan àrd-aingeal e, agus is e mo Dhia-sa e. Eisdidh e ruinn le chéile, agus bheir e éisdeachd, mar an ceudna, do cheòl na h-uiseige, agus do shrann an t-seillein ag iadhadh mu na blàthaibh maoth. O! Thusa a Dhé uile-làthaireach ! éisd rium agus freagair mo ghuth ; na ceadaich dhomhsa gu bràth a dhi-chuimhneachadh gu bheil mi fo bheachd do shùla, anns gach àite agus air gach àm. Cuidich leam mi féin a ghiulan mar ann ad làthair ; chum agus an uair a ghairmear mi, le coimhthional an t-saoghal gu léir fa chomhair mo Bhreitheimh, nach h-éiginn domh teicheadh o làthaireachd an Tì as àirde.

Neo-bhàsmhorachd. Chunnaic mi am blàth a' seargadh air a' phreas, le dhuilleagaibh bòidheach sgapta air an lèar. Dh' amhairc mi rithist : thog e cheann as ùr ; bhruchd a mach am maothan òg 'na bhàrr ; thàinig fhaileadh cùbhraidih orm ann an uchd na gaoithe.

Chunnaic mi a' ghrian a dol fodha 'san iar agus neòil chiar-dhubh na h-oidhche a' sgaoileadh mu'n t-saoghal : cha robh dath, no dealbh, no àilleachd, no ceòl ; ach an aon duibhre dhorcha a tuineachadh mu'n cuairt. Dh' amhairc mi ; dh' eirich a' ghrian a ris 'san ear ann an àilleachd a neirt, a' sgaoileadh a gathan òr-bhuidh air àirde nam

Sgriobhaidhean Taghta

beann ; á neadan còinnich dh' éirich an riabhag a chur fàilte oirre, agus theich an oidhche 'na ciarimeachd air falbh. Chunnaic mi an durrag air teachd gu làn-mheudachd : dh' fhàs i fann ; dhiùlt i lòn ; shniomh i uaigh dh' i féin, agus chunnaic mi i air a righe 'na léine-bhàis shioda ; laigh i gun chosan, no dealbh, no lùth, no comas gluasaid—Dh' amhairc mi rìs : bhris i cuibhreach a' bhàis ; thàinig i beò as ùr ; air a sgiathairbh dearg-bhreac àillidh ghabh i mach air blàs chéitein na gaoithe ; rinn i gàirdeachas 'na h-ur-bheatha.

'S amhuil so a thachras dhuit-se, O dhuine !—mar so ath-ùraichead do bheath-sa. Cinnidh àilleachd as an ùir, agus beatha as an duslach. Tamul beag, agus laighidh tu fo'n fhòid, mar laigheas an siol 'san fhonn ; ach togar thu 'na dhéidh so, agus a chaoidh cha bhàsaich thu.

Cò esan a tha teachd a bhriseadh cuibhreach na h-uaighe, a dhùsgadh nam mairbh, agus a chruinneachadh a mhuinntir shaorta féin o cheithir àirdibh an domhain ? Tha e tùirling air neul lasrach ; tha fuaim na gall-truimp a' dol roimhe ; tha milte de ainglibh air a dheas làimh, —'se Iosa Mac Dhé ata ann, Fear-saoraidh a' chinne-dhaonna ; caraid nan ionracan. Tha e

Sgriobhaidhean Taghta

teachd ann an glòir 'Athar; fhuair e cumhachd o'n àirde.

A mhic na neo-bhàsmhorachd, na bi fo bhròn! oir tha am milltear, am milltear an-iochdmhor a thug sgrios air oibre Dhé, air a cheannsachadh. Thug Iosa buaidh air a' bhàs. A mhic na neo-bhàsmhorachd na bi ni's faide fo bhròn!

An Oighreachd as luachmhoire. Bha duine uasal àraidh a bha ro uaibhreach mu chuid fearainn. Thachair do charaid diadhaidh a bha air aoidheachd 'na thigh, bhi mach maille ris air mullach àrd, o'n robh sealladh maith aige air an dùthaich mu'n cuairt. Thoisich e air farsuingeachd na h-oighreachd leigeil ris da. "Sud," deir esan, is e sineadh a mach a làimhe, "criochan mo chuid fearainn-sa; agus seall chum na h-àird ud eile, an léir dhuit na tighean ud? is leam-sa am baile sin mar an ceudna; agus tionndaidh do shùil chum na h-àirde so, innis domh am faic thu an aitreabh ùr ud a tha iad a' togail?" "Chì," deir am fear eile, "gu beachdaidh." "Buinidh sin dhomh-sa cuideachd." "Amhairc thusa nis," thubhaint a charaid ris, "mar a stiùireas mise do shùil-sa. An léir dhuit am bothan beag iosal ud aig iomall a' bhaile ud thall?" "Is léir gu soilleir; dé dheth sin?"

Sgriobhaidhean Taghta

“Thà” deir a charaid, “a chionn gu bheil boirionnach bochd anns a’ bhothan ud, is urrainn barrachd a ràdh mu a saoibhreas, na thubhairt thusa fhathast.” “An ann da rìreadh a tha thu,” thubhairt esan, “cionnus a dh’ fheudas sin a bhith?” “Tha, chionn gu’m feud ise a ràdh, *Is leam-sa Criod.*” Thionndaidh am fear eile air falbh fo làire, agus cha d’ thug e iomradh tuillidh air farsuingeachd ’oighreachd, am fad is a dh’ fhuirich a charaid maille ris.

Mu bhàs Chriosd. B’i so an uair a bha ro-chomharaichte le iongantasaibh air nèamh, agus air talamh. Bha obair lànduir air fad ’ga comh-mhothachadh; agus thug na beothaibh agus na mairbh comh-fhianuis air meud a’ ghniomh. Reubadh brat-roinn an teampuill ’na dha bhloigh. Chriothnaich an talamh. Bha dorchadas air an domhan uile. Dh’ fhosgladh na h-uaighean, agus dh’ éirich mòran a bha ’nan codal, agus chaidh iad a steach do’n Bhaile Naomh. Cha b’iad sin a mhàin mòr-iongantais na h-uaire uamhannaich so. Thug am breitheamh a dhit e fianuis fhollaiseach air a neo-chiontais. Thug an ceanard-ceud Romanach, a bha ceann an airm, a bha freiceadan aig àm a bhàis, gloir do Dhia, agus dh’ aidich e gu’n robh esan a bha

Sgriobhaidhean Taghta

fulang os cionn bhi na dhuine. Eadhon a mhòr-chuideachd a thàinig a mach a dh' fhaicinn, mar gu'm b'e bh'ann iongantas coitchionn, agus a thoisich ri labhairt ris gu spideil, tàireil, phill iad dhachaidh, a' bualadh an uchd, agus dh' asluich a' mort-fhear Iudhach a dheagh-ghean.

B'i so an uair 'san d' thug Criosd làn-dioladh seachad air son peacaidh a' chinne-dhaonna, 'sa choimhlion e ar saorsa shiorruidh. B'i sin an uair 'san robh an iobairt mhòr air a toirt suas, a tha a h-éifeachd a' drùdhadh air ais gu ceud chionta an duine, is a' ruigheachd air aghaidh gus nach bi ùine ann ni's mò; an uair 'san robh an fhuil a' taosgadh o'n chrann-cheusaidh, mar o àrd àltair, a dh' ionnlaid air falbh cionta nan cinneach.

Anns an uair so bha gach fàisneachd, taisbean, agus samhail, air an coimhlionadh. B'e so an cuspair comhalachaiddh aig an iomlan diubh. Tha sibh a' faicinn an Lagh agus na Fàidhean 'nan seasamh, ma dh' fhaodar a ràdh, aig bun a' chroinn-cheusaidh, a deanamh umhlachd. Tha sibh a' faicinn Maois agus Aaron a' giulain àirc a' choimhcheangail; Daibhidh agus Eliah a' taisbeanadh oraicle na fianuis. Tha sibh a' faicinn gach sagart agus iobairt, gach deas-ghnàth

Sgriobhaidhean Taghta

agus òrdugh, gach samhail agus riaghaitt creidimh, air an co-chruinneachadh an ceann a chéile chum an coimhlionadh. 'San cheart uair a chaith a cheusadh, chaith an leabhar leis na seachd glasan fhosgladh. Nochdadh bladh gach deas-ghnàth; thàinig gach fàisneachd gu crìch; agus dh' fhoillsich gach samhail a bhrigh.

Sgàile creige móire—Isai. xxxii. 2. Feuch a' Charraig a bhuaileadh airson pheacach, agus as an do bhrùchd an tuisge beò! O! an samhladh beannaichte air an t-sruth phriseil sin a tha a' ruith anns gach linn, do gach fine agus sluagh fo nèamh; agus nach ris-san, a tha air a thurus gu Sion, gus an téid e fa dheòidh thairis air Iordan, agus an seas e air cladach sèimh a' Chanàain shuas, far an cinn an sruth so 'na h-abhainn mhòir, a' sruthadh o chathair Dhé agus an Uain. Tha an tobar naomh so, a dh' fhosgladh ann an tigh Dhaibhidh cosmuil, 'na bhuidhean ri lochan Bhetesda; ge b'e neach a dh'ionnlaiseas e féin ann, bithidh e air a leigheas o gach eucaill a bha air: O! gach neach air a bheil tart, thigibh chum sruthan nan uisge beò! As a' so faodaidh sibh òl a nasgaidh chum near̄t agus càil fhaotainn gu dol air 'ur n-adhart 'n'ur turus do nèamh. An robh Ionah toilichte leis an luibh-sgàil' a dhion

Sgriobhaidhean Taghta

e car tamuil o'n teas? An robh sluagh Israel taingeil airson an uisge a bhrùchd a mach a' carraig Horeib? Agus an e nach bi sinne taingeil do Dhia airson a thabhartais do-labhairt ann am Mac a ghràidh a chur e dh' ionnsuidh an t-saoghal a thèarnadh a phobuill o dhoinionn na feirge a tha ri teachd, agus a tha 'na ionad-dion, agus 'na fhasgadh o ghaothan loisgeach a' cheartais sin a bha an tòir oirnn? Nar leigeadh Dia nach bi! O! a Spioraid buadhdmhoir nan gràs, treòraich sinn chum na Carraige as àirde na sinn féin! Dh' iarramaid suidhe ann am fasgadh a' chroinn-cheusaidh le irioslachd, le làn-earbsa, le taingealachd agus gràdh.

AN TIODHLAC DO-LABHAIRT

Leis an Urr. GILLEASBUG COOK, a bha ann an Deimhidh,
agus a chaochail 'sa' bhliadhna 1865.

*Buidheachas do Dhia air son a thiodhlaic do-labhairt.—
2 COR. ix. 15.*

AN d' fhuair thusa cridhe do phobull Dhé? Ma fhuair, 'se sin toradh bàis Chriosd, agus tha aobhar agadsa a bhi moladh Dhé air a shon; chosd sin mòran do Chriosd—do chridhe-sa a bhi air fhosgladh, chosd sin dhà-san, a dhol troimh fhearg Dhé; agus an t-anam a fhuair e, tha aobhar aige bhi meòrachadh air na briathraibh sin, "Buidheachas do Dhia air son a thiodhlaic do-labhairt." Ann a bhi labhairt o'n earrainn so, tha sinn a' rùnachadh, réir mar bhios comas air a thabhairt: I. Bhi nochdadh ni éiginn de'n tiodhlac do-labhairt. II. Tearc de na beannachdan a tha sruthadh o'n tiodhlac so. III. Gu bheil aig an anam a fhuair aithne air an tiodhlac so, spiorad eile na tha anns an t-saoghal; spiorad taingealachd "do Dhia air son a thiodhlaic do-labhairt."

An Tiadhlaic Do-labhairt

I. Ciod e an t-aobhar taingealachd ata an sin : a chranncur a bhi aig neach anns an àit anns a bheil luaidh air bàs Chriosd ? Agus far nach 'eil an taingealachd so, cha'n iongantach ged tha fearg Dhé a' gabhail còmhnuidh air an anam.

Tha nàdur glòir Dhé ag agairt damnaidh a' pheacaich. Bha gaol anns a' Chruithfhear do anamaibh, ach bha gaol ann d'a ghlòir féin cuideachd, agus cha robh nì a chuireadh dion air a ghlòir, ach bàs a' pheacaich ; no éirig air son peacaidh. "As eugmhais dòrtaidh fola cha'n'eil maitheanas r'a fhaotainn." Nis cha deanadh na bha dh' fhuil air nèamh no air thalamh an éirig so a thabhairt. Agus an t-anam a chunnaic sin, an iongantach ged bhiodh aig a nis, "Buidheachas do Dhia air son a thiodhlaic do-labhairt."

Thusa nach d' fhuair thu féin 'na do pheacach, ciod a chunnaic thu ann an Criosd ? Tha e dhuit "mar fhreumh a' talamh tioram." Ach thàinig binn a' bhàis a mach air an duine an là a pheacaich e, agus cha bu chomasach Dia, comh-sheasmhach r'a ghlòir, sin atharrachadh, "as eugmhais dòrtaidh fola." Ann an so cha bu chomasach an t-anam nì air bith a dheanamh air a shon féin—Anaim ! thoir an aire, an ann ri bàs Chriosd, no an ann ri d'ùrnuighean tha thu ag amharc ; faic ! cha

An Tiodhlac Do-labhairt

deanadh ùrnuigh Mhic Dhé a' bhinn so a thogail ; b' éiginn gu'n dòirteadh e mach anam gu bàs. "O ! m' Athair, ma's comasach e, rachadh an cupan so seachad orm." O ! cha'n fheudadh e bhi, gu biodh aon anam air a theàrnadh mur òladh se e ; oir ged bhiodh an t-anam a' fulang troimh an t-siorruidheachd cha riaraicheadh e ceartas Dhé ; 's ann mar sin a theirear ris, "an slochd gun ghrùnnnd," do bhrìgh nach riaraich an t-anam ceartas gu siorruidh. O ! an t-anam a bhi troimh an t-siorruidheachd a' bàsachadh, agus cha'n fhaigh e bàs. O ! is uamhasach bàs an anama ! Tha e uamhasach 'san t-saoghal fhéin.

Bha call nan uile nithean air a ghabhail a steach anns a' chall a thàinig air an duine, agus mur bhiodh mar sheas Criod a steach, cha bhiodh aon chomhfhurtachd anns a' chruitheadh do 'n duine—cha bhiodh boinne drùchd o nèamh, agus ged bhios an saoghal so caillte gu siorruidh, tha iad an so a' sealbhachadh toradh bàis Chriosd. O ! anaim ! ged nach biodh anns an teàrnadh ach a bhi mach á cuideachd spioradañ agus anaman caillte, cha bu bheag e.

Gu'm biodh Eadar-mheadhonair air a chomharachadh air son teàrnadh pheacach, 's ann o Dhia a shruth e—gu 'm biodh Fear-saoraidh air a

An Tiodhlac Do-labhairt

chomharachadh air son pheacach, 'se bha ann nì a bha os cionn na b' urrainn ainglean a ghabhail a steach. Bha cuid a chreutairean air an cuir air leth o shiorruidheachd anns am biodh e a' foill-seachadh a mach "ard-uachdararanachd," agus "bha a thlachd maille" riu. Cionnus a bha tlachd aig annta? Direach b'iad na meadhonan leis an robh e gu bhi toirt mu'n cuairt a rùn shiorruidh, a dh'àrdaicheas a ghlòir féin, mar sin bha e a' deanamh gàirdeachas ag amharc air na h-àitean anns an robh iad gu bhi gabhail còmhnuidh.

II. An Tiodhlac: Is e sin nì saor; ma bheir thu féin tiodhlac air bith, cha'n'eil thu ag amharc air son pàighidh; cha robh ni aig an duine bheireadh e do Dhia. Is ann a bha bith naimhdeis an aghaidh Dhé anns an duine. Nis cha robh so foluichte o Dhia, gidheadh 'se chainnt ri peacaich; "seallaidh rium-sa agus bithibh air 'ur teàrnadh, uile iomalla na talmhainn, oir is mise Dia"; "Feuch uan Dé a tha toirt air falbh peacaidh an t-saoghail." Chunnaic cuid e, agus seallaidh muinntir eile fathast ris, agus anaim bhochd! ma rinn e peacach cailte dhiossa cha'n iongantach ged bhiodh an sealladh ud milis dhuit,—cha'n iongantach ged bhriseadh tu a

An Tiodhlac Do-labhairt

mach ann a leithid de chainnt is, “buidheachas do Dhia air son a thiodhlaic do-labhairt.” Tha an tiodhlac so a’ toilltinn sonas siorruidh d’ an anam. Ghabh Dia ri ùmhlaich agus bàs Chriosd mar éirig air son anaman. Is e féin a thubhairt, “saor e o dhol sios do’n t-slochd; fhuair mi éirig.” Nochdaidh glòir gu’n do ghabh Dia ri bàs Chriosd an àite pheacach; agus cha’n’eil anam air fhuasgladh o chumhachd peacaidh nach ’eil na dhearbhachd air gu’n do ghabh Dia ri bàs Chriosd airson an anama sin—’se ceartas a tha teàrnadh, cha’n e tràcair—’s e th’ann “Dia ceart, agus Fear-saoraidh.” Bha òirdheirceas ann am bàs Chriosd, a fhreagair glòir Dhé air son peacaidh. O! na h-ionmhasan a fhuair ceartas ann an cuan ’oirdheirceis o’n robh osnaidhean Chriosd a’ sruthadh. Bha ann am bàs Chriosd nì anns an robh gaol do’n Mhòrachd a’ dealradh,—gaol d’a ghlòir; sheas Criod sreang-thomhais ceartais; agus sheas e cothromaicheadh an “ionaid naoimh,” gus am bu chomasach do Dhia a ràdh: “Saor o dhol sios do’n t-slochd; fhuair mi éirig.” Bha nithean ann an Criod a dh’ fhosgail e anns an t-saoghal a bha iongantach milis do chuspairean a ghaoil. Tha òirdheirceas neo-chruthaichte ’na nàduir

An Tiodhlac Do-labhairt

a tha os cionn cainnt chreutairean. Tha gaol eadar pearsachan na Trionaid, agus dh' fhaodamaind a ràdh gu bheil dà ghaol ann an Dia do'n Fhear-shaoraidh — gaol dha mar an t-Eadar-mheadhonair, agus gaol dha a nàduir féin — dha òirdheirceas. O ! an tiodhlac do-labhairt ! Na'n toireadh Dia na h-uile nì air nèamh agus air thalamh air son aon anam, nach biodh sin iongantach ? Ach ciod iad na nithean sin uile ann an coimeas ris a' Mhac Shìorruidh ! O ! an ifrinn a tha feitheamh ort-sa nach dealaich ri aon pheacadh air a shon ! Is maisiche an tiodhlac na clann nan daoine. 'Se mhaise so an iomhaigh a chaill an duine an uair a pheacaich e. Ach ged chaill an duine an iomhaigh cha robh an iomaigh caillte. Bha i air a tional a steach anns an Eadar-mheadhonair, agus gheibh bochdan a' chùmhnnant i ann an Criosd. Compairtichidh e riu as na h-ionmhasan neo-chriochnaichte a bha ann féin o shìorruidheachd. O ! ciod e bhios aig na naoimh ann an glòir ? Ach cha bhi nì aca, ach nì air an d' fhuair iad blasad ann an so, agus 'se bhi toirt blasad d'a shluagh féin air so 'san t-saoghal cuid dhe 'n "aoibhneas a chuireadh roimhe." 'Nuair a sheallas sinn air mar ghiùlain

An Tiodhlac Do-labhairt

e leis an duine—mar bha e bròn maille ris an duine; nise bha so ann fhéin o shiorruidheachd, ach ghabh e nàdur na daonnachd chum 's gu'm faigheadh e sruthadh a mach dh' ionnsuidh an duine. Chunnaic Dia truaillidheachd cuspairean a ghràidh agus bidh bith monmhoir 'nan cridhe, agus bha sin a' toilltinn a bhi gu bràth sgaraichte o Dhia; ach tha Dia a' gabhail ri fhoirfeachd féin ann an deanamh an anam réidh ris féin. Agus iadsan a gheibh aithne air an Fhearsaoraidh cha'n iongantach ged theireadh iad: “Buidheachas do Dhia air son a thiodhlaic do-labhairt.”

III. Na beannachdan a choisinn Criod. Agus lionadh iad sin na neamhan le iongantas. Anaim bhochd! a fhuair am blasad as lugha air, cha'n'eil fhios agad ciod e tha agad! Na'm b' aithne dhuit e, cha bhiodh mòran agad tuilleadh mu chomunn an t-saoghal. Fhuair Maois so, agus bu chainnt d'a bheatha o'n là sin: “Tha mi coma ciod a choinnicheas rium anns an t-saoghal, ma ruigeas mi air so mu dheireadh.”

Thoill Criod gu'm biodh glòir na Diadhachd ann am Pearsa an Athar air fhosgladh do chuspairean a ghaoil. Dh' fhoillsich am Mac an t-Athair dhaibh, “chum gu'm bi an gràdh leis an

An Tiodhlac Do-labhairt

do ghràdhaich thu mise annta." O! nach ion-gantach sin? An t-aon ghràdh leis an do ghràdhaich an t-Athair am Mac, annta-san! O! ni Criosd cuspairean a ghràidh sona fathast. Is e so a' chrioch a bha aige ann an tighinn a dh' ionnsuidh an t-saoghal, agus b' aithne dha nach deanadh nì an t-anam sona, ach Dia bhi rìs air fhosgladh dha: "Is e so a' bheatha mhaireannach, eòlas a bhi aca ortsa an t-aon Dia fior, agus air Iosa Criosd a chuir thu uait." Is e so tòiseachadh sonais an anama, is e so crioch sonais an anama, agus ged nach bu mhò an aithne sin na ceud charachadh an naoidhein, tha ann an sin na chuireas an t-anam ann an sealbh air glòir agus sonais sìorruidh. Ghabh am Fear-saoraidh ainmean dha féin anns a bheil e tighinn dlùth do'n anam, agus 'ga dheanamh féin lag air son an anama. "Mo Dhia, Mo Dhia c'arson a thréig thu mi?" Bha an tréigsinn ud, dìreach a' toilltinn, Dia tighinn a rìs dlùth do'n anam. Bha tràcair ann an Dia o shiorruidheachd, bha comh-fhulangas—bha gaol; ach ghlais ceartas iad sin suas o'n pheacach. Nis is e bàs Chriosd a dh' fhosgail na glasan sin. Thusa a thug e beò gu spioradail, nach robh neo-chaochlaindheachd Dhé, nach robh naomhachd Dhé, nach robh

An Tiodhlac Do-labhairt

firinn Dhé, nach robh uile-fhiosrachd Dhé, mar theine caitheimh dhuit? Ach choinnich na buadhan mòra sin ann am bàs Chriosd ann do theàrnadh, agus cho cinnteach 'sa choinnich buadhan na mòrachd ann am bàs Chriosd a' "pògadh beul ri beul," coinnichidh iad ann ad anam-sa.

NITHE NUADHA AGUS SEAN

Leis an Dr MAC-AN-TÒISICH MACAOIDH, a chaochail
'sa' bhliadhna 1873.

Is e gràs a' chreidimh 'san anam, oifigeach an Righ mhòir, agus iuchair aige 'na làimh a dh' fhosglas na h-uile glas, tha ceadaichte, o'n Tighearn gu'm fosgailteadh i. Cha bhris e glas 'sam bith; agus far nach faigh e dol a stigh, feithidh e gu foighidneach aig an dorus gus an tig àm as feàrr.—*Elisa Coles.*

Is iadsan tha sona, cha'n e a labhras mu'n fhìrinn, ach a tha agimeachd 'san fhìrinn.—
3 Eoin 3.

Chum agus gu'm biodh aithne againn air rùn diomhair an Tighearn, 'se an dòigh as feàrr gu'm biodh sinn gu diomhair a' feitheamh air.—
Salm xxviii. 14.

Feumaidh na naoimh a bhi, cha'n e mhàin dian ann an ùrnuigh, ach gniomhach ann an obair

Nithe Nuadha Agus Sean

an Tighearn; an uair bha Maois ri tagradh air a' bheinn, bha Iosua a' cur catha 'san chòmhnr.—*Ecs.* xvii. 11, 12.

Cha robh peacadh aig Criosd ann féin, agus chaith a dhiteadh; cha'n'eil fireantachd aig a' chreidmheach ann féin, agus gidheadh tha e air fhireanachadh.—*2 Cor.* v. 21.

Cridhe mealltach 'san leth a stigh; saoghal mealltach a muigh—thigeadh do'n chreidmheach gluasad le faicill.—*Ephes.* v. 15.

Ann an amanaibh deuchainn, is e gràs as prìseile dhuinn na saorsa.—*2 Cor.* xii. 9.

Na meudaichteadh ar creidimh, lughdaichteadh ar n-eagal.—*Mat.* xiv. 31.

Buadhaichidh an Lagh an aghaidh a' pheacaich; ach 'se gràs a mhàin a bhuadhaicheas ar a' pheacadh.—*Rom.* viii. 3.

Is e cridhe air a shuidheachadh air Criosd, a mhàin a dh' fhuasgailear o chumhachd an t-saoghail.
—*Salm* lvii. 7.

Bha Maois ro mhì-thoileach dol air theachdaireachd gu Pharaoh: bha iomadh lethsgeul aige; ach b'e eagal nan Eiphiteach do bhrigh agus gu'n do mharbh e fear dhiubh, is e sin, gun teagamh a dh' aobharaich an t-eagal dha gu h-àraidh, ged nach d'ainmich e so do'n Tighearn. Bha a nis

Nithe Nuadha Agus Sean

na daoine a bha ag iarraidh a bheatha marbh ; agus na'm biodh fios aig air sin theicheadh a chuid lethsgeul. Ach cheil an Tighearn so air, gus am biodh e 'sa' cheud àit, air a dheanamh réidh ri toil an Tighearn 'sa' ghnothuch ; agus an sin, dh' fhoillsich an Tighearn sud dha gun iarraidh.

—*Ecs.* iii. 11; iv. 10, 13, 19.

Mar is maith leat do chridhe bhi eutrom, tilg t' uil' eallach air Dia.—*Salm* lv. 22.

Cha'n'eil aon chor anns nach faigh an duine gearanach aobhar gearain, no anns nach faigh an duine taingeil aobhar buidheachais.—*Philip.* iv. 11.

Na deanamaid meadhonan 'nan iodhalan dhuinn féin. Feudaidh Dia obair féin a chur air a h-aghaidh gun mheadhonan, no leis na meadhonan ; ach cha chuir na h-uile meadhon an obair air a h-aghaidh gun Dia bhi annta.—*I Cor.* iii. 6, 7.

Tha iomadh a' fuathachadh beatha a' chreidmhich, a bheireadh na saoghail air bàs a' chreidmhich.—*Air.* xxiii. 10.

Tha mòran 'nan suidhe làimh ris an t-solus, agus mar dhaoine tinne làimh ris a' bhiadh, cha'n urrainn iad feum a dheanamh dheth.—*Samuel Rutherford.*

Nithe Nuadha Agus Sean

Tha na h-ùrnuighean againne agus tròcairean Dhé cosmhuiil ri dà shoitheach uisge ann an tobar: an uair tha aon a' dol sios, tha an t-aon eile a' teachd a nios; air an mhodh cheudna, an uair tha ùrnuighean a shluaign a' dol suas chum Dhé ann an Nèamh, tha a bheannachdan agus a thròcairean-san a' tighinn a nuas orra-san air an talamh.—*Hopcius.*

Tha cuing Chriosd mar sgiathan eòin a tha an àite bhi 'nan lethtrom air 'ga chomhnadh gu éiridh ni's àirde anns 'na speuran.—*Jeremiah Taylor.*

An uair thig air neach dhol do'n *mhalisi*, mur téid e féin ann, feumaidh e fear eile fhaotainn 'na àite. Bu chòir do'n chuis bhi mar sin ann an seirbheis Chriosd. Cha'n iarradh na h-uile dhol a mach mar luchd-searmonachaидh am measg nan cinneach, ach bu chòir dhuinn uile cuideachadh a dheanamh a chur a mach feaghainn eile: buinidh an obair *dhuinne*, agus is ann dhuinnè tha an àithne: "Imichibh-sa agus deanaibh deisciobuil de gach uile chinneach, 'gam baisteadh ann an ainm an Athar, agus a' Mhic, agus an Spioraid Naoimh." Ma tha sinn dearmadach 'sa' ghnothuch so tha sinn a' cur an aghaidh Dhé. "Mall-aichibh Meros (thubhairt aingeal an Tighearna),

Nithe Nuadha Agus Sean

mallaichibh gu mòr a luchd-àiteachaidh, a chionn nach d' thàinig iad gu còmhnaidh an Tighearna, gu còmhnaidh an Tighearna an aghaidh nan cumhachdach.”—*Uilleam Jay*.

Feudaidh duine bhi treibhdhireach, gu'n e bhi teàruinte. An uair bha Saul o Tharsus a' toirt toibheum do ainm Iosa, agus a' deanamh geur-leanmhuinn air a shluagh; shaoil e féin gu'n robh e a' deanamh seirbhis do Dhia. Bha a shlighe ceart 'na shealladh féin, ach b'iad slighean a' bhàis iad. A chum bhi teàruinte, tha mòran dh' uireasbhuidh oirnn a thuilleadh air bhi treibhdhireach. Feumaidh sinn bhi air ar deanamh treibhdhireach anns an dòigh cheart, agus anns an *mì* cheart. Ma dhruideas sinn ar suilean d'ar deòin, air an t-solus; tha sinn, an sin, treibhdhireach ann am mearachd; agus feudaidh a leithid sin de threibhdhireas bhi air a cheadachadh, cha'n ann an tràcair, ach ann an corruiich. Feudaidh Dia, chum so, treun-oibreacaidh meallaidh a leigeil oirnn, *ionnus gu'n creid sinn a' bhreug*; airson gu'n do ghràdhaich sinn an dorchadas ni's mò na an solus, a chionn ar gniomharan bhi olc. Cha'n'eil ann ach aon slighe cheart. Is iad slighean na beatha a crioch. Tha Criosd ag ràdh, Is mise an t-slighe, agus an fhìrinn, agus a'

Nithe Nuadha Agus Sean

bheatha. Leugh Gnath-fhoc xvi. 23; Gniomh. xxvi. 9, agus 2 Cor. xiii. 11.—*R. Dòmhnullach.*

Mar is fhaide bhios tu air beinn na h-ùrnuigh dhiomhair maille ri Dia, agus ann an co-chomunn ris, is ann is dealraiche bhios do ghnùis, an uair thig thu nuas.—*Toplady.*

Cha'n iarrainn gu bràth cuideachd a thaghal anns nach faigheadh mo Mhaighstir àite co maith rium féin.—*Hervey.*

Dhaibh-san a chreideas, tha e luachmhor. Bha Pol togarrach air siubhal, gu bhi maille ris—co ris? An ann maille ri Seumas, no maille ri Iacob, no maille ri Maois? Cha b'ann—ach gu bhi maille ri Iosa. Tha air an talamh muinntir as ionmhuinn leat; ach air nèamh muinntir as ionmhuinne leat. "Co a tha agam anns na nèamhaibh ach thusa; agus an coimeas riut, cha'n'eil neach air thalamh airs a bheil mo dhéigh."—*Uilleam Jay.*

Tha daoine gu tric a' gearan gu bheil sluagh an t-saoghail 'nan ribe dhaibh. Gidheadh, feumaidh iad bhi 'nam measg, chum am beatachadh aimsireil fhaotainn. Bheirinn a' chomhairle orra an gnothuch a dheanamh ris an t-saoghal, mar ni iad ri fras uisge. Ma bheir an gnothuch a mach iad, cha'n fhàg iad gun deanamh e; ach an uair tha an gnothuch thairis, iarraidh iad fasgadh gun dàil;

Nithe Nuadha Agus Sean

agus cha'n fhuirich iad fo shileadh na froise airson an toileachas féin. Cha deanar dochar dhuinn le nithibh iomchuidh a tha ann am Freasdal an Tighearna 'gar gairm dh' ionnsuidh an t-saoghail, ma tha spiorad an t-saoghail mi-thaitneach dhuinn.—*Iain Newton.*

BUADHAN FUIL CHRIOSD

Leis an Urr. IAIN MACRATH ("MacRath Mòr"), a chaochail
'sa' bhliadhna 1878

*Dhàsan a ghràdhaich sinn, agus a dh'ionnlaid sinn o ar
peacaibh 'na fhuil fein.—TAISB. i. 5.*

i. AN toiseach tha *buaidh maithidh* innte, oir as eugmhais dòrtaidh fola cha'n'eil maitheanas r'a fhaotainn. Is beannaichte esan d'an do mhaith-eadh eusaontas, d'a bheil a pheacadh air fholach "Agus," arsa Dia ri cloinn Israel, "bidh an fhuil dhuibh mar chomharra air na tighean anns a bheil sibh; agus an uair a chì mise an fhuil théid mi thairis oirbh, agus cha bhi plàigh oirbh a chum bhur milleadh an uair a bhuaileas mi tir na h-Eiphit." Cha'n'eil i ag eigeach diogh-altais an aghaidh peacaich anns an t-saoghal so mar bha fuil Abeil. Ann an tir anns an do thogadh mise, anns an àm dhorch a roimh theachd an t-soisgeil 'nar measg, bha e air a ràdh na'm biodh duine ann a rinn mort, agus nach

Buadhan Fuil Chriosd

biodh fios cò a rinn e, a cheud uair a thachradh am mortair a bhi comhla ri dithis no triùir agus a thigeadh iad an sealladh an àite anns an robh corp an fhir a mhortadh air fholach, gu'n leumadh steall dhe'n fhuil air aodann a' mhortair agus gu'm biodh e mar so air a bhrath agus air a ghlacadh gu bhi air a dhíteadh gu bàs. Cha'n'eil mise dol a ràdh ciod na tha de dh' fhìrinn anns an aithris ud, ma tha firinn idir innte, ach gu'm faodadh an Dia ceart a leithid sud a dheanamh ann an làithean aineolach agus dorcha 'nar tir dh'easbhuidh eòlas agus solus an t-soisgeil. Ach, mo cho-pheacaich, ged tha sibh ciontach de fhuil Chriosd ann a bhi 'ga diùltadh agus 'ga cur an suarachas agus mar sin ag aontachadh agus 'ga chur gu bàs cho cinnteach ris na h-Iudhaich a cheus e, agus aig an robh an làmhan dearg 'na fhuil, agus a bha a' glaodhaich "biodh fhuil oirnne agus air ar cloinn," tha fhuil an diugh ag éigheach maiteanais dhùibh-se, agus cha'n' éirich an fhuil so gu bràth 'nur n-aghaidh gus ur brath no ur díteadh ma chreideas sibh 'na buaidh mhaithidh. 2. Tha *buaidh réitichidh* innte. Tha Dia ann an Criosd a' deanamh saoghail chaillte réidh ris fhéin gun a bhi meas an cionta dhaibh agus dh'earb e ruinne focal na réite. Agus is aitn o Dhia tha na h-uile

Buadhan Fuil Chriosd

nithean, neach a rinn sinne réidh ris fhéin tre Iosa Criosd, agus a thug dhuinne ministrealachd na réite. Shonraich Dia Criosd mar iobairt réite tre chreidimh 'na fhuil, chum fireantachd fhoilleeachadh le maitheanas nam peacaidhean a chaidh seachad tre fhad-fhulangas Dhé.

3. Tha *buaidh glanaidh* anns an fhuil. "Glanaidh fuil Iosa Criosd, a Mhac, sinn o gach uile pheacadh." An uair a tha gach fuil eile salach agus a' fagail mi-mhaise 'na 'n déidh, is ann tha fuil Chriosd a' glanadh agus a' deanamh neach na's gile na sneachd.

4. Tha *buaidh fionnarachaидh* anns an fhuil, cosmhuil ri fior-uisge a dh' fhionnaraicheas an neach a tha tartmhòr, pàiteach, air a thurus fo theas na gréine. An uair tha tart air neach cha'n'eil deoch ann as fàbhraiche agus as fionnaire na am fior-uisge. Ach tha buaidh fuil Chriosd a' toirt barrachd air an uisge, oir fionnairichidh an fhuil an t-anam bochd a tha air tioramachadh fo agartasan ditidh cogais, agus fo fhearg Dhé a tha mar ghath teith na gréine a' bualadh air anam agus 'ga thioramachadh suas. Fionnaraichidh i an t-anam a tha air a shàruchadh le buairidhean Shatain agus le geur-leanmuinn an t-saoghal.

5. Tha *buaidh neartachaидh* anns an fhuil. "Is biadh," arsa Criosd, "m' fheòil agus is deoch gu firinneach

Buadhan Fuil Chriosd

m' fhuil." Tha fuaran uisge anns an tìr 'san robh mise air mo thogail agus an fheadhainn a bu treise chuireadh iad an làmh sios anns an uisge a dh' fheuchainn co aca a b'fhaide a chumadh an làmh anns an fhuaran gun lagachadh; agus am fear a b'fhaide a chumadh a làmh anns an uisge theirteadh gu'm b'e a bu treise smior-chailleach. Ach, anaim, tha uisge an so a bheothaicheas agus a neartaicheas tu mar tha Criosd a' labhairt ann an *Eòin* iv. 10, 13, 14. 6. Tha *buaidh sìthichidh* innte. Is i an fhuil a tha labhairt sìth ris an anam anshocrach, neo-fhoisneach, gun sgiala, gun sealladh, aige air fois an anam ciontach caillte, gus an cluinn e Criosd ag ràdh: "Thigibh do m' ionnsuidh-sa, sibhse uile a tha ri saothair agus fo throm uallaich, agus bheir mise suaimhneas dhuibh." 7. Tha *buaidh tarruing* innte. "Ann an Iosa Criosd tha sibhse a bha roimh so fad as air bhur toirt fagus tre fhuil Criosd." "Agus mise, ma thogar suas o'n talamh mi tairngidh mi na h-uile dhaoine am ionnsuidh." 8. Tha *buaidh naomhachaidh* innte. "Oir ma ni fuil tharbh agus ghabhar agus luathre aighe air a crathadh air an dream a bha neo-ghlan an naomhachadh chum glanadh na feòla, cia mòr is mò a ni fuil Criosd a thug e fhéin suas tre 'n

Buadhan Fuil Chriosd

Spiorad shiorruidh, gun lochd do Dhia, bhur cogais-se a għlanadh o oibribh marbha chum seirbhis a dheanamh do'n Dia bheò ;” agus mar an *Titus* ii. 14. 9. Tha *buaidh comas dol a steach* innte. Cha b'urrainn do'n àrd-shagart dol a steach do'n ionad a bu ro naomha gun fhuil na's mò na's urrainn do dh' aon againne dol a steach a dh' ionnsuidh fior fhagusgachd ri Dia ach tre fhuil Chriosd—*Eabh.* x. 19, 20. 10. Tha *buaidh saoraidh*, ceannach, no cur fa-sgaoil anns an fhuil, airson nam priosanach a bha aig lagh agus ceartas an sàs agus ceangailte, agus nach deanadh nì bu lugha na fuil an Dia-Duine, an Tighearn Iosa Criosd, a' chùis air am fuasgladh. “ Air do shon-sa fòs, le fuil do chomhcheangail chuir mi mach do phriosanaich as an t-slochd anns nach robh uisge sam bith”—Eaglais Dhé a cheannaich e le fhuil féin; agus a rìs, i *Peadar* i. 18, 19. 11. Tha *buaidh daingneachaidh* innte. Tha i a' deanamh cinnteach no a' seulachadh. Tha cùmhnant nan gràs le 'uile bheannachdan air a sheulachadh le fuil an tiomnaidh-fhir, “ oir far a bheil tiomnad, is éiginn bàs an tiomnaidh-fhir a bhi ann mar an ceudna.” Oir tha tiomnad daingean an déidh bàs dhaoine. Is e so an tiomnad no an coimh-cheangal air a bheil e a' labhairt an *Isaiah* liv. 10,

Buadhan Fuil Chriosd

agus 2 *Sam.* xxiii. 5. 12. Tha *buaidh leaghaidh* innte. “Agus amhaircidh iad air-san a lot iad agus ni iad brón air a shon-san.” Is e sealladh air Chriosd agus esan air a cheusadh, agus a bhi air a thoirt fo shileadh na fola a tha bristeadh agus a’ leaghadh a’ cridhe as cruaidhe. “Is iad iobairtean Dhé spiorad briste; air cridhe briste agus brùite, a Dhé, cha dhean thusa tàir.” Ma tha thu ag ràdh nach urrainn duit do chridhe cruaidh a leaghadh, thig leis gu Chriosd, a tha air àrdachadh air son aithreachas agus maitheanas peacaidh a thoirt; thig air son leaghadh cridhe mur h-urrainn duit tighinn le cridhe leaghta; thig air son cridhe briste mur h-urrainn duit tighinn le cridhe briste; thig air son cridhe aithreachail mur h-urrainn duit tighinn le cridhe aithreachail, oir tha ghealladh mòr an *Eseziel* xi. 19. 13. Tha *buaidh tagraidh* innte. Tha i a’ labhairt nithean as feàrr na ful Abeil. Bha ful Abeil a’ glaodhaich airson dioghaltais, ach tha ful Chriosd a’ tagradh airson maitheanais; is e a glaodh o bheul. Chriosd féin: “Maith dhaibh, Athair, am peacadh so, oir cha’n’eil fhios aca ciod tha iad a’ deanamh.” Tha glaodh tagraidh na fola a’ faighinn éisdeachd, agus tha peacaich a’ faighinn maitheanais tre’n fhuil. 14. Tha *buaidh dionaidh* innte. Cha robh

Buadhan Fuil Chriosd

nì a' dol a ghleidheadh chloinn Israeil o'n aingeal-sgriosaidh a chaith a mach air feadh na h-Eiphit gus an sgrios mar a rinneadh air na h-Eiphitich, ach gu'm faiceadh e an fhuil air an dorsan. "An uair a chì mise an fhuil gabhaidh mi seachad agus cha bhean mi ri aon agaibh." Cha dion, agus cha ghléidh nì sam bith sinn o chunnart agus o chron siorruidh ach fuil Chriosd a bhi eadar sinn 's gach truaigh a tha air lorg a' pheacaidh. 15. Tha *buaidh buadhachaidh* innte. "Thug iad buaidh troimh fhuil an Uain." Is e as ciall do'n òran-mholaidh a bhios aig na naoimh gu siorruidh, no an glaodh buadhach a bhios aca an Glòir: "Buaidh, buaidh, troimh fhuil an Uain!"

MAR CHUIMHNEACHAN ORMSA

Leis an Urr. Dr CEANAIDEACH, a' riarrachadh nam bòrd ann a' Craoich, August 16, 1874. Chaochail e 'su' bhliadhna 1884.

Is e an eaglais corp Chriosd, agus tha i a dh' aon spiorad ris. C'ait an d' fhuair e i? Tha a h-ainm ag innseadh sin dhuinn—c'ait agus c'uin. Bha i anns an t-saoghal, agus de'n t-saoghal, ach thug e i as an t-saoghal thuige fhéin, do bhrigh nach leigeadh a ghràdh leithe a bhi ni b'fhaide uaithe na bhi 'na h-aon spiorad ris. Ghràdhaich e i mu'n robh i 'na h-eaglais, agus bu bheag a b'fhiach i e an uair sin, agus ma dh' fhaighnichdeas tu dhi féin, 'se their i gur beag is fhiach i e a nis. Roimh so cha robh neach na bu toilltinchiche air iutharn na bha ise—leanabh an diabhuil—na bu nàimhdeil, no na bu mharbha na bha ise; ach na abair gur beag a bha aige ri dheanamh

Mar Chuimhneachan Ormsa

'nuair a ghradhaich e i. Agus mar a b' fhior so is ann a bu mhò a chothrom a ghràdh a thaisbean-eadh dhi. Cionnus a thòisich a ghràdh dhi? Ghràdhaich e i agus thug se e féin air a son 'sa' chùmhnant, agus a réir a' gheall-aidh, ann an comhlionadh na h-aimsir, thug e e féin mar éirig, a dheanamh obair a h-éirig, agus a ghiùlain a peacaidhean air a' chrann. Mar a bha so air a dheanamh, ciod a' chrioch a bha aige 'san amharc?—a h-ionnlaid agus a naomh-achadh. Ma ghràdhaich e chì mi a' chrioch bheannaichte so fa chomhair a' ghràidh. Bidh dà chomharadh, comhla ri feedhainn eile air a ghràdh Bidh e neo-chriochnach saoibhir agus neo-chriochnach naomh. Ach na biodh eagal ort gu'n téid naomhachd a ghràidh eadar a shaoibhreas agus t'anam. Ged tha e làn peacaidh tha dòigh air so. Le a naomhachadh bidh dioghaltas aige air na thruaill e. Cionnus a thòisich e? Le ionnlad an uisge tre an fhocal an là na h-ath-ghineamhuinn. Cia taitneach do Chriosd maitheanas fhaicinn air a sheulachadh oirre! a sheula air a cridhe, agus ise 'na fhìreantachd air a togail suas mar oighre air beatha shiòrruidh. Cha'n'eil an so ach toiseach tòiseachaidh, ach 'sànn a' so tha e tòiseachadh, agus ge b'e truaillidheachd tha agad, cha'n'eil

Mar Chuimhneachan Ormsa

agad ach a thigheann thuige-san leis agus coimh-eadaidh esan as a dhéidh. Is bochd an obair a tha agad air uairean a feuchainn a bhi folach uaithe-san agus uat féin smalan dubha do pheacaidhean. Ma chì e thu a' fàs ro gheal 'na do shùilean féin bheir e thu dh' ionnsuidh a' sgàthain, mar leanabh a' dol gu athair. Thubhairt a Bhràthair ris, "cha'n'eil thu glan," ach cha chreideadh e gus an d' thugadh e gus a' sgàthain, agus an sin dh' aidich e, "tha mi neò-ghlan." Ach thubhairt am Brathair ris: "Tha mise glan agus bheir mi thu dh' ionnsuidh m' Athar." Is e cainnt a' chreidmhich, "tha mi neo-ghlan," ach glanaidh esan thu. Is lionmhor na smalan a tha ort, ach ma thig thu thuige-san leo, cha ghearin thu gu bràth gu'n d'rinn thu sin. Chuala mi e a' gearainn air a mhuinntir nach d' thàinig thuige, ach riamh cha d'rinn e gearainn orra-san a thàinig. Cuimhnich air so, dh'aindeoin do thruaillidh-eachd, do thrioblaid, agus ciod tha 'ga do dheanamh mi-iomchuidh airson a bhùird, thig thuige leis, agus cha dean e gearain. Abair: "Tha mi neò-ghlan, so cothrom dhuit mise ionnlad gus am bi cothrom co-chomunn ri Dia agamsa, cho maith ri cothrom compairteachadh aig a bhòrd." "Is e so mo chorpa-sa," arsa esan, "a fhuair mi o

Mar Chuimhneachan Ormsa

'n Athar, ghabh mi 'na mo phearsa, deilbhte leis an Spiorad, gidheadh briste." Ciod a bhris e? Do pheacaidhean, a leanaibh Dhé! Leagadh smachdachadh do shìth airsan, agus bhris sin e. "Is e an cùpan so an coimh-cheangal nuadh ann am fhuil-sa." Tha na h-uile ni an so, air a thoirt dhuit leis an fhuil, agus cha'n'eil nì 'na do chridhe air an talamh no an iutharn a chumas tu bhuaithe. Tha an fhuil sin air a dòrtadh airson maiteanas peacaidh do mhòran. Gabhaibh, ithibh, òlaibh—beannachd air an ithidh agus air an òl, gràs o Dhia gu compairtechadh, agus d'a ainm gu robh an cliù. (A nis thug e na samhlaichean seachad.)

Is e so crioch àraidh gràidh Chriosd d'a eaglais, "gu'n cuireadh e 'na làthair féin i, gun smal, gun phreasadh, no nì air bith d'an leithidibh sin." Tha e a' coimhead as a déidh chum gu'm bi i mar sin dha. Abraidh thusa: "Tha mise fada o sin an diugh." Gu dearbh, is e mo bheachd gu bheil iadsan as fhaisge air so 'nam fairichidhean féin ni's làna de thruaillidheachd na mhuinntir eile. 'Se so am faireachduinn gus an tarruing iad an anail mu dheireadh, chum 's gu'n amhairc iad ris fhéin air son gach nì. Cha'n urrainn d'a a toirt thuige féin gun so a bhi fior: "I a bhi gun smal, gun

Mar Chuimhneachan Ormsa

phreasadh." Cha bhi nì dhiubh sin oirre, oir bidh pobull an Tighearna comh-chosmhuiil ri iomhaigh a Mhic. Cha bhi aon chomharadh de fhiacail an diabhuil no iuthairn air fhaicinn orra. Bidh comhara an Uain air clàr an eudain, ach cha bhi aon chomhara orra gu robh iad riamh ann a' trioblaid no air am buaireadh le Satan. Bheir e mar so iad a chum an Athar. O! cho sona 'sa bhios e so a dheanamh—a ghràdh a' faotainn làn-riarachadh. O! m' anam, bidh do chuid fhéin agadsa an uair tha an t-Athair agus am Mac air an riarachadh. Cha bhi nì air chall. Thàinig crioch air làithean do bhròin, d' ocrais, agus do thairt, agus thòisich an t-òran binn nach sguir gu bràth. Gu'm beannaicheadh Dia sibh.

Eiribh bho na bhòrd.

(An dara bàrd.)

"Co fhad as a ta 'n àird an ear o'n àird an iar, co fhad as a sin chuir e uainn ar n-eusaontais." Tha an àird an ear sad o'n àird an iar, ach is iongantaiche na sin nach tig iad gu bràth ni's faisge air a chéile. Dh'aindeoin na chuir an talamh de charan deth, tha leud na talamhainn eatorra. Tha e a' cur peacadhean a shluaigne cho fhad sin uapa. Cionnus? Leis an urras

Mar Chuimhneachan Ormsa

òirdheirc air coimhcheangal a b'fheàrr, anns an robh iad air an aonadh ris. Mheasadh dhàsan na chuir am peacaidhean gu sìorruidh uapa. Cha b'urrainn daibh aon tarruing-anail fhaotainn annsan, gun Dia astar neo-chriochnach a chur eadar am pearsa agus gach ni annta a dhìteadh iad. Ann a' Criosd tha peacadh air a chur cho fhad is tha an ear o'n iar, agus mar nach coinnich iad gu bràth, mar sin cha choinnich am pearsa agus dìteadh a chéile gu sìorruidh. Tha iomadh muir eadar an ear 'san iar, ach ciod iad sin an coimeas ri cuan airidheachd a tha ann a' Criosd, a tha eadar a shluagh agus am peacaidheam! Dh'aindeoin cuilbheartan peacaidh, agus fear casaid nam bràithrean, cha dhean e bàta gu bràth a sheòlas air cuan airidheachd Chriosd. Tha cuan eile eatorra — tha gràdh Iehobhah eadar iad agus am peacaidhean. Bha e eu-comasach gu'm faiceadh e astar na bu lugh a eadar iad. An téid mi ni's fhaide? Theid. Tha cuan neo-chriochnach glòir na Trionaid eadar iad. Gu cinnteach is leòir sin! Ach ma chuir e iad cho fhad o chéile, a thaobh am pearsa, cha'n'eil sin a' ciallachadh gu'n do chuir e am peacaidhean cho fhad o'n cuimhne, o'n tuigse, o'n cogais, o'm fairichidhean. Anns an

Mar Chuimhneachan Ormsa

t-seadh 'sa bheil Dia 'gan di-chuimhneachadh, tha iadsan 'gan cumail air chuimhne. An ann mar pheacaidhean gu bhi air am maithreadh? Cha'n'eil mi 'g ràdh nach bi sin aca, ach bheire e dhaibh cuimhne orra mar pheacaidhean a chaidh a mhaitheadh dhaibh, agus an uair a chuimhnicheas iad orra mar sin, bidh iad gu cinnteach air an irioslachadh; agus bidh am peacadh gu firinneach searbh dhaibh. Saoilidh tu na b'urrainn dhuit an di-chuimhneachadh mar olcas, gu'm biodh fois agad, ach 'sann an uair a chuimhnicheas tu orra a' lot an Aon Ghràidh, agus 'na chreuchdan, a bhios iad faisg air do chogais agus do chridhe. Ciod a' bhuaidh bhios aig so air do chridhe? Bidh e 'na chridhe briste, brùite. O! ciod an t-ainmhidh mi! Ciod a' chlach! ciod an diabhul! Is companaich olc an triùir so, ach cha'n'eil nì as feàrr 'san t-seann chridhe, agus an uair a ghéibh iad tlàths a' cridhe nuaidh, aidichidh iad so. Tha Dia a' cur dà fhocal thuca an diugh: "Agus buinidh mi air falbh an cridhe cloiche as 'ur feoil," agus "dòirtidh mi air tigh Dhaibhidh spiorad nan gràs agus nan athchuingean." Cha'n'eil mòaint dhe do bheatha nach fheum na briathran sin a bhi air an cur dhachaidh ort. Cha sguir t'éigh

Mar Chuimhneachan Ormsa

gus an tionndaidhear do sgal gu bhi 'na òran
binn air nach tig idir crioch. (A nis thug e
na samhlaichean seachad.)

Tha Dia a' seulachadh maitheanais tre 'n
Spiorad co dhiùbh tha an creidmheach 'ga
ghabhail thuige fhéin is nach' eil. Tha e ag
ràdh: "Is e an cupan so an coimhcheangal
nuadh ann am fhuil-sa, òlaibh-sa uile dheth."
'Se so an dearbhadh gu'n do chuir e bhur
peacaidhean cho fada uaibh 'sa tha an àird an
ear o'n iar. Ach abraidih thusa: "Tha e tuilleadh
agus trom ormsa so a ghabhail thugam féin."
Ni h-eadh; cha'n'eil so ro dhoirbh dhuit-sa,
cha'n'eil e ro dhoirbh do Dhia a dheanamh,
agus dearbhadh a thoirt dhuit air anns a' mheadh-
on so. Tha nì eile ann. Bidh truaillidheachd
a' pheacaidh air a chur cho fhada uat ri ciont
a' pheacaidh. Tha e a' deanamh cinnteach gu'm
bi gach'nì a tha 'sa' chùmhnnant leat-sa, agus gu'm
bi Criosd féin agad, chum coimhead a'd' dhéidh,
chum t' anam a chumail o'n bhàs, gus an cuir
e thu gun smal an làthair Dhé. Their thu:
"Na faighinn a' cheud ni bhiodh e n'a b' phasa
dhomh an dara nì a chumail." Cionnus bhios
tu réidh ri Criosd mar so, thu fhéin a thilgeil
air mar pheacach iutharn-thoillteanach, a chur

Mar Chuimhneachan Ormsa

do pheacaidhean air, agus gach nì annad air a bheil feum glanaidh. Gabh gréim air, agus tha mi a' gealltainn dhuit, air a shon, gu'n toir e dhuit dearbhadh air a chumachd dealachadh siorruidh a chur eadar thu agus do pheacaidhean. Eiribh o a bhòrd le ghràs ann bhur cridheachan, agus le chliù air bhur bilean.

AN T-ARD-SHAGART MÒR

Leis an Urr. ALASDAIR M'COLLA, a bha ann an *Loch-aillse*,
agus a chaochail 'sa' bhliadhna 1889.

Air an aobhar sin, tha e mar an ceudna comasach air an dream a thig a dh' ionnsuidh Dhé trid-san a theàrnadh gu h-iomlan, do bhrigh gu bheil a beò gu siorruidh gu eadar-ghuidhe a dheanamh air an son.—EABH. vii. 25.

- I. Feòraichidh sinn cò ann tha uile-fhregarrachd agus a chumhachd gu teàrnadh a' co-sheasamh.
- II. Mhuinntir tha e teàrnadh agus cinnteachd is maireannachd an slàinte.

- I. Tha e soilleir o'n fhocal tha an t-abstol a' cleachdadadh an toiseach na h-earrainn gu robh aige 'na bheachd na thubhairt e mu thràth 'san litir so mu àrd-cheannas sagartachd Chriosd.
1. Cha'n'eil uile-fhreagarrachd agus a chumhachd gu teàrnadh a' co-sheasamh, a mhàin, 'na chumhachd neo-chriochnach mar tha cuid ag ràdh. Biodh e air a ràdh le mòr urram, tha nithean nach urrainn

An T-Ard-Shagart Mòr

Dia a dheanamh. Cha'n'eil so ag éirigh bho neo-iomlanachd no neo-fhoirfeachd sam bith 'na nàdur 'na bhuadhan ach bho fhoirfeachd neo-chriochnach a nàduir agus diongmhaltas a bhuadhan. Cha'n urrainn dha sin a dheanamh a tha an aghaidh naomhachd a nàduir agus a chliù, onair a riaghail, agus glòir a bhuadhan. Air an aobhar sin cha b' urrainn da teàrnadh le uile-chumhachd a mhàin, dh' easbhuidh a cheartas a bhi air a' riarachadh. Feumaidh réite bhi eadar buadhan Dhé ann an deilbh, ann an coimhlionadh, agus ann a' co-chur innleachd iongantach na slàinte. Cha ghabh mi-chòrdadh, no aimhreit, no neò-fhreagarrachd a bhi eadar buadhan Dhé. Tha gach aon de na buadhan glòirmhor 'na cleachdad, a' gabhail tlachd ann a' foillseachadh moladh agus glòir a chéile. "Tha tràcair agus firinn air comhlachadh a chéile; tha ceartas agus sìth air pògadh a chéile." Tha cuid eile mar gu 'm b'i am beachd nach 'eil buadh eile an Dia ach tràcair —agus gun amharus, tha e ni's neo-chriochnaiche tràcaireach na smuainich iad riamh, no ni's urrainn dhaibh gu bràth a thuigsinn—Mur biodh, bha ar cuibhrionn o chionn fhada anns an ionad anns a bheil gul agus caoidh agus giosgan fhiacal. Cho tric agus a chluinneas sinn sluagh a' toirt mar

An T-Ard-Shagart Mòr

am bonn tearnaidh—O ! tha Dia tròcaireach agus tha sinn a' dòchas gu'm bi e tròcaireach ruinne. Tha dòchas aig cuid eile nach mill e obair a làimh ; agus their cuid eile, gu h-amaideach, ni sinn na's urrainn duinn, agus cha bhi an còrr air iarraidh oirnn. B'e obair gun chrioch a dhol thairis air na h-uile gràinne gainmhich a tha 'san bhunait air a bheil iad a' togail tigh breòite a thuiteas an là an dearbhaidh. Tha sinn ag ràdh, mar sin, gu bheil 'uile-fhreagarrachd gu teàrnadh a co-sheasamh, 'sa' cheud àite, ann an aonacdha Phearsa. Is Dia agus is duine E ann an aon Phearsa. B' éiginn so a bhi. Bha eas-urram air a chur air an lagh naomha — oilbheum air ceartas—Dia diombach. B'e an duine, air a bhrosnachadh leis an àrd-dheamhain, a chiontaich. Is ann air an talamh a chiontaich e. Bha peacadh air 'a dheanamh an aghaidh Bith neo-chriochnach 'na fhoirfeachd, ni, a thug neo-chriochnachd de olc agus airidheachd do pheacadh. Mu's bi réite agus sìth air an aisig feumaidh peacadh a bhi air a' dhìoladh agus air a' chur air falbh—feumaidh réite tre iobairt a bhi dèanta. Cha b'urrainn d'an duine so a dheanamh, no do ainglibh.' Ach dhealbh gliocas neo-chriochnach innleachd. Chuir gràdh neo-chriochnach an cleachdadadh i. Is e so an t-aobhar gur

An T-Ard-Shagart Mòr


e Criosd an Slànuighear toradh do-rannsaichte mòr gliocais neo-chriochnach. Feumaidh E bhi 'na dhuine, oir 'se duine a chuir eas-urram air an lagh, ann an nàdur duine feumaidh i bhi air a h-àrdachadh, agus urram bhi air a' chur oirre. Chuir duine e fein fo'n mhallaichd, feumaidh duine a' mallachd a ghiùlain. Pheacaich an duine agus tha e airidh air corruiich Dhé; feumaidh duine a' chorruich a ghiùlain agus a sitheachadh. Dh' easbhuidh dòrtadh fola cha'n'eil maitheanas peacaidh. Cha'n urrainn da mar Dhia, bàs fhaotainn. Is éiginn da nàdur an duine a ghabhail thuige, agus a bhi buailteach do bhàs, eadhon bàs a' chroinn-cheusaidh. Ach mar a chì sinn gu'm b'éiginn da a bhi 'na dhuinne, chì sinn gu'm b'éiginn da a bhi 'na Dhia—Dia gu bhi 'na chuid-eachadh 'na fhulangasaibh, gu a nàimhdean a chlaoidh agus a milleadh gu tur—a nàimhdean, peacadh, an saoghal, Satan, am bàs, an uaigh, agus ifrinn—Dia gu fiù, airidheach, agus éifeachd neo-chriochnach anns gach nì, a rinn agus a dh' fhuiling e. Bha a shamhuil sin de àrd-shagart iomchuidh dhuinne, a bha naomh, neo-lochdach, neo-thruaillidh, air a dhealachadh o pheacaich, agus a rinneadh ni's àirde na na nèamhan. Tha uile airidheachd agus éifeachd 'ùmhlachd agus a

An T-Ard-Shagart Mòr

bhàis a teachd bho inbhe neo-chriochnach a Phearsa. Ann an so chì sinn trì bunabhasan airidh air ar beachd agus a tha 'nam buinn chinn-teach agus shàbhailt dòchais fhior. Ann an aonadh a Phearsa mar an Dia-duine, chì sinn ar n-àrd-shagart thairis air tigh Dhé a' cur an gniomh an nì a dh' earbadh ris. Ann a' nàdur na diadhachd chi sinn an altair òir air an d' thug e seachad iobairt deagh fhàile do Dhia. Ann an nàdur daonnachd naomha, chi sinn an tabhartas a chaidh thoirt suas. Ann an so, ann an aon, tha co-aonaichte, an t-àrd-shagart, an altair, agus an iobairt. 2. *Òrduchadh gu oifig na h-eadar-mheadhonaireachd.* Bha e air òrduchadh leis an Athair, agus air ungadh leis an Spiorad bheannaichte gu oifigean mar eadar-mheadhonair. Faic *Eabh* v. 4, 5, 6, etc. Bha òrduchadh o shiorruidheachd, agus chì sinn an dòigh anns na *h-Eabh.* vii. 16. Tha òrduchadh 'na ghniomh neo-chriochnach cudthromach. Is cuid e dhe innleachd na slàinte, agus is bunabhas e ro-chudthromach mar bharant dòchais a bhi taiceadh gun amharus, ar leas agus ar buanachd shiorruidh airsan. Chum so a dheanamh ni's soilleire, saoil gu'n do chuir rioghachdan a bha cogadh an aghaidh a chéile a mach cumhachan sithe. Chuir iad bhuatha teachdairean, no

An T-Ard-Shagart Mòr

àrd-theachdairean, armaichte agus crioslaichte le ùighdarris cùmhnant sìthe a dheanamh. Ach feumaidh iad an litrichean ùighdarrais a nochdad, agus am barant airson na bheil air earbsa riutha. Is e Criosd teachdaire Dhé bho nèamh gu talamh a dheanamh gnothuich ri daoine mu'n sìth. Bha e air òrdachadh le Dia an t-Athair; nochd e 'ughdarris agus a bharantas, le teisteanas an Athar o nèamh. A ghniomharan miorbhuiileach, na teagasgan a thug e seachad, as-eirigh, a dhol suas, tuirlingeadh an Spioraid, agus caochla fhianuisean bho nèamh d'a thaobh aig a bhreth, a bhaisteadh, air beinn a' chruth-atharrachaidh, agus aig a bhàs; soirbheachadh an t-soisgeil, agus iompachadh de mhuillionan de'n chinne-daonna — ann an so air fad tha againn teisteanas do-sheachainnte air taobh Chriosd. Bha e air òrdachadh; thàinig e; thaisbean e 'ughdarris, agus tha barant againn, anns na h-uile seadh, teàrnadh ar n-anaman earbsa ris-san, ris an d'earb Dia foillseachaidh a ghlòir agus tearnadh àireamh do-àireamh de pheacaich.

3. *'Obair choimhlionta na oifig.* Mar so rinn e teàrnadh pheacach a bhi freagarach ri chliù agus a bhuidhan naomh agus ionraic, ionnan agus gu'n do choimhlion e cumhachan an lagha; riaraich  ceartais

An T-Ard-Shagart Mòr

Dhé, agus dh' fhosgail e cladhan do shaor ghràdh, do thròcair, agus do ghràs Dhé, ann an dòigh a ghiùlaineas riadh de ghlòir shiorruidh do buadhan òirdheirc, nach b'urrainn a bhi air a' chosnad air dòigh sam bith eile, no, ged bhuanach an duine ann an staid a neo-chiontais. Ann a' so tha tròcair agus fìrinn a'dol roimh a ghnùis—uile buadhan na diadhachd air am fireanachadh agus air an glòireachadh—'fhirinn, a dhilseachd, a cheartas, a naomhachd, a lagh, a ghràdh, a ghràs, agus a thròcair.

4. *Dia a' gabhail bhuaithe 'ùmhìlachd agus 'iobairt.* Gidheadh n'an d' rinn agus n'an d' fhuiling Chriosd mar a robh so air a ghabhail bhuaithe, bha a rùntan glòirmhor air an cur bun os cionn. Cha bhiodh ann an innleachd teàrnaidh an duine ach nì gun bhrìgh. Ach tha a h-uile dearbhadh gu'n do ghabh Dia iobairt Chriosd le tlachd, air a dhaingneachadh leis na nithean air an do mheòraich sinn cheana, agus gu h-àraidh le as-eirigh agus àrdachadh air deas làimh Dhé, agus le tuirlingeadh an Spioraid Naoimh.

5. *An lànachd neo-chriochnach a tha ann an Criosc.* Aige tha lànachd gràis maithidh agus fireanachaiddh—gràis ath-ghineamhuinn, uchdmhacachaiddh, naomhachaiddh, glòireachaiddh, agus buanachaiddh. A nis faodaidh iad uile-chumhachd,

An T-Ard-Shagart Mòr

agus uile-gliocas Dhé a thagar. Tha uile bhudadhan Iehobhah air taobh a shluaign agus air an cleachdadadh gu uile gheallaidhean Dhé ann an Criod a choimhlionadh a tha annsan 'nan seadh agus 'nan amen chum glòir Dhé an t-Athair.—Tha' ghliocas gu meadhonan a dhealbh, agus an t-slighe a nochdadadh, a chumhachd chum so a thoirt gu bùil mhaith, a ghràs gu bhi tiodhlacadh na tha 'sa' ghealladh, a dhilseachd gu bhi coimhlionadh, agus a cheartas chum na h-uile a dheanamh dearbhta.

II. *Iadsan a bhios air an teàrnadh.* Iadsan a thig chum Dhé trid-san. Feumaidh iad trì nithean a bhi 'nan amharc. 1. Nàdur na teachd an crochadh ris a bheil slàinte. 2. An dòigh anns an tig iad, *trid-san*. 3. Cho fada agus ni e an teàrnadh—a ghleidheadh orra agus a chùram dhiubh gun sgur—gus a' cheum as fhaide mach, seadh, iomlan, gun chrioch.

Uchd-Mhacachd—Rom. viii. 15. Tha spiorad na daorsa eadar-dhealaichte bho spiorad na h-uchd-mhacachd. Tha Dia air a thaisbeanadh. A réir a' cheud dàimh tha Dia air a nochdadadh 'na mhaighstir cruaidh, agus 'na bhreitheamh uamhasach. A réir an dara dàimh tha Dia 'na Athair bàigheil, a' toirt dearbhailean air a ghràdh, agus

An 'I-Ard-Shagart Mòr

tha a chlann ag altrum beò-dhòchas 'san oighreachd a tha air a' gealladh, agus ni so iad toileach, le urram macail, tòmhachd a thoirt do Dhia, mar phàrant gràdhach.

1. Tha spiorad na h-uchd-mhacachd aig creid-mhich anns na h-uile linn. Threòraich an Spiorad iad anns gach linn gu eòlas, beachd-smuaineachadh, agus gréim air gràs slàinteil, agus a chompartachadh miann an déidh nithean naomha. Le so bha uamhann agus geilt o thàirneanaich an lagha, aithne air ciont, agus tuigse fhreagarrach air dioghaltas Dhé air an gintinn anns an anam.
2. Umhlachd gràidh. Cha'n ann o eagal peanais, ach o fhior ghràdh, urram agus toileachas
3. Sùil ri oighreachd. Tha Focal agus Sacramaid a' daingeachadh so. Bha an t-sùil so n'a bu chumanta fo an Tiomnadhl Nuadh na fo'n t-seann Tiomnadhl, agus an làithean nan Abstol na 'n diugh a thaobh, sòlas, naomhachd agus dearbhachd na h-oighreachd ri teachd.
4. Toradh sònraichte. Bheir e orra glaodh, Abba, Athair. Tha e toirt fianuis maille r'an spiorad gur iad clann Dhé. Tha e a' nochdadhl saorsa, misneachd agus dànanachd. Tha e a' teagasg dhaibh glaodh. Cha'n fhaodadh seirbhisich roimh so, Athair a ràdh r'am maighstir, ach theagaisg Criod iad an ùrnuigh a chur suas : "Ar

An T-Ard-Shagart Mòr

n-Athair ata air nèamh." 5. Tha an dà fhianuis 'san aon teisteas—Ar spiorad—inntinn agus cogais ghlan—'nam fior choltas air ar staid le comharr-aidhean sònraichte agus làn-dearbhachd a' chreidimh an lorg a bheil fois anama, agus aoibhneas do-labhairt. Tha e éigneach gu'm biodh ar spiorad air a theagasg gu ceart o fhocal Dhé mu na comharr-aidhean leis a bheil leanabh Dhé aithnichte agus comharraichte, agus gu'n deanadh sinn geurrannsachadh oirnn féin. Tha na coinharraidhean so de dhà sheòrsa—deagh riaghailt anama, agus co-chòrdadh cùrsa beatha dhiadhaidh.

Na comharraidhean. 1. Cruth agus fior dhealradh na h-iomhaigh nèimhidh, le co-chòrdadh naomha r'ar n-Athair agus ar brathair as sinne. Ciod is nàduraiche na am mac a bhi coltach ri athair? Ghin Adhamh truaillidh mac 'na iomhaigh féin. Tha Dia a' gintinn clann ann am fireantachd agus fior naomhachd. 2. Beatha nuadh—a' leantuinn cheuman agus eisimpleir gu fad a chomais. Bithibh-se 'nar luchd-lean-mhuinn air Dia mar chlann ghràdhach. 3. Gràdh fior agus treibhdhireach o bheachd air buadhan foirfe agus ion-ghràdhach Dhé fo ghathan a' ghràidh nèimhidh a' dealradh orra. 4. Eagal agus ùmhlachd mic (*Mal.* i. 5; *i Pead.* i. 17;

An T-Ard-Shagart Mòr

Eoin xiv. 21). 5. Gràdh bràthrail (1 *Eoin* iii. 14, iv. 20). Rannsaichibh sibh féin leis na comharrайдhean so.

Uchd-mhacachd. 1. Nàdurra. 2. Rioghac-dail. 3. Spioradail. Air dhaibh a bhi air an aonadh agus ann an co-chomunn ri Criod, tha iad air an gràdhachadh, air an teagasg, air an riaghlaadh, air an smachdachadh, air an dòn, agus air am beathachadh. Tha còir aca air geallaidean Dhé, air slàinte agus oighreachd bhreàgh nach gann.

Nàdur an uchd-mhacachd. Cha'n e dàimh a mhàin a tha so. Tha sochair agus ionhaigh mic Dhé comhla. Is e tha an ath-ghineamhuin gniomh moralta a tha cur coslas Dhé oirnn 'nar nàdur. Is e tha ann an uchd-mhacachd gniomh laghail a tha toirt còir duinn. Tha a' cheud gniomh 'gar deanamh 'nar mic do Dhia gu riaghailteach a' buileachadh ceudfad (1 *Fead.* i. 23). Tha an dara gniomh a' deanamh mic dhinn gu dàimheil le a' bhi buileachadh cumhachd (*Eoin* i. 12). Tha an dala h-aon 'gan suidheachadh ann an gràdh na diadhachd agus an aon eile a' deanamh luchd-compairt dhiubh de nàdur na diadhachd.

Na sochairean. Onair. Ullachadh agus saoi-

An T-Ard-Shagart Mòr

b hreas do-rannsaichte. Dion na diadhachd.
Sonas do-labhairt. Glòir shiorruidh.

Dearbhaidhean. Tréigsinn gach uile chul-taice eile. Gràdh. Fagusgachd air Dia. Umhlachd. Dùil fhoighidinneach agus aoibhneach ris an oighreachd (*Rom.* ii. 7; *2 Cor.* iv. 18; *Rom.* vi. 23; *Eabh* xi. 26).

CAITHIR DHÉ

Leis an Urr. Dr AIRD a bha ann an Craoich, agus a chaochail 'sa' bhliadhna 1898.

*Tha abhainn ann, agus ni a sruthan caithir Dhé ait.—
SALM xlvi. 4.*

I. Eaglais coimh-cheangail Iehobhah air a samhlachadh ri caithir, no baile.

II. Amannan anns a bheil a' chaithir, no an eaglais air a sàrachadh, agus ann an teinn.

III. An t-ullachadh rinn an Tighearna airson na h-eaglaise ann an deuchainn — dh' ullaich E abhainn, agus ni a sruthan caithir Dhé ait. A réir an òrdugh so thugaibh fainear.

I. Eaglais a' chomh-cheangail, no aon de shluagh Dhé, air a samhlachadh ri baile.

I. Ann an àirde an ear bha na bailtean air an cuairteachadh le ballachan làidir, agus ciod

Caithir Dhé

e an t-aobhar? Bha so: an uair thigeadh na nàimhdean, ruitheadh muinntir na dùthcha do'n bhaile, agus bha am balla 'na dhion dhaibh. Agus mar sin, tha an eaglais air a cuairteachadh le balla ceithir fillte, cha'n e a mhàin dà fhillte, no trì fillte, ach ceithir fillte.

(1) Ciod iad baidealan a' bhaile? Tha so: neart neo-chriochnach Iehobhah (*Salm* cxxv. 2). Oir a' nì tha fior mu'n eaglais, tha e fior thaobh gach neach fa leth de shluagh an Tighearna O! a leanabh leis an Tighearna smuainich thusa air so an uair bhios an nàmhaid ag iarraidh a bhi toirt a chreidsinn ort nach 'eil cobhair ann an Dia air do shon, agus gu bheil na h-uile ni dhiubh sud 'na d' aghaidh. Cuimhnich air na ballachan a tha cuairteachadh caithir Dhé—uile bhuadhan Iehobhah—a neart neo-chriochnach gu do dhion—a naomhachd gu do naomhachadh, agus fhireantachd gu bhi 'gad fhireanachadh. (2) Ciod e aon eile de na ballachan? So e: a chùram spéiseil anns an fhreasdal mu'n timchioll. (3) Ciod e, a nis, aon eile de na ballachan a tha cuairteachadh caithir, no eaglais Dhé? Eh! tha so; geallaidhean Dhé (*Isaiah* xlvi. 2). (4) Aon eile de na ballachan a tha ceithir fillte, agus is e sin làthaireachd an Tighearna 'na meadhon—

Caithir Dhé

Iehobhah, e féin 'na meadhon. Is e so, a nis, aon dòigh anns a bheil baile 'na shamhladh air caithir, no air eaglais Dhé.

2. Ach thugaibh fainear dòigh eile—gu bheil e feumail gu'm biodh geata air a bhalla gu bhi treòrachadh a stigh, oir cha bhiodh feum anns a' bhalla mur biodh geata air. Agus ciod e an geata chum caithir Dhé. O! is e Criod férn an geata. Rach thusa steach air an dorus, agus rach a steach mar cheann-feadhna nam peacach. Tha an dorus fosgailte a là agus a dh' oidhche. 3. Tha sràidean ann am baile, agus bidh muinntir a' bhaile ag imeachd air na sràidean. Agus a bheil sràidean ann am baile Dhé? Eh! tha. Agus ciod iad na sraidean? Tha so: slighean na naomhachd, agus mar is dlùithe a leanas thusa ri Criod is ann is cinntiche a għluaiseas thu air na sràidean. 4. Buinidh lagh do'n bhaile. Ach thugaibh fainear, tha an t-eadar-dhealachadh so eadar eaglais Dhé agus gach baile eile, gu bheil lagh a' bhaile sgriobhta air cridheachan an luchd-āiteachaidh. 5. Tha sochairean ann am baile, agus tha iad, cuideachd, ann an eaglais Dhé—meadhonan nan gràs, òrduighean an t-soisgeil, na sacramaideam, am Biobull, agus Là an Tighearna 6. Tha marsantachd ann am baile. Agus a bheil

Caithir Dhé

neach sam bith a' deanamh am fortan an caithir Dhé. Eh! tha. Gach duine, is bean, is mac, is nighean a fhuair Criosd, tha iad saoibhir airson tim agus siorruidheachd. Fhuair iad an neamh-naid luachmhor a tha deanamh suas gach call eile.

Ciod e an t-aobhar, a nis, gu'n gairmear "caithir Dhé" de'n bhaile so; oir tha abhainn ann, agus ni a sruthain caithir Dhé ait. 1. A chionn gur e Dia fhéin a dh' ullaich i o shiorruidheachd ann an suidheachadh cumhnant nan gràs. 2. Is e aobhar eile gu'n goirteadh "caithir Dhé" dhi; gur e Dia a thog am baile (*Salm cxxvii. 1*). Is e Dia féin a thagh agus a leig a bunait; is e shuidhich clach chinn na h-oisne, agus is Dia féin a chuireas a' chlach-mhullaich air an togail le h-iolach—"gràs, gràs gu'n robh dhi." 3. Aobhar eile; gur le Dia féin a tha riagladh anns a' bhaile. 4. Aobhar eile gur e Dia a tha cur dion air a' bhaile. 5. Aobhar eile; gur ann uaithe-san tha luchd-aiteachaidh faotainn biadh, agus deoch, agus aodach. 6. Is e aobhar eile so; gu bheil Dia 'na meadhon—Iehobhah an taobh a stigh dhi. 7. Is e aobhar eile; gu'm buin a' mál Dhàsan. Ciod e am mál. Tha a bhi toirt moladh agus glòir do Dhia.

II. Amannan anns a bheil "caithir Dhé" air a sàrachadh. Tha am baile so fosgalte do thrioblaid

Caithir Dhé

agus àmhghar a bhios 'ga chur fo bhuaireas. 1. Is e aon àm dhiubh so an uair tha freasdal agus an gealladh mur gu biodh iad an aghaidh a chéile. B'e sud freasdal agus gealladh Dhé do Abrahaim. Bha duine maith ann uaireigin, agus chuir e an còmhradh bha aig Dia agus Abraham ri chéile, air an dòigh so—gu'n do choinnich an Tighearna ris aon là agus gu'n d'thubhairt E: "Tha creideamh agad Abrahaim, ach tha mise dol a chur dearbhadh air do chreidimh," agus gu'n do fhreagair Abraham: "Ma chuireas Thusa dearbhadh air mo chreidimh-sa, cuiridh mise dearbhadh air do ghealladh-sa." 2. Àm eile; an uair tha Dia a' cur dàil ann a bhi freagair ùrnuigh. 3. Àm eile; an uair bhios mearachdan agus truaillidheachd a' togail an cinn anns an eaglais. 4. Àm eile; an uair bhios na fianuisean air an toirt dachaidh, gun fhianuisean eile a bhi ag éirigh gu bhi togail an àite. 5. Am eile; an uair tha gràs cho iosal anns an anam agus nach 'eil faireachduinn air an truaillidheachd a tha anns a' chridhe, cosmhail ri duine marbh. Bha an t-Urr. Mr M'Phàil, sgìre Ruigh-sholuis, a' searmonachadh aon là, agus thubhairt e: "Tha Dia air chall air Iob, agus c'ait am faigh sinn Dia dha." Dh' fheòraich e so trì uairean gun stad, agus an sin fhreagair e: "Anns a' bheò-ionndrainn

Caithir Dhé

a bha ann an Iob as a dhéidh." Bha an t-iarrtus bha ag éirigh ann an anam Iob as a dhéidh 'na dhearbhadh gu'n robh E aige cheana. 6. An uair bhios an Tighearna ag àicheadh a làthaireachd.

III. An t-ullachadh rinn an Tighearna. Dh' ullaich e abhainn. Ciod tha sinn gu bhi tuigsinn leis an abhainn agus a sruthain? Tha uile bheannachdan cumhnant na gràs a' sruthadh, tre thoillteanas fulangais Chriosd 'na bhreth, 'na bheatha, agus 'na bhàs. Agus ciod e an t-uisge? Tha an Trionaid ghlòrmhor. Dia an t-athair an tobair, Criosd an tobair air a fosgladh, agus an Spiorad Naomh a' sruthadh o'n Athair agus o'n Mhac. 1. C'ait a bheil an abhainn so ag éirigh? Eh! is ann ann am beanntaibh siorruidh buadhan Iehobhah—gràs saor, saoibhir, àrd-uachdranail. 2. Ach, thugaibh fainear, gu'm feum cladhan, no amar bhi aig an abhainn chum gu'm bi an t-uisge ruigsinn orra-san a tha feumach air. Chosd e mòran do Ghlaschu a bhi fosgladh a' chladhain troimh d' thugadh an t-uisge do'n bhaile. Ach cha'n e airgiod no òr a chosd e a bhi fosgladh a' chladhain so, ach fulangas agus umhlachd Chriosd. Cha ruigeadh boinne o'n abhainn so gu bràth air aon de shliochd Adhaimh mur bith breth, beatha agus bàs Chriosd. 3 A rìs, feumaidh pioban bhi

Caithir Dhé

air an cur sios gu bhi treòrachadh an uisge tre'n bhaile; agus a bheil pioban gu bhi treòrachadh an uisge tre chaithir Dhé. Eh! tha,—am focal, sàcramaid, agus ùrnuigh. Feumaidh pioban a bhi a stigh cuideachd. Ciod i so? Is i gràs a' chreidimh. Ach ciod thachras an uair tha i tachda le smùrach an as-creidimh? An uair tha an Tighearna toirt a làthaireachd ann am meadhonaibh nan gràs, bidh so a' cur aoibhneas anns an anam. 4. Tha abhainn freagarrach airson marsantachd; agus tha uisge na h-aibhne feumail airson glanaidh. 5. Thugaibh fainear, gu bheil abhainn 'na samhla air pailteas. O! ged robh thu ro thartmhòr, tha gu leòir anns an abhainn air do shon. 6. Tha abhainn saor do na h-uile. “Ho gach neach air am bheil tart, thigibhse chum nan uisgeachan’ 7. Tha abhainn feumail gu bhi mùchadh teine a' bhriseas a mach 'sa' bhaile. Tha teine naomhachd agus ceartais Iehobhah briseadh a mach 'sa' bhaile so; agus cha'n'eil nì sam bith a chuireas as e ach an toillteanas a tha ann an Criod. An uair a loisgeas an teine ann an uchd a' chreidmhich, so an tuisge a chuireas as e.

Tha mothachadh aig muinntir a' bhaile so air plàighean an cridhe, agus is e an tuisge bho'n abhainn an aon nì a ghlanas an truaillidheachd air

Caithir Dhé

falbh. Dh' fhosgail Dia an tobair so chum gu biodh an t-uisge ag ullachadh an anam airson baile mòr na glòire. O! nach biodh e freagarrach do muinntir a bhaile a bhi caitheamh ni's mò de'n uisge so !

MO SHEUDAN

Leis an Urr. MURCHADH M'ASGAILL, a bha ann an Inbhirpheofharan, agus a chaochail 'sa' bhliadhna 1903.

Eithidh iad leamsa, tha Tighearn nan sluagh ag ràdh, anns an là sin anns an dean mi suas mo sheudan.—MALACHI iii. 17.

THA e soilleir gu robh aingidheachd buadhach, agus cùl-sleamhnachadh coitchionn anns a' là anns a' robh am faidhe beò, agus gu bu là e anns an robh fior spiorad agus cumhachd na diadhachd air a dhi-chuimhneachadh fo floirmalachd aideachaидh o'n leth a muigh. Ach anns a' là neulach, dhorchas bha iarmad dileas aig an Tighearn ann an Israel, dha'n robh seargadh na diadhachd 'na bhròn, agus le chéile ghabh iad comhairle bhlasta dh'fheuchainn cionnus a bhiodh cuis iosal a' chreidimh air ath-bheothachadh. Chuir an saoghal mi-chùramach agus uaibhreach gu tàir iad. Rinn e fealla-dha agus cul-magaидh

Mo Sheudan

dhiubh le toibheum trom agus cainnt shuarach. Ach chuir an Tighearn urram orra, agus fhathast bithidh iad 'nan reultan dealrach ann an speuraibh a ghlòire.

I. Co iad so? “Bithidh iad leamsa.”

II. Cionnus tha iad mar so?

III. C'uin bhios iad mar so?

I. Co iad so? Tha comharraighean orra. Feòraichibh ciod iad na comharraighean dh' fheuchainn a bheil sinn fhéin 'gan giùlain. Chaidh iad as o bhàs gu beatha; dh' iarradh iad an dà bheannachd ro-luachmhor so a bhi aca, eadhon maitheanas peacaidh agus naomhachd cridhe. Ach cha robh na naoimh so gun an eagalan agus an teagamhan féin a bhi aca. Ach chaidh iad leo dh' ionnsuidh an lagha agus na fianuis. Thug iad buaidh orra tre ghràs, agus b'urrainn dhaibh a ràdh gu cinnteach gu robh anns a' Tighearna dhaibh-san araon fireantachd agus cobhair. Ach nise is e so an teisteanas a thug an Tighearn dhaibh:—I. *Iadsan air an robh eagal an Tighearna.* Theagaisgeadh dhaibh so gur Dia-diolaidh agus Dia-fuathachaidh an Dia-san, aig a bheil a rosgan na's glaine na gu'n amhairc e

Mo Sheudan

air peacadh. Bha eagal diadhaidh orra, uime sin, an uair a dh' amhairc iad air a mhòralachd, air a naomhachd agus air a ghlòir, ionnus gu robh iad eudmhòr agus faicileach 'nan caithe-beatha am fianuis an Ti uile-fhiosrach a tha a' sgrùidadh nan àirnean. Os barr, bha eagal Dhé orra an teis-meadhon tarcuis agus fanaid agus geur-leanmhuinn an t-saoghail, ionnus gu'n do shiubhail iad a réir a statuis agus a reachdan, dh' aindeoin bagraidhean dhaoine agus tèladh faonais agus buairidhean an t-saoghail, agus fraoch corruiich na h-ifrinn. Ach tha eagal ann nach e an t-eagal so. Bithibh air bhur faicil, mo chàirdean, nach bi sibh air bhur mealladh. Tha eagal ann a tha 'na dhòruinn, an t-eagal a bha air Adhamh, air Cain agus air Ahab—eagal tràilleil. Tha an t-eagal so a' fògradh o Dhia, ach tha an t-eagal eile a' tarruing dh' ionnsuidh Dhé.

2. *Agus a smuainich air ainm an Tighearna.* B'e so an t-ainm anns a' robh tlachd aca, agus a bha dhaibh mar ol-Ùngaidh air a dòirteadh a mach. B'e dìon onair agus glòir an ainm-sa an cùram ro-mhòr. Bha aoibhneas orra a' dol gu tigh an Tighearna a smuaineachadh air an ainm, agus a bhi a' feòrach 'san ionad naomh, oir chunnaic iad a ghlòir, agus bheathaicheadh iad le smior a chruithneachd. B'e maith Ierusaleim a'

Mo Sheudan

sàr-aoibhneas. So cuid de chomharraighean seudan Dé.

II. Cionnus tha iad nan seudan? Is leis an Tighearna iad. 1. *Le còir cruthachaidh.* Chruthaich e sinn; agus tha còir aige oirnn. Uime sin, dhàsan buinidh an cruitheachd gu léir, daoine agus ainglean. Tha còir aige a dheanamh riu mar is àill leis. Is leis-san an anaman agus an cuirp, an gibhtean, an tàlainntean, an cothroman gu léir. Cha'n'eil nì nach leis. O! gu tuigeadh sinn so, mo chàirdean gràdhach. 2. *Le còir teàrnaidh.* Tha còir ceannachd aige anna do bhrìgh gu'n do shaoradh iad cha'n ann le nithibh truaillidh, mar a ta airgiod agus òr, ach le fuil luachmhòr Mic a ghràidh. Cha'n'eil neach no nì a chuireas an teagamh a chòir orra a shaor e le pris co mòr. Chaidh a' chobhartach dhligheach as bho cumhachd agus bho ùghdarras a' nàmhaid mhòir. Is e Dia a ghràdhaich iad; is e Dia a shaor iad; is e Dia a dh' ionnlaid iad ann a' fuil an Uain, uime sin, is le Dia iad gu h-iomlan is gu bràth. 3. *Le'n strìochdadh toileach féin do Dhia.* Seadh, a chàirdean gràdhach, iadsan as seudan an Tighearna, is leis an Tighearn iad le 'n saor thoil agus an roghainn féin. Tha iad air an deanamh 'nam pobull toileach dha, ann an là dhe a chumhachd.

Mo Sheudan

Cha'n'eil neach sam bith a' leantuinn Chriosd an aghaidh an toil féin. Is iochdranan toileach iad-san uile a tha 'nan rioghachd spioradail.

4. *Mar ionmhas sònruichte.* Gabhaidh Dia tlachd ann a bhi 'gan aideachadh mar a sheudan féin, mar ionmhas sònruichte, anns a bheil anam a' gabhail tlachd. Gabhaidh e tlachd ann a bhi 'gan suidheachadh ann a' speuran a ghlòire mar reultan dealrach; a bhi 'gan nochdadadh mar chrùn glòire, agus mar choron maiseach 'na làimh dheis, agus a' seinn thairis orra le aoibhneas agus ceòl. Tha iad a nis, uairean, bochd, truagh, mar shalchar, ach an sin bidh iad sgeadaichte le glòir agus maise nach fhaca sùil 's nach cuala cluais.

III. *C'uin bhios iad mar sin?* Anns an là sin anns an "tig an Tighearn féin a nuas o nèamh le àrd-iolaich, le guth an àrd-aingil, agus le trompaid Dhé, là uamhuinn do-labhairt do'n dream a bhios cailte, agus là aoibhneis do-labhairt do'n dream a bhios air an teàrnadh; là anns am bi cuirp ann an lionmhoireachd do-àireamh ag éirigh as gach fàiche agus àraich anns gach cearna de'n domhain a choinneachadh an anaman neo-bhàsmhor, chum a bhi co-roinn gu siorruidh aon chuid dòruinn no aoibhneas. "Bithidh iad leamsa," anns an là sin, deir an Tighearn. Agus

Mo Sheudan

O ! pairt a bhi againn 'nan crannchur !—bhi 'nar luchd-comh-pàirt de oighreachd nan naomh 'san t-solus — far am bi iadsan a' dealrachadh gu suthain siorruidh mar reultan ann an speuran na glòire.

FULANGAS AGUS GLÒIR

Leis an Urr. AONGHAS GALBRAITH, a bha ann a' Loch-Aillse, agus a chaochail 'sa' bhliadhna 1909.

A' rannsachadh ciod i, no ciod a' ghnè aimsir a bha Spiorad Chriosd anna-san a' foillseachadh, 'nuair a rinn e fianuis roimh-làimh air fulangasaibh Chriosd, agus a' ghlòir a bha gu'n leantuinn.—I PEADAR I. II.

CHA robh teagasg na slàinte tre chreideamh ann am Fear-Saoraidh 'na theagasg nuadh do'n mhuinntir so. Bha leabhraichean an t-Seann Tiomnaidh làn deth. B'e teachdaireachd mhòr am faidheadaireachd agus crioch shònruichte am beachd-smuaineachaidh agus an rannsachaidh, an t-slàinte a bha ri teachd tre Iosa Criod, fo'n t-soisgeul Tha faidhean agus abstoil a' coinneachadh a chéile ann a' Criod, a neach as e cridhe agus smior na firinn. A nì mu'n d' rinn na faidhean faidheadaireachd, is e a nì ceudna a tha air a chiomhlionadh ann an sùilean agus an sgeul mhòr-aoibhneis nan abstol.

Fulangas Agus Glòir

Is ionnan 'na nàdur creideamh anns gach uile linn, ag iadhadh 'na ghlacaibh na teagasgan slàinteil ceudna, agus stéidhte air an aon bhunait. Bha creidmhich fo'n t-Seann Tiomnadair an teàrnadh mar tha creidmhich fo'n Tiomnad Nuadh. Tha an dara cuid de chreidmhich a' sealltuinn tre chreideamh ris a neach a bha tighinn, agus tha chuid eile tre chreidimh a' coimhead ris a neach a thàinig—Criod. Tha trì nithean anns an earrann air am bi sinn a' beachdachadh.

I. Fulangasan Criod.

II. A' ghlòir a tha gu'n leantuinn.

III. Ar dleasanas a thaobh na nithean mòra so.

I. Fulangasan Criod. 'Se so diomhaireachd mhòr innleachd na slàinte—taisbeineadh agus fulangasan an Fhir-shaoraidh 'san fheòil. Tha fulangasan comhcheangailte ri peacadh; ach cionnus thàinig Criod gu bhi fulang, a bha naomh agus neo-lochdach, gun pheacadh idir ann fhéin? B' esan urras a shluagh, ceann cùmhnant nan gràs. Dh' fhaileadh an ceud chùmhnant; pheacaich an duine; agus cha robh dol as ann dha ach tre airidheachd neach eile. Ach c'ait an robh a' neach a ghiùlaineadh am peanas, agus a bheireadh riarachadh iomlan

Fulangas Agus Glòir

as leth an duine. Thug Dia 'na ghliocas agus 'na ghràdh neo-chriochnach fre agradh le ullachadh na slàinte. 'Se bàs Chriosd, mar so, saorsa a shluagh. Is ann tre fhulangasan tha slàinte. Bha so air fhillleadh 'sa' cheud ghealladh, agus air a theagasc gu soilleir leis na h-iobairtean fo'n lagh a h-uile là—is e tuarasdal a' pheacaidh am bàs. Faiceamaid, ma tha, ceithir nithean ann am fulangasan Chriosd.

1. *Is e Criosd a dh' fhuiling.* Ach cha robh peacadh aig Chriosd aon chuid mar Dhia no mar dhuine. Bha e co-ionnun ris an Athair anns gach seadh, agus mar dhuine bha e air a dhealachadh o pheacaich (*Eabh.* vii. 26). Gun amharus, cha'n'eil ni, uime sin, as soilleire 'san fhìrinn na gur ann mar fhear-ionaid a' fulang air son muinntir eile a dh' fhuiling e. Rinneadh 'na iobairt-pheacaidh e (2 *Cor.* v. 21). Dh' fhuiling e am firean airson nan neo-fhirean (1 *Pead* iii. 18). Bhruthadh e airson ar n-aingidheachdan (*Is.* liii. 5), agus tha e saoradh o mhallaichd an lagha (*Gal.* iii. 13, 14; *Eabh.* ii. 10). Bha Chriosd, mar so, 'na urras, 'na fhear-ionaid, air òrdachadh agus air ungadh a chum na seirbheis mhòir so, leis an Athair. Ach cha'n e mhàin gu robh Chriosd 'na fhear-saoraidh air òrdachadh

Fulangas Agus Glòir

le Dia, ach b'e e féin Dia. Mar Dhia cha b' urrainn da fulang, agus mar dhuine, cha bhiodh buaidh aig fhlolangas. Ach 'se a dhaonnachd a dh' fhuiling, ach cha robh bith aig a dhaonnachd eadar-dhealaichte o dhiadhachd, oir bha e aonaichte ris an diadhachd ann am pearsa mhic, ionnus ged nach d' fhuiling an diadhachd, gur e Dia, gidheadh a dh' fhuiling, agus is e so a tha deanamh airidheachd fulangasan Chriosd neo-chriochnach (*Gniomh.* xx. 28). 2. *Co uaith a dh' fhuiling e?* Gu dearbh, co uaith nach d' fhuiling! Cha robh creutair ach na h-ainglean naomha aig nach robh làmh 'na fhlolangasan. Dh' fhuiling e 'na chorp agus 'na anam. Bhuaileadh e le iomadh buile (*Mata* xxvii. 30). Chuir iad falluinn scàrlaid air. Thilg iad smugaid air, agus rinn iad fanoid air. Sgiùrs Pilat e (*Eoin* xix. 1). Dh' fhuiling e o nàimhdean (*Salm* xxiii. 14-16), agus o bhuiridhean an diabhuil (*Lucas* xxii. 53; *Eabh.* ii. 18), o cheilg a chàirdean — Peadar, Iudas. Thréig a dheisciobuil e (*Mata* xxvi. 56; *Sech.* xiii. 6). Ach bu bheag so an coimeas ri comhairle chinntich agus roimh-eòlas Dé leis an d'thugadh thairis e (*Gniomh.* ii. 23; *Rom.* viii. 32). Bha fulangasan aige 'na anam nach b'urrainn a thighinn o dhaoine. Am fulangas a bu mhò a bh' aige 's ann

Fulangas Agus Glòir

o Dhia a bha e, agus cha'n ann o dhaoine. Cha b'e gleac ri creutair cruthaichte, ach ri Dia, a chuir e fuidh uamh-chrith, agus fuidh anabarra bròin (*Marc* xiv. 33). Dh' fhuiling e ni bu mhò na aon bhàs—bàs a chuirp, agus bàs anama a thaobb searbhachd. 'S ann o Dhia air aon dòigh na dòigh eile, a dh' fhuilinge, agus bha so air a dheanamh ro shoilleir roimh-làimh ann a' cùis Abrahaim agus a mhac Isaac. 'S ann mar Dhia agus mar bhreitheamh ceart rinn Dia so. Cha robh an gniomh tlachdmhor do Dhia, oir cha chlaidh e d'a dheòin (*Tuir.* iii. 33). Cha'n'eil tlachd aig Dia ann am bàs a' pheacaich, is lugha gu mòr na sin a thlachd ann am bàs a mhic (*Esec.* xviii. 33). Is ann a thaobb a ghlòire fhéin agus teàrnaidh an duine bha e tlachdmhor do Dhia.

3. *Ciod a dh' fhuiling e?* Dh' fhuiling e 'na iomlanachd peanas peacaidhean an t-saoghal thaghta. Tha toillteanas a pheacaidh neo-chriochnach, uime sin ghiùlain Criod corruich neo-chriochnach. Gidheadh, cha b'éiginn da a ghiulain gu siorruidh. Is e gnè a chreutair 's cha'n e gnè a pheanais as aobhar do pheanas shiorruidh. Cha toir creutair criochnach riarrachadh do cheartas neo-chriochnach ach le fulangas gun chrioch. Uime sin, ged tha peanas neo-chriochnach

Fulangas Agus Glòir

air iarraidh, 'se tha 'ga dheanamh neo-chriochnach d'an chreutair a chin-coimeis riarachadh a thoirt do lagh 's do cheartas. Tha e dol fodha 'sna fiachan 'na oidheirp a bhi 'gam páigheadh. Rinn inbhe ro-ghlòirmhor pearsa Chriosd a riachadh foirfe gun e a bhi fulang gu siorruidh (*Eabhd.* viii. 14). 4. *Carson a b'éigin da fulang?* (*Lucas xxiv.* 26). Cha b'éigin da fulang mar mhac Dhé, ach dh' fhuiling e gu toileach mar fhear-saoraidh dhaoine. (1) B'éigin da fulang do bhrigh comhairle chinntich agus roimh-eòlas Dhé. Rùnaich Dia o 'n uile-shiorruidheachd daoine theàrnadh tre Chriosd thighinn 'san eadraiginn agus bàs fhulang (*Salm xl.* 7). (2) B'éigin da fulang, oir nochdadh so a mach le iobairtean agus deas-ghnathachais an t-seann Tiomnaidh (*Eoin i.* 29). (3) B'éigin da fulang do bhrigh cliù Iehobhah. Bhriseadh an lagh agus dh' fheumadh e bhi air a àrdachadh. Bha toibheum air a dheanamh air a cheartas, agus dh' fheumadh e bhi air a riachadh. Bha fhìrinne ag iarraidh a pheanas a bhagair i. (4) B'éigin da fulang airson teàruinteachd agus maith 'eaglais. Dh' fhuiling e, agus dh' fhoghlum e tre cho-fhaireachadh staid ghoirt a shluaigh. Mar bha aig a cheann bidh aig na buill, fulangas roimh crùin na glòire.

Fulangas Agus Glòir

II. A ghlòir a tha gu'n leantuinn. 'Se ghlòir a tha so a' ghlòir a chum an d' àrdaicheadh e mar eadar-mheadhonair, agus a ghealladh dha 'sa' chùmhnant (*Salm* lxxxix. 29). Dh' easbhuidh a bhàis cha ruigeadh e air a' ghlòir so (*Is.* liii. 11; *Phil.* ii. 9; *Eabh.* i. 3). Nithean glòirmhor a lean an lorg a bhàis:—1. *Ardachadh agus glòireachadh pearsanta Chriosd.* Air thalamh bha a ghlòir ann an tomhas folaichte (*Phil.* ii. 7, 8). 'Na àrdachadh cha do chuireadh glòir ri glòir a bhith, ach dhealraich a ghlòir so tre brat a dhaonnachd. Bha a dhaonnachd air a ghlòireachadh le'aonadh ri dara pearsa na Trianoid agus le'àrdachadh gu deas-làimh Dhé, agus gu ro-àraidh, gu cathair na h-eadar-mheadhonaireachd. Bha glòir aig Criod mar Dhia, nach i so, agus bha i aige air còir breith, ach i so, a chum an d' àrdaicheadh e, tha i aige mar eadar-mheadhonair, agus mar chòir oifig. Buinidh a' cheud te da phearsa, ach is toradh a bhàis an dara te (*Phil.* ii. 8). Thugadh an dara te dha (*Eoin* v. 22). Bha a' ghlòir eile aige cheana. Tha a' ghlòir so a chum an d' thogadh e, a co-sheasamh ann a' cumhachd thairis air gach creutair (*Phil.* ii. 10, 11; *Taisb.* iii. 21, i. 18; *Mata* xxviii. 18). Fhuair e i mar thoradh a bhàis (*Is.* liii. 10-12; *Salm* cx. 1; *i Cor.* xv. 25).

Fulangas Agus Glòir

2. *Buaidh ghlòirmhor air a nàimhdean uile agus beannachd gloirmhor air an cosnadh d'a eaglais.* 'S ann mar ghaisgeach buadhach ann a' cath mòr thill Criod gu nèamh (*Col.* ii. 15; *Eabh.* ii. 14; *Salm* lxviii. 18). Le bhàs chosainn e beannachdan a tha e nise toirt mar thiodhlaican. 3. *Mar thoradh a bhàis tha e a' gealltainn agus a' cur an Spiorad Naomh gu saoibhir pait* (*Eoin* xv. 26; xiv. 26). Tha a' Spiorad a' glòireachadh a mhic mar ghlòirich a' Mac an t-Athair (*Eoin* xvi. 14; *Sech.* xiii.). 4. *Tha rioghachd Chriosd air a suidheachadh.* Lionaidh i an talamh gu léir (*Salm* lxxxvii. 3, ii. 8, cx. 3; *Eabh.* ii. 10; *Tais.* xi. 15). 5. *Bidh a shluagh uile air an cur an sealbh air oighreachd ghlòirmhor.* Tha e 'gan teàrnadh le ghras, 'gan toirt sàbhailt a null agus dhachaидh. Far a bheil an ceann bidh an corp, agus far a bheil esan mar cheann a' chùmhnnant bidh iadsan oighreachan a' chùmhaint.

III. Ar dleasanas a thaobh na nithean mòra so. 'Se sin a bhi leantuinn eisimpleir na fàidhean—a bhi beachd-smuaineachadh orra. 1. *Bha an teagasg mòr mu theàrnadh an duine tre bhàs Chriosd air a thaisbeineadh leis an Spiorad chum gu rannsaicheadh sinn e.* 2. *Dh' fhiosraich na fàidhean agus rinn iad geur-rannsachadh mu na*

Fulangas Agus Glòir

firinnean so. Bha iad dìchiollach anns an ranns-achadh a rinn iad. Bu chòir dhuinne, cuideachd, a bhi dìchiollach (*Eoin* v. 39). 3. *Ghiùlain an dìchioll toradh maith.* Dh' iarr agus shir iad gus an d' fhuair iad. Cha leòir dhuinne a bhi cluinntinn nan nithean so. Feumaidh aithne a bhi againn orra 'n ar fairichidhean féin. Ranns-aichibh na sgriobtuirean oir annta tha mèinn oir anns a bheil maoin shiorruidh r'a fhaotainn.

GABHAIL PHEACACH THUIGE

Leis an Urr. MURCHADH MACCOINNICH, a bha ann an Inbhirnis, agus a chaochail 'sa' bhliadhna 1912.

Agus rinn na Phairisich agus na sgriobhaichean gearan, ag ràdh, tha am fear so gabhail pheacach d'a ionnsuidh, agus ag itheadh maille riu.—LUCAS xv. 2.

C'ARSON bha àireamh co mòr de shluagh a' leantuinn a Tighearna? Eh! faodaidh gu'n robh cuid diubh air an tarruing le neònachas, mar is tric tha tachart. Ach, gidheadh sin tha e coltach gu'n robh rud-éiginn 'san t-soisgeul a bha coinn-eachadh cùis gach creutair 'sa' bhuidheann mhòr agus mheasgaichte so. Tha "am fear so gabhail pheacach d'a ionnsuidh," 'se so a nì a thubhairt an sluagh so 'nam mi-run 's 'nan gamhlas as glòir ro-oirdheirc an t-soisgeil, agus is e so a tha sinn fo fhiachan a sheirm gu h-àrd cha'n ann a mhàin 'nar tir fhéin, ach anns gach uile thir air feadh an t-saoghail. Is e dòchas nam peacach. Is e

Gabhall Pheacach Thuige

teachdaireachd na slàinte do na h-uile dhaoine.
“Scarmonaichibh an soisgeul do gach dùil.”

- I. Ciod e peacach.
- II. Na peacaich ris an gabh e.
- III. Co thuige tha e 'gan gabhall.
- IV. An dòigh anns a bheil e 'gan gabhall.
- V. Cionnus a ghabhas e iad.

I. *Peacach.* 1. Is creutair e so a tha 'na choigreach air Dia 'na chridhe. Bho nach 'eil gràdh Dhé 'na chridhe tha gràdh a' pheacaidh ann. 2. Tha h-uile peacach neo-iompaichte 'na cheann-airceach an aghaidh Dhé agus a lagh agus a' saltradh ughdarras Dhé fo chosan. 3. Tha, uimse sin, gach peacadh a ni e 'na chionta, oir is gniomh a thoile e, agus se choire fhéin e, 's cha'n e a thubaist, no nì nach b'urrainn dha a leasachadh, ach an t-olc a roghnaich e a dheanamh. Agus mar sin tha a pheacadh a' cosnadh binn ditidh an aghaidh a' pheacaich, eadhon diteadh gu bàs fo chorruich agus fo mhallachd Dhé.

II. *Na peacaich ris an gabh e.* Gabhaidh e ris gach uile seòrsa. A nis gabhaidh Iosa d'a ionnsuidh iad uile, ged bhiodh am peacaidhean mar scàrlaid agus mar chorcur. 1. Gabhaidh e thuige peacaich dhe gach uile aois. Is toigh leis iadsan

Gabhair Pheacach Thuige

a dh'iarras e gu moch. Ach ged tha a thlachd ann a bhi gabhair ris an òigridh cha thilg e, air chor sam bith an t-aosda bhuaithe. Tha dòchas ann a' so eadhon d'an eu-ceartach le cheann greannach, liath. Co dhiùbh, a nis, tha thu sean no òg tha cuireadh agad teachd gu Criod, agus ma thig thu gabhaidh e riut. 2. Tha e gabhair d'a ionnsuidh peacaich de gach uile inbhe. Ghabh e d'a ionnsuidh Manasseh, agus rinn e tràcair air. Leighis e mac an duine chumhachdaich. Cha d' rinn e tàir air an ainnis no air a' bhochd. Nochd e tràcair do bhean bhochd Chanàain, agus do'n dall bhochd, Bartimèus. 3. Tha e gabhair d'a ionnsuidh peacaich dhe gach cor. Gabhaidh e thuige iadsan a bha moralta agus neo-lochdach o'n leth a muigh, agus iadsan a bha struidhealach agus tréigte agus beò 'sa' pheacadh mar Muire Magdalane agus am meirleach, luchd-geur-leanmh-uinn mar Shaul o Tharsus, agus mortairean an Tighearna. Gabhaidh e riutha uile, eadhon riuthasan as duibhe dhiubh agus nochdaidh e tràcair dhaibh. Cha toir a' neo-airidheachd, dh'aindeoin co mor barrachd gu bràth, air airidheachd agus feartan fhola-san.

III. *Co thuige tha e 'gan gabhair.* 1. Tha e 'gan gabhair d'a ionnsuidh féin. Is e fhéin a tha

Gabhair Pheacach Thuige

'gan cuireadh thuige fhéin chum 's gu'n compairtich iad ann am feartan sàbhalaidh a bhàis. Bheir e di-bheatha ro thlàth agus bhlàth dha gach neach a thig. 2. Tha e 'gan gabhair dh' ionnsuidh maitheanas peacaidh—gu ghràs maithidh agus gu fhàbhar. Gun mhaitheanas peacaidh cha'n'eil beannachd sam bith eile againn. Is e so bunait nan uile bheannachd. Mhaith e ann an làithean fheòla, agus tha e nise toirt maitheanas air àrdachadh, agus tha e 'gan gabhair gu chridhe 'na ghràdh. 3. Tha e 'gan gabhair gu chàirdeas. Tha e a' leigeil ris dhaibh a rùntan diomhair, ionmhas a' choimhcheangail shiorruidh. 4. Tha e 'gan gabhair dh' ionnsuidh a theaghlaich air an talamh. Tha teaghlach aig air an talamh, ris an abair e, 'eaglais, a rioghachd as e comunn de chreidmhich. Tha e a' riaghlaigh thairis orra so a bha uaireigin 'nan coigrich agus fad as, ach a nis is sluagh a dh' aon bhaile iad ri Criod. 5. Tha e 'gan gabhair chum naomhachd. Tha e a' cur a spiorad air an siubhal. Tha e 'gan deanamh coltach ris féin. Tha iad a' fàs 'na iomhaigh gus a bheil iad ullamh airson a' rioghachd gu h-àrd. 6. Tha e 'gan gabhair dh' ionnsuidh nèimh. Mar ghabh e am meirleach gu staid gràis, mar an ceudna ghabh e e gu staid glòir. Dh' fhosgail e slighe dha na

Gabhair Pheacach Thuige

peacaich gu glòir, agus le 'spiorad tha e 'gan treòrachadh air an t-slighe, agus, faidheòidh, gabhaidh e steach iad ann a' glòir shiorruidh, a' toirt dhaibh crùn na beatha nach searg as, agus a' cur failte orra le briathraighean ceòlmhor a bheòil bheannaichte: thigibh a shluagh beannaichte m' athar, sealbhaichidh an rioghachd a dh' ullaicheadh dhuibh mu'n do leagadh bunaitean an domhain.

IV. *An dòigh anns a bheil e 'gan gabhair.*

1. Cha ghabh e ri neach sam bith a tha 'ga fhìreanachadh féin. Gabhaidh e ri peacaich air an do dhearbhadh am peacaidhean. Is ann an uair a dh' aidicheas sinn ar peacaidhean tha esan a' gealltainn maitheanas.
2. Tha e gabhair riu-san a tha a' deanamh aithreachas. Tha e a' teàrnadh a shluagh cha'n ann 'nam peacaidhean, ach o peacaidhean.
3. Gabhaidh e riu-san a thig air ceum na h-irioslachd. Leag iad dhiubh an uaill agus an fhéin-ghlòir. Tha iad aig cosan Chriosd.
4. Thig iad air slighe a' chreidimh. Tha iad a' creidsinn 'na chumhachd 'sna chomas, mar an lobhar o shean, no mar a' bhean bhochd a bhean ri iomall aodaich.
5. Thig iad thuige air slighe na h-ùrnuigh. 'Nuair a ghlaodhas iadsan, éisididh esan.

V. *Cionnus a ghabhas e iad.* 1. Cha'n'eil e

Gabhair Pheacach Thuige

mi-thoileach, no, gun àill. Is ann a tha e féitheamh ri bhi gràsmhor. Tha e cuireadh, 'sa tàladh, 'sa tagar iad gabhair dhe uisge na beatha gu saor. 2. Gabhaidh e riu gu teò-chridheach. Cha dean e maoidheamh. Ah, cho iochdmhor 'sa bha e ri Saccheus, 's ri Muire, 's ris a' mheirleach. 3. Gabhaidh e riu air ball. Cha'n abair e idir riu, bibh a falbh gus a' fàs sibh na's fhearr. Eh! cha'n abair. Is ann a ghabhas e thuige fhéin iad an sin, agus ni e fhéin na's fhearr iad. O! tha e gabhair pheacach d'a ionnsuidh, seadh, dhe gach seòrsa, am beartach, 'sam bochd, a' lag 'sa' làidir, an treun fhear, 'san dil-deirce. Ach, Eh! cha ghabh e d'a ionnsuidh anns an t-saoghal so ach peacaich. Ma ni sinn tarcuis air, cha'n'eil ann dhuinn ach a dhol a dhìth. Thig gu Iosa, nise, oir is àill leis gabhair riut.

DIA M'ATHAR

Leis an Urr. EACHANN MACFHIONGHAIN, a bha ann
a' Steòrnabhagh agus ann a' Glaschu. Chaochail e 'sa'
bhliadhna 1913.

'Se 'n Tighearna mo neart, agus mo dhàin, agus tha e 'na
shlàinte dhomh.: is esan mo Dhia-sa, agus ni mi àite còmhnuidh
dha; Dia m'athar, agus àrdaichidh mi e.—ECSODUS
XV. 2.

THA na briathran so bho òran Mhaois agus Israel : Thachair nì mòr dhaibh, an tachartas a bu mhò 'nan eachdraidh gus a so ; agus bha Dia anns a' chùis. Rinn freasdalan an Tighearna an teàrnadh a nis agus gu bràth o làmhan Pharaoh. A nis tha teagastg moralta agus spioradail ann an uile fhreasdal an Dé. Tha so fior gu sònruichte mu'n fheadhainn a ni drùidheadh oirnn, agus bu chòir cuimhne a bhi againn orra so gu h-àraidh a' deanamh ciùil no caoidh a réir an gnè. 'Se bha so a nis do Israel agus an ceannard àm seinn molaidh, agus so, gu h-àraidh, do bhrìgh, gur e bha 'nan saoradh mìorbhuileach ach aon, a

Dia M'Athar

dh'iomadh maitheis, agus coimhlionadh geallaidhean luachmhor, agus sàthachaidh an dòchais bheannaichte, a thugadh dhaibh o na làithean cian, fad as. Agus bha an saorsa a' sealltainn dhaibh saorsa a bu mhò a bha ri teachd. Cha b'iognadh ged rinn an ceannard agus an sluagh ceòl le chéile. “Dia m'athar,” arsa Israel; agus ciod tha so a' teagasg dhuinn.

I. “*Dia m'athar*”—cha robh an creideamh diadhaidh 'na nì nuadh dhaibh. Cha robh e, uime sin, 'na neònachas dhaibh a bhi toirt dhàsan glòir na buaidh. Dh' innis an aithrichean dhaibh na gniomharan a rinneadh leis, agus dhearbadh dhaibh féin gu'n robh an cliù a thug iad air ceart; oir bha iad air an teagasg creidsinn gu'n robh cumhachd Dhé mu na h-uile nì 'nam beatha. Ni mò bu chòir an creideamh diadhaidh a bhi 'na neònachas dhuinne comhcheangailte ri freasdalan mòra. Araon ann am buanachd is call bu chòir dhuinn tionndadh ri Dia. Chum 'na crìche maith so feumaidh an diadhachd a bhi timchioll ar beatha a gnàth agus gu dlùth. Bu chòir dhuinn a bhi faicinn Dhé 'na chruitheachd, an eachdraidh, agus ann am faraichidhean dhaoine, ionnan 's nach biodh e 'na iongantas idir dhuinn a bhi cluinntinn mu ghniomharan a làimh.

Dia M'Athar

II. “*Dia m'athar.*” *Cha do dh'fholaidh na h-aithrichean an diadhachd féin air an clann.* Bha fhios aig a’ chloinn gu’n robh Dia aig an aithrichean. Tha diadhachd cuid a shluagh gu h-iomlan folaithe bho mhuinntir eile, eadhon bho’n clann féin. Agus cha tig e an uachdar gus an tachair nì anabarrach neo-chumanta riù. Is tearc a chithear diadhachd na muinntir so. Ach cionnus tha chùis maille rinn fhéin? A bheil fhios aig ar clann gu bheil Dia againn? Is bochd an gnothuich ma tha so air fholach uatha. Bha mhuinntir a b’ ainmeile ’san t-saoghal riamh beò ann an co-chomunn follaiseach ri Dia. Anns a’ cho-chomunn sin bu chòir dhuit-sa agus dhomh-sa a bhi beò, oir ma tha ar co-chomunn treibhdhireach chì càche, agus gu h-àraidh iadsan a tha fo na h-aoin chabair ruinn. Cha ’n e mhàin gu feum sinn a bhi gniomhach anns an ni a tha maith, ach thig oirnn a bhi ag aideachadh na beanntan o bheil ar neart gu bhi gniomhach a tighinn.

III. “*Dia m'athar.*” *Faodaidh nach bi an t-athair ’s am mac a’ deanamh seirbheis do’n aon Dia.* Cha’n’eil an diadhachd a’ ruith ’san fhuil, mar tha peacadh, oir tha comas aig duine e fhéin a sgaradh o Dhia athar. Faodaidh e Dia d’an d’rinn athair aoradh a chumail a mach as a

Dia M'Athar

chridhe. 'Se comas eagalach a tha so, agus is e a thoradh an dara bàs.

IV. "*Dia m'athar.*" *Tha sinn fo fhiachan do dhiadhachd ar n-aithrichean.* Is sinne oighreachan nan àl a chaidh. Am maith a tha sinn a' sealbhachadh ann an nithean saoghalta agus mi-shaoghalta chnuasaich iadsan dhuinn ann an tomhas mòr. Chaidh urram a chur air diadhachd na muinntir so. Chi sinn gu robh Mephiboseth air a ghràdhach air sgath Athar, Ionatan, agus gu robh Solamh air a bheannachadh air sgàth athar, Daibhidh, agus gu bheil na h-Iudhaich air an gràdhachadh air sgàth an Athar. Agus cha'n'eil so 'na chùis-iongantais, oir bheir rùintean an Tighearna fada air a bhi air an coimhlionadh, ionnus gu'n téid iomadh ginealach seachad mu's tig beannachdan Dhé 'nan iomlanachd. Tha sinne an diugh a' sealbhachadh toraidhean diadhachd agus treuntais martuirich na h-Alba.

A, bhraithrean, tha an ceann-teagaisg so a tagar le sgal làidir ri iomadh cridhe. Tha e drùidhteach. Abair, "mo Dhia," agus thig sòlaimteachd mhòr air do spiorad; ach abair "Dia m'athar," agus air ball tha aignidhean do chridhe air am bualadh le teò-chridheachd ro mhòr. Tha Dia, an sin, air a thoirt gu do chagailte, gu do chreathail, gu leaba

Dia M'Athar

na trioblaid iorganaich, agus gu meadhon do bheatha 'na do theaghach. Anns a' cho-dhùnadh, freagair na ceistean sgrùdach so, a tha a' ceann-teagaisg a' cur ort. 1. *Bha t' athair 'na Chriosd-aidh.* A bheil thusa na's anabarraiche glic na esan, ionnan 's gu'm faod thu eisimpleir a chur air cùl? Faodaidh gu bheil thu na's fheàrr dheth na bha esan. Ma dh' fhaoidhте gu bheil tigh na's mò agad, teachd-an-tir na's pailte, agus sgoileir-eachd na's beurra. Ach an cliùtach e dhuit, a bhi dh' easbhuidh Chriosd a bha dhàsan na h-uile anns 'na h-uile. Smuainich ort fhéin. 2. *Bha t-athair 'na dhuine diadhaidh.* Bu chòir an t-eòlas so do chur fo chùram. A bheil thu a' rùnachadh briseadh air falbh bho do shinnsireachd dhiadhaidh. A bheil thu a' rùnachadh do shiol a bhi 'nan págan-aich. Dean stad, tha an gnothuich so sòlaimte, agus lean gu dlùth ri cliù do shinnsireachd. 3. *Bha t' athair 'na dhuine fior chràbhach.* Agus dh' aidich e gu b'e maitheas Dhé mar so dha, a b' aobhar d'a uile bhuanachd san t-saoghal so. Le cur Criodaidheachd air do chùl an cinnich thu na's fheàrr na rinn esan? (1) *A bheil thu gu bhi na's geurchuisiche na esan?* Dean tarcuis air Criod, ach bidh agad fhathast aghaidh a chur air nithean dorcha agus diomhair an t-saoghal agus na beatha

Dia M'Athar

so. Gu cinnteach cha'n fhaigh thu solus orra sin dh' easbhuidh Chriosd. Bu cho maith dhuit dùil a bhi agad ri aimsir mhaith an déidh dhuit a ghlainne bhriseadh ri bhi deanamh dheth gu rannsaich thu gu chùl diomhaireach fulangais agus bàis le bhi tilgeadh Chriosd 'sa' chuan. Is obair dhiomhain agus eagalach so. (2) *A bheil thu gu bhi na's fheàrr dheth na esan?* Tilg bhuat an taisbeineadh a thug Dia air féin 'san fhìrinn. Faodaidh tu sin a dheanamh, ach cha théich thu bho do chogais is i 'ga do dhiteadh. Faodaidh tu a cur balbh airson tiota, le cleachdad nam páganach ach a mùchadh gu tur cha'n' urrainn dhuit gun thu féin a mhort gu spioradail. Bithidh a guth ditidh riut dh'aindeoin ciod a ni thu. (3) *Am bi do chliù na's fheàrr?* Téich bho Chriosd, a tha foirfe 'na chliù, agus co thuige no dh' ionnsuidh a théid thu? Cionnus a ruigeas tu air foirfeachd am beatha ach tre Chriosd. A bheil slighe no dòigh eile ann ach tre Chriosd? Ma tha cha'n aithne dhomhsa i. Air an aobhar sin bi glic agus lean ann an cois-cheuman t' athar diadhaidh. Na bi toileach a bhi sealbhachadh a chuid agus 'inbhe, agus a bhi deanamh tàir air a dhiadhachd. Bi dileas dhuit féin agus dha chuimhne-san, agus buainidh tu foghar trom de

Dia M'Athar

ghlaine agus de aoibhneas agus de shith. Tha cuimhne agad cho treun 'sa bha e 'na bheatha 'sna bhàs tre 'n ghràs sin a tha ann an Criosd. A' gràs a bu leòir dhàsan is leòir dhuit-sa cuid-eachd mu dh'earbas tu ris. O! gu'n cuidicheadh Dia leat chum'snach cuir thu gràs Dhé an suarachas, ach, is dòcha, gu'n earbadh tu ris gus a' cheum as fhaide mach.

Ma dh' fhaoidhte, gu bheil neach ann a' so, *agus bha, no tha, t' athair gun Dia.* Ochoin! cha'n aithne dhuit-sa an teaghlach mu bheil e air innseadh; tha guth gàirdeachais is slàinte fos am pàilliunaibh nan saoi, agus tha do chor 'na eire throm air do spiorad. Agus tha thu a' foighneachd *a bheil Dia deònach cùram a ghabhail dhiot-sa.* Tha mi ag ràdh riut, gu deimhin deimhin tha e deònach agus toileach. Agus mur urrainn dhuit-sa a radh, "Dia m'athar," their do chlann e, agus beannaichidh iad thu. O! an deachdadh dhuit a tha 'sa' smuain so. O! gu'n ceadaicheadh Dia a chòmhnhadh dha neach sam bith a tha so an diugh d' am buin i, greimeachadh oirre mar le dubhanan stàilinn, a nis.

Agus a nis, dhàsan an Tì as àirde agus as naomha gu robh moladh agus glòir gu saoghal nan saoghal.

BIADH BRISTE

Le caochla ughdairean.

Fior aithreachas.—Ri aimsir reòta an uair tha sneachd air an talamh, is minic a chunnaic neach boinne silidh a' tuiteam o bheùlaobh an tighe mu mheadhon là, ach na'n rachadh neach gu cùlaobh an tighe bha an reodhadh cho cruaidh 's a bha e riamh. Ach an uair tha an t-aiteamh ceart ann, Eh ! thoiribh fainear, tha boinne silidh a' tuiteam cha'n e a mhàin o bheùlaobh an tighe, ach o chùlaobh an tighe mar an ceudna.—*Dr Aird.*

Muileann Chriosd.—Ann an sagartachd Chriosd tha da earrainn—obair na réite agus obair an eadar-ghuidhe—agus tha mi 'gan samhlachadh so ris an da chloich anns a' mhuileann. Tha a' chlach iochdrach neo-ghluasadach, ach tha a' chlach uachdrach a' sior għluasad an uair tha i a' bleith ; agus tha am biotait a tha dol eadar na clachan a' tighinn a mach 'na mhin. A nis tha

Biadh Briste

obair chriochnaichte Chriosd daingnichte; tha obair' eadar-ghuidhe a' sior dhol air a h-aghaidh; agus O! anaim bhochd, thig thusa, agus tilg thu fhéin, agus na h-uile nì a tha a' cur dragh ort eadar na clachan so, agus ciod e a thig a mach dhuit-sa mar mhin? Thig so: “'Oibrichidh na h-uile nithean an ceann a chéile chum maith.”—*Dr Aird.*

Am peacadh beag. Bha ám ann anns an robh na ceardaidhean a bha a' siubhal na dùthcha glè bhradach. Air là àraidih bha buidheann dhiubh a' gabhail a' rothaid agus thàinig iad gu tigh mòr, breàgh, agus cha robh neach r'a fhaicinn a muigh no stigh ann. Chaidh muinntir an tighe air cuairt, an déidh dhaibh, mar shaoil iad, uinneagan agus dorsan an tighe a dhùineadh agus a għlasadh, agus gach nì a bha ann fhagail sàbhait. Chaidh na ceardaidhean ceithir thimchioll an tighe a' feuchainn nan dorsan agus nan glasan, agus, feuch, bha iad uile teann. Mu dhéireadh thall, thàinig iad gu uinneag bheag, chumhang air cùl an tighe, a bha fosgailte. Ach cò a gheibheadh a steach oirre, oir bha i cho cumhang! Ciod a rinniad, ma tha, ach an ceard beag a bha 'nam measg a thogail, agus a cheann a' chur 'san uinneig. Thòis-

Biadh Briste

ich a nis an ceard beag air e fhéin a' dhinneadh agus a' thoinnidh tre'n uinneig gus an d' fhuair e steach. Cha luatha a chuir e chosan air an ùrlar na ruithe gus an dorus mhòr, agus fhosgail e e o'n taobh a stigh. An sin thaom na ceardaidean mòra a steach, agus air ball bha iad air feadh an tighe, a' milleadh 'sa' spùilleadh mar b' àill leo. Eh! thugaibh fainear, mur bi sibh air faire agus air faicill gheibh am peacadh beag a steach agus fosglaidh e dorus bhur cridhe do na peacaidhean mòra a thaomas a steach agus a ni an toil féin ann.—*Dr Aird.*

Genesis xlix. 19. Bheir pobull Dé buaidh 'nuair bheirear buaidh orra.—*Urr. Alasdair M'Colla.*

Tobar Tigh Dhaiòhidh. Tobar nam beannachd nach fàg smal air an oighreachd, agus cha'n fhàg iadsan smal innte.—*Dr Ceanaideach.*

Còir is cor. Tha soitheach còir a' chreidmhich cho làn ann an là an fhìreananachaidh agus a bhios e tre'n bhith-bhuantachd, ach faodaidh soitheach a chor a bhi falamh gu leòir ; ach cha stad Dia a' cumhnant dhe bhi a' frithealadh a ghràis gus am bi soitheach a chor cho làn ri soitheach a chòir.—*Dr Ceanaideach.*

Biadh Briste

An geata cumhang. Tha an geata so cumhang dhuit-sa, le t-fhéin-fhireantachd, *oir leigidh e steach esan a théid troimhe gu slàinte tre ghràs.* Is ann dha croit t-uaill, no dha eallach do “luid-eagan salach,” tha e cumhang. Cha’n’eil e idir cumhang dhuit-sa mar pheacach, agus ma théid thu troimhe mar pheacach, cha’n fhaigh thu cumhang e, cha’n fhaigh, eadhon, ged bu tu, ann an sùilibh Dhé, mar ’na do shùilibh féin, ceann-feadhna nan uile pheacach a bha riamh air an talamh. Ach cha leig e steach t-fhéin-fhireantachd agus mur dealaich thu ris, feumaidh tu fantuinn am muigh. B’ aithne dhomh, uair-eigin, duine aig nach robh a chiall, air an robh mearan gu bhi tional gach luideag is cnàmh is mir iaruinn air an leigeadh e a làmhan, ’nan eallach mòr air, agus timchioll a chuirp; agus aig an robh uiread de dhiadhachd an t-seann-chùmhaint agus a rinn a chorp luchdaichte ’na fhìor shamhla air anam. Agus chuala mi mu dhuine caothaich anns an àirde fada mu thuath a chuir ri mearan tional nan luideagan rùn nach rachadh e gu bràth a stigh air dorus nach leigeadh e fhéin is eallach a steach le chéile. Air teachd dha, air feasgar fuar geomhraighe gu oir mòintich fhàsail troimh an robh aige r’ a dhol, ràinig e

Biadh Briste

dorus an aon bhothain anns am faigheadh e fasgadh, ach bha an dorus iosal agus chumhang, agus dh'airtlich air 'eallach a dhinneadh troimhe. Ach cha dhealaicheadh e ris, agus a mach air a' mhòinteach chaidhe tràth bha dubhar na hoidhche a' dùmhachadh air an t-sliabh. Beagan làithean an déidh so fhuaireadh e ann an cuithe shneachd, rag, marbh, fo eallach. Fhuair e bàs cha b'ann do bhrigh gu robh dorus a' bhothain ro chumhang air a shon-san féin, ach, a chionn gu'n d' rinn e e ro chumhang dha féin le a luideagan. Is amhuil sin gheibh thusa bàs, a pheacaich, mu dhiùltas tu dealachadh ris gach uile nì a dh'aomas tu gus an neo-eisimeileachd as lugh a air saor ghràs Dhé ann an Iosa Criosc.—*Dr Ceanaideach.*

C'ait an do chuir iad Criosc. “Thug iad bhuam mo Thighearn agus cha'n'eil fhios agam c'ait an do chuir iad e.” Is e tha ann an so gearan anama ghràsmhoir a tha 'g ionndruinn an Tighearna, agus saoilidh mi gu bheil neach ann an so a tha ag radh: “B'abhaist domh an Tighearn fhaotainn anns an fhocal air a shearmonachadh, ach cha'n'eil mi 'ga fhaotainn ann an sin a nis. Thug iad bhuam mo Thighearn agus cha'n'eil fhios agam

Biadh Briste

càite an do chuir iad e." Ach tha fear eile a tha 'g ràdh: "Tha mo chor-sa ni's miosa na sin, oir b'abhaist domh fhaotainn anns an fhocal air a shearmonachadh agus anns an fhocal air a leughadh cuideachd, ach cha'n'eil mi 'ga fhaotainn ann an sin a nis. Thug iad bhuam mo Thighearn agus cha'n'eil fhios agam c'àit an do chuir iad e." Ach tha fear eile a tha 'g ràdh. "Tha mo chor-sa ni's miosa na sin, oir bha mi 'ga fhaotainn anns an fhocal air a shearmonachadh agus air a leughadh, agus mar an ceudna anns an uaignidheas; ach cha'n'eil mi 'ga fhaotainn ann an aon de na trì àiteachan sin a nis. Thug iad bhuam no Thighearn agus cha'n'eil fhios agam c'àit an do chuir iad e." Ach cluinnidh mi fear eile ag ràdh: "Is e mo chor-sa as miosa uile, oir bha mi 'ga fhaotainn anns na h-àiteachan sin agus ann an comunn a shluaigh, ach cha'n'eil mi 'ga fhaotainn ann an àite sam bith a nìs. Thug iad bhuam mo Thighearn agus cha'n'eil fhios agam c'àite an do chuir iad e." Anaim bhochd, ma 'se sin do ghearan innsidh mise dhuit tri àiteachan as nach urrainn iad a thoirt: Cha'n urrainn iad a chaoidh a thoirt á coimhcheangal siorruidh nan gràs. Cha'n urrainn iad a chaoidh a thoirt á gealladh saor an t-soisgeil, agus cha'n' urrainn iad a chaoidh a

Biadh Briste

thoirt as ionndruinn a tha agad 'na dhéidh.—*MacRath Mòr.*

An cridhe briste. A réir an Sgriobtuir, is ann o shealladh air Criod agus esan air a cheusadh air son peacaidh, a tha cridhe briste air fhaotainn ; tha an t-anam troimh chreideamh agus o bhuaidh a' chroinn-cheusaidh a' faicinn fuath Dhé do'n pheacadh agus gràdh Dhé do'n pheacach, an uair nach do chaomhain e Mac a ghràidh, an uair nach deanadh nì no neach eile a' chùis ; thug e thairis Mac siorruidh a ghràidh gu bhi air a bhruthadh agus air a bhristeadh gu bàs an àite na feadhainn a thoill a bhi a' fulang gu siorruidh airson am peacaidhean. Chaidh a bhristeadh agus a bhruthadh eadar a' chlach-mhuilinn uachdaraich agus a' chlach-mhuilinn iochdaraich, no eadar ceartas do-lùbaidh Jehobhah agus gràdh naomh, neo-chaochlaidheach, siorruidh, Dhé ; an gràdh naomh, siorruidh, 'ga chumail suas ris na buillean, agus ceartas 'ga bhruthadh agus 'ga bhristeadh gu bàs, gus an robh ceartas làn-riaraichte. “ An sin dh'éigh Criod : *Tha e criochnaichte*, agus thug e suas an deò.”—*MacRath Mòr.*

Tròcair uasal Dhé. An uair a bha a' Bhanrigh

Biadh Briste

againn a' tighinn an toiseach dh'ionnsuidh ar tir chuirteadh brat-ùrlair scàrlaid fo a cosan, eadar an t-inneal giùlain anns an tigeadh i á Sasunn agus an t-àite no an tigh gus am biodh i a dol, gus nach cuireadh i a cas air an lèr no air an talamh chumanta. Mar sin tha tròcair Dhé cho uasal agus nach cuir i ceum a coise air àite as isle na brata scàrlaid de thoillteanais ful Chriosd, agus am peacach nach coinnich i air a' cheum sin na biodh dùil aige gu bràth gu'n coinnich i e air ceum no cùrsa cumanta a chaithe-beatha pheacaich fhéin anns an t saoghal so.—*MacRath Mòr.*

Sealladh Teàrnaidh (*Is. xlvi. 22*). O! an ainm Dhé seallaibh ris, agus bithibh air bhur teàrnadh C'àit a bheil sibh a' dol, bho fhichead bliadhna agus gu ceithir fichead bliadhna 'na mo choinneamh, agus sibh a' ruith dh' ionnsuidh ifrinn shiorruidh cho luath agus a ghiùlaineas sgiathan tim sibh. O! nach seall thu ris an Dia shiorruidh ann an grunnd na prasaich. O! nach cròm thu os a chinn gus an toir e nuas do shùil uaibhreach agus do spiorad caothaich. Dé tha e deanamh 'na shineadh an sin? Tha e ag oibreachadh a mach slàinte airson t'anam. O! nach seall thu ris air a chomhdach leis na smugaidean: air fhalt

Biadh Briste

a spionadh as. O! nach seall thu ris o'n fhallus fholas (agus leig am mòr shluagh gaoir asda). O! dhiabhulan thugaibh ifrinn oirbh, cha'n'eil taigse agaibhse an so. Agus thusa dhiabhuil gu'n cronaicheadh Dia thusa cuideachd (bha eagal mòr air an t-sluagh). O! mo cho-pheacaich cha 'n e sibhseidir tha mi ag ràdh, ach spioradan an diabhuil a tha dannsa air bhur spioradan 'na mo choinneamh. Cha'n'eil mi a' cur an aghaidh caoineadh mo cho-pheacaich, agus is fhad a ghabh e bhuam, ach tha mi dol a ràdh so riut-sa. Ged thuiteadh do shùilean as an sluichd, agus ged thigeadh adhaircean air do glùnaibh ag ùrnuigh cha dhean sin do theàrnadh. Agus cò bhios air a theàrneadh ma tha? Innsidh mise dhuit-se. Agus ge b'e dh' aidicheas agus a thréigeas a pheacaidhean, agus a bhuanaischeas chum na crìche, bidh esan air a theàrnadh. Ach, O! ars' an seann duine, cha bhi mise air mo theàrnadh co-dhiù; thug mi uile làithean mo bheatha do sheirbheis an diabhuil, nàmhaid m'anama; tha mo chridhe air a dhol 'na chloich; tha mo cheann air crionadh, agus cha'n urrainn mi nise bròn no aithreachas a dheanamh, agus bidh mise caillte co-dhiù. O! mo cho-pheacaich na abair sin idir. Tha *stobh* ann an sud gu bhi bruith an fhiodh a

Biadh Briste

théid 'sna soithchean mòra. Cuirear am maide ascaoин a stigh agus thig e a mach air a bhruth, agus théid e ann an cliathaich an t-soithich mar dh' iarradh e bhi, agus an uair théid t'anam-sa, mo cho-pheacaich, a stigh ann an *stobh* teas-ghraidih Chriosd, bidh tu cho sùbailte ri dialtag. A nis, anam, an déidh na chual thu uamsa agus na do labhair mise riut-sa, cha bhi nì fallan no ceart bho so agad gus an téid teine na h-ùrnuigh fhàdadadh air cagailte t'anama leis an Spiorad Naomh, agus an uair thòisicheas sin, cha'n'eil clòsaid, no cùl cnuic nach tuit an t-anam ud sios fa chomhair Dhé, agus an ùrnuigh so, is an ùmhachd so, cha chuir tìm no siorruidheachd stad orra.—*MacRath Mòr.*

Obair Lagha. Thusa air a bheil eagal nach d' fhuair thu nì's leòir de obair lagha, ma's le Criosd thu, ni an t-eagal a tha agad nach d' fhuair thu nì's leòir, ni's leòir de obair lagha dhuit-sa gu là do bhàis.—*Urr. Fionnladh Cook.*

Fireanachadh agus naomhachadh. Aidich thusa do pheacaidhean, agus cha chosd iad tuilleadh gu siorruidh dhuit. Ma gheibh thusa spiorad aidichidh, cha chosd iad tuilleadh gu siorruidh dhuit. Ach thoir an aire nach bi thu ri fochaid

Biadh Briste

air Dia, 'gan aideachadh le do bheul, agus do chridhe 'gan gràdhachadh. Ach ma gheibh thusa do pheacaidhean aideachadh, cha chosd iad tuilleadh dhuit gu siorruidh. O! ma ta, nach sona an creutair a fhuair 'na pheacadh maitheanas!

Is e maitheanas peacaidh a' bheannachd 's mò fhuair aon a riamh. Cha dean maitheanas aon ullamh air son glòire, ach cha toir neach a fhuair maitheanas sgread gu bràth ann an ifrinn; ach 'se tha an Sgriobtuir ag radh, "As eugmhais naomhachd nach faic neach air bith an Tighearna." Tha maitheanas peacaidh a' saoradh o ifrinn, ach 'se naomhachd 'tha 'g ullachadh airson glòire. Agus tha mi cinnteach gach aon tha da rìreadh a' creidsinn ciod e sin peacadh, na'm faigheadh e 'roghainn, naomhachd no maitheanas, gu'n roghnuicheadh e naomhachd. 'Se naomhachd comharradh cinnteach air maitheanas, agus, mar 'eil sin air a thoirt a steach 'nad' anamsa, cha'n'eil barrantas agad o fhocal an Tighearna gu smuaineachadh gu bheil do pheacaidhean air am maitheadh. An là tha an Tighearna maitheadh peacaidh, tha E bristeadh gaol a' pheacaidh anns an anam, agus tha E toirt gaol do naomhachd a steach anns an anam, agus mar 'eil sin 'nad' anamsa cha'n 'eil barrantas agad

Biadh Briste

o fhocal an Tighearna gu bheil do pheacaidhean air am maitheadh.—*Urr. G. Cook.*

Deanaibh aithreachas. Bha caileag òg ann am baile àraidh, o chionn ghoirid le 'm bu toil a bhi leughadh a' Bhiobuill, agus leabhraichean maith eile, agus ag ùrnuigh, agus a' seachnad gach nì a b' fhios di a bhi olc. Thàinig tinneas trom oirre; agus an uair a bha i air leabaidh a tinnis, dh' iarradh i air a h-athair agus air a màthair, agus air a' chloinn eile, a' chuid so, agus a' chuid ud eile dhe'n Bhiobull a leughadh dhi, agus bhiodh i fhéin ag ùrnuigh air an leabaidh. Arsa ise, aon là r'a màthair :—a mhathair ghràidh, tha mise air bheul 'ur fàgail, agus a dhol air falbh. A bheil fhios agad a ghràidh mo chridhe, arsa màthair, c'ait a bheil thu a dol? Tha mi, arsa ise, a dol do ionad nì's ro ghlòrmhoire na's urrainn dhomh innseadh dhuibh. O! arsa ise, " Deanaibh aithreachas, agus creidibh an soisgeul." Beagan an déidh sin, chaochail i. Nach bu mhaith leat, air do leabaidh bàis, a bhi ann an cor na caileige so. Gabh comhairle a' Bhiobuill ma ta.—*Urr. Fraing M'Bheathain.*

Maitheanas Peacaidh. Ma leughadh maith-

Biadh Briste

eanas peacaidh riamh leat-sa 's ann am fuil a rinneadh sin; agus ma leughadh e ann am fuil, cha'n ann le sùilean tioram; agus ma leughadh e ann am fuil, ar leam, gur mò a shaoileadh dhe'n Ti a thug maitheanas na dhe 'n mhaitheanas a fhuair thu; agus is ar leam, ged thug esan maitheanas dhuit-sa, cha toir thus' a chaoidh maitheanas dhuit fhéin.—*Urr. Iain Ceanaideach, Chill-Iurnain.*

A' lagh 'sa' soisgeul. Is e an lagh an t-snàth a tha a' tolladh is e an soisgeul a' snàithean a tha furaigheal. Feumaidh lot a bhi ann mu's bi slànachadh no ceangal suas ann.—*Urr. Tomas M'Aoidh, Lairig.*

An ath-bhreth. Is e an ath-bhreth caochladh cùram anama, caochladh inntinn, caochladh cleachdaidh.—*Urr. Tomas M'Aoidh, Lairig.*

Airidheachd Chriosd. Ged bhiodh anam agam airson gach boinne 'sa' chuan ud shios (aig Ardnan-saor), agus ged bhiodh gach anam dhiubh sin cho ciontach 's a tha mise a' faireachduinn m' anam fhéin, tha mi a' faicinn de dh'airidheachd ann an Criod, agus de thoillteannas 'na iobairt 's

Biadh Briste

gu'n earbainn gach anam dhiubh ris.—*Urr. Seumas Calldair.*

Diomhaireachd. Ach an neach a ta creidsinn gu bheil Dia ann 's fheudar dha rùintean-diomhair a chreidsinn ; agus ann an sùil an reusoin fhallain cha'n urrainn ni sam bith sealltuinn na's ladarna na gu'n gabhadh duine air an t-Uile-chumhachdach a rannsachadh a mach gu h-iomlan agus seasamh a mach gu deadharra a' diultadh an fhoillseachaidh shoilleir agus ghloin a thug E dhuinn air a nàdur no a shlighean a chionn gu bheil iad sin do thuigsinn leis a' chreutair bhochd leibideach a tha 'na dhiomhaireachd dha fein agus nach urrainn an t-aobhar a thoirt seachad airson aonadh an anama agus a' chuirp—da nàdur, gidheadh aon phearsa—na's mo na 's urrainn da an doimhne mhòr so a bhreithneachadh a tha gu neo-chriochnach seachad air fiosrachadh cumhang tuigse an duine eadhon run-diomhair mòr so na Diadhachd — Dia air 'fhoillseachadh anns an fheoil.—*Urr. Tearlach Calldair.*

A' crionachaидh na gaoithe. Tha mi 'na do chomain, a ghaoith, gu'n do dhùisg thu iad : oir mur dùisgeadh thusa iadsan, cha dhùisgeadh iadsan

Biadh Briste

mise; ach a nis tha mi fhéin a' m' dhùisg agus feudaidh tusa a bhi 'na do thosd.—*Urr. Iain Porteous.*

Còta Ioseiph—*Gen. xxxvii. 3.* Tha thu an sin 'na do shuidhe agus iongantas ort ciod a gheibh am ministear anns a' chòta a rinn Iacob d'a mhac Ioseph. Thig thusa comhla rium-sa agus chi sinn ciod a gheibh sinn anns an *text*, an uair a dh' fheuchas sinn an còta, a fhuair Ioseph, air Ioseph an Tiomnaidh Nuaidh. Chi sinn an toiseach gur e athair a rinn an còta dha, agus a ris gur e athair a chuir a mach e a shireadh a bhràithrean, agus bha na dathan a bha anns a' chòta mar shamhladh air a' chòta a bha air Ioseph an Tiomnaidh Nuaidh:

B'e a' cheud fhear dath *dubh* a' bhròin. "Thigibh agus faicibh a bheil bròn sam bith cosmhuil ri mo bhrón-sa." A ris bha dath *dònn* a' bhruthaidh ann. "B'e toil an Tighearn a bhruthadh." A ris bha dath *geal* na neo-chiontais ann. "Mar fhuil Uain gun chron 's gun smal." A ris bha dath *dearg* nam fulangasan ann. "Dh' fhuiling e am firean airson nan neo-fhirean." A ris bha dath *uaine* na tréigsinn ann. "Mo Dhia, mo Dhia c'uime a thréig thu mi?" A ris bha dath

Biadh Briste

gorm na dillseachd ann. "Tha caraid ann as dlùithe a leanas na bràthair." A ris bha dath buidhe an t-sòlais ann. "Airson an aoibhneas a chuireadh roimhe." Bha ni-eigin an sin ri ràdh mu'n ghrèidheadh a rinn a bhràithrean air an uair chaidh e a choimhead orra.—*Urr. Iain Porteous.*

Dùrachd. A Cheirt-Bhreitheamh an domhain, stiùir cùise dhaoine mòr na Rioghachda go Firinne Dé a sheasamh, còir agus comhthrom eatorra féin, sith agus sonas do gach aon duine.—*Urr. Raibeart Kirk, MS., 1689.*

Modh beannachaidh luinge ag dol dh' ionnsuidh na fairge. Beannaich ar long. Gu'm beannaicheadh Dia an t-Athair i. Gu'm beannaicheadh Iosa Criosd i. Gu'm beannaicheadh an Spiorad Naomh i. Ciod is eagal leibh agus Dia an t-Athair leibh? Ni h-eagal aon nì. Ciod is eagal leibh is Dia am Mac leibh? Ni h-eagal aon nì. Ciod is eagal leibh is Dia an Spiorad Naomh leibh? Ni h-eagal aon nì. Gu'n deanadh an Dia an t-Athair, uile-chumhachdach, air sgàth a Mhic Iosa Criosd, le comhfhurtachd an Spioraid Naoimh, an t-aon Dia a thug clann Israel trid a mhuir ruaidh gu miorbhualeach, agus a thug Ionas gu

Biadh Briste

tír á broinn na muice mara, agus a thug Pol an t-abstol agus a long le fir o onfhadh iomarcach, agus o fheartan dhoininn, ar saoradh, ar naomhachadh, agus ar beannachadh, agus ar toirt gu sèamh, le soineann, agus sòlas, thar chuain, agus a chum calaidh, a réir a thoil naomha féin. Abradh gach uile neach: biodh amhluidh.—*Eoin Carsual.*

'S e Dia as tearmunn duinn gu beachd,
Ar spionnad e 's ar treis:
An aimsir carraid agus teinn,
Ar cobhair e ro dheas.
Mar sin ged ghluaist' an talamh tròm,
Cha 'n aobhar eagail duinn:
Ged thilgeadh fòs na sléibhte mòr'
Am builsgein fairg' is tuinn.—*S. xlvi. 1-2.*

Fa chùis an uamhais anns an oidhch'
Cha bhi ort geilt no sgàth;
No fòs fa chùis na saighde bhios
A' ruith air feadh an là:
Cha bhi maoin eagail ort roimh 'n phlàigh
Tha triall an dorchadas:
No fòs fa chùis an uilc a bhios
Mu mheadhon là ri sgrios.—*S. xcii. 5-6.*

Is treise Dia ta chòmhnuidh shuas
Na fuaim nan uisge garbh';
Is treise Dia na sumainnean,
Is tonna cuain gu dearbh.—*S. xcii. 4.*

"**N**UAIR a rinn a' Roinn-Eorp' bagairt a' dheanamh air na h-eileanan so, bhitheadh e 'na mhasladh air treubhantas mic fhoghainteach Bhreatuinn mur a d' éirich iad mar aon duine a' dhion an dùthaich mhàthaireil. . . .

Oir tha araon ar Righ agus ar tir ro-airidh air cathachadh as an leth, agus cha b'e ach an dubh-ghealtair nach doirteadh shuil gu toileach air an sgáth. . . .

'N uair tha eud an t-saighdeir 'na theine le gràdh tir' is teach', cha'n'eil criochan aig dànochd a spioraid, agus cha'n'eil beart arma ris nach sín e làmh. . . .

Is fior rogha òigradh ar duthcha saor-shaighdeirean ar Righ, agus cha'n'eil an coimeas an arm tir air bith. Bu choir "Tir nam beann 's nan gleann," bhi na "Tir nan gaisgeach." . . .

'S ann le bhi gu cinnteach air taobh Chriosd bhithear neo-sgàthach anns a' chath. Bitheadh a Cheannard 'na chridhe agus cha bhi crith ann an gàirdean an t-saighdeir. Na bitheadh crùbadh bho'n chòmhrag, oir tha beatha a' Chriosduidh teàruinnt agus tha 'bhuaidh cinnteach. Roimh dha dhol 's a' chath tha bheatha ann an gleidheadh Dhé. Iadsan bheir buaidh troimh an Uan bithidh orra crùn na glòire, agus bithidh slainte naomhachd fhoirfe aca. Dhealaich iad ri 'n dòghruinn anns a' bhuaidh, agus bithidh sonas bith-bhuan 'nan cridheachan agus aoibhneas siorruidh air an cinn 'n uair a shiubhlas iad a stigh gu fois agus àrd-shonas agus glòir tigh an Athar."

Dr Ceanaideach

bha'n Inbhir pheofharan.



